



**Northern  
Constabulary**  
Protect and Serve *Dion is Cuidich*

## Aithisg Coileanadh Poblach



**07/08**

*Sàr-mhathas an Obair Poileas Coimhearsnachd*



ROYAL AIR FORCE

XZ594

RESCUE

RAF  
RESCUE

POLICE

DOG  
SECTION

Northern  
Constabulary

POLICE

m.police.uk



**Northern  
Constabulary**  
Protect and Serve *Dion is Gaidich*

## **Aithisg Coileanadh Poblach**



# Clàr-Innse

<b>Bòrd Cho-Gnìomha Phoilis a' Chinn a Tuath - Buill</b> .....	03
<b>Ro-fhacal a' Phrìomh Chonstabail</b> .....	04
<b>Aithisg an Neach-ghairm</b> .....	05
<b>Earrann 1 – Stiùireachas na Feachd</b> .....	08
– Lèirmheas nam Poileas .....	09
<b>Earrann 2 – Prìomh Obrachaidhean</b> .....	12
<b>Euchdain Ro-innleachdail</b> .....	13
– Taic Obrachaidh .....	14
– Taic Eucoir .....	16
– Goireasan Daonna .....	18
– Inbhean agus Giùlan Proifeiseanta .....	20
– Stiùireadh Ionmhais agus Maoin .....	22
– Buidseat Obrachaidh Lim .....	24
– Rianachd .....	26
– Leasachadh Corporra .....	28
<b>Earrann 3 – Ro-innleachdan Obair nam Poileas Ionadail</b> .....	30
<b>An Roinn Mheadhain</b> .....	33
– A' Cuimseachadh air Cùisean Dhrogaichean is Deoch làidir – Rois, Crombaidh & an t-Eilean Sgitheanach .....	34
– A' Cur air Adhart Sàbhailteachd Rathaid – Loch Abar .....	36
– A' Lùghdachadh Eucoir – Na h-Eileanan Siar .....	38
<b>Roinn an Ear</b> .....	41
– Poilis Coimhearsnachd air an t-Sràid – Inbhir Nis .....	42
– A' Dol an Sàs ann an Eucoir Eagraichte – Bàideanach, Srath Spè & Inbhir Narann .....	44
<b>Roinn a Tuath</b> .....	47
– A' Cuimseachadh air Mì-òrdugh Òigridh – Cataibh agus Gallaibh .....	48
– A' Leasachadh Stiùireadh Iarrtasan – Arcaibh .....	50
– A' Leasachadh Obair Fhor-ghnìomhach – Sealtainn .....	52
<b>Earrann 4 – Staitisearachd</b> .....	55
– Cluaineis .....	56
– Iomraidhean-bàis .....	57
– Staitistearachd .....	58

# **Bòrd Cho-ghnìomha Phoilis a' Chinn a Tuath**

## **Buill**

### **A' Riochdachadh Comhairle na Gàidhealtachd**

Mr J Rosie  
Mr G M Smith  
Mr W MacKay  
Mrs D Mackay  
Mr W J Ross, OBE – Iar Neach-gairm  
Mr M Rattray  
Mr D Chisholm  
Mr H Fraser  
Mr D Millar  
Mr I Renwick  
Mrs P Munro  
Mr P Corbett  
Mr N Donald  
Mr J Finnie  
Mr D Cameron  
Mr B J Murphy

### **Comhairle nan Eilean Siar**

Mr N M Macleod – Neach-gairm  
Mr C Nicolson  
Mr P Carlin  
Mr I Mackenzie

### **Comhairle Eileanan Arcaibh**

Mr A Drever  
Mr R L Leslie

### **Comhairle Eileanan Shealtain**

Mr A Duncan  
Mr A Cooper

# Ro-Ràdh a' Phrìomh Chonstabail



A mhnathan agus fhir uaisle,

Tha mi toilichte Aithisg Coileanadh Poblach Phoileas a' Chinn a Tuath airson 2007/08 fhoillseachadh dhuibh.

Bu toigh leam an cothrom seo a ghabhail gus fàilte a chur air buill ùr Bòrd Co-ghnìomh Poilis a' Chinn a Tuath a chaidh an cur an dreuchd an dèidh Thaghadh an Ùghdarrais Ionadail sa Chèitean 2007, agus gu sònraichte air Tormod M MacLeòid a tha na neach-gairm air a' Bhòrd. Tha am Bòrd air an t-uabhas feum a dhèanamh sa bhliadhna mu dheireadh ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil Poilis a' Chinn a Tuath a' toirt seirbhis freagarrach is feumail do na coimhearsnachdan dùthchail san sgìre.

Tha Poilis a' Chinn a Tuath a' solarachadh sheirbhisean phoileas traidiseanta air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean tro mhodh-obrach a tha ruigsinneach gu h-ionadail, cunntachail, freagarrach, agus faicsinneach anns na coimhearsnachdan anns a bheil ag obair; agus thathar a' miannachadh duilgheadasan fhuasgladh le bhith a' conaltradh còmhla ri compàirtichean ionadail.

Tha e gu sònraichte a' toirt toileachas dhomh innse dhuibh gur ann air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan a tha na h-irean as isle de dh'eucoir air a bhith ann an Alba, agus 's ann air sgàth obair is dicheall nam poileas agus luchd-obrach a' phoilis a tha seo. Chaidh eucoir san fharsaingeachd a lùghdachadh 6.6%, agus 's e euchd air leth a tha seo nuair a thèid smaoinichadh air cho ìosal 's a tha ìrean ar n-eucoir mar a tha. 'S ann ann an sgìrean na Gàidhealtachd is nan Eilean a tha na h-irean as lugha de bhriseadh a-steach a thaighean, de ghoid chàraichean agus à càraichean, de ghoid à bùithtean, de mhilleadh, de bheag-ionnsaigh agus de robaireachd anns an RA air fad. Sa bhliadhna a th' air a dhol seachad, air sgàth obair fhor-ghnìomhach ar n-oifigean, tha an Fheachd cuideachd air drogaichean de luach faisg air £1 millean a thoirt far sràidean.

A thaobh Sàbhailteachd Rathaid, tha sinn toilichte a-rithist gum faigh sinn air innse dhuibh gu bheil lùghdachaidhean air a bhith anns an àireamh de thubaistean de gach seòrsa.

Anns an dà bhliadhna mu dheireadh, tha sinn air a bhith a' dèanamh dlùth-sgrùdadh air an dòigh sa bheil sinn a' solarachadh sheirbhisean, agus tha sinn air dòighean ùra a chleachdadh gus gearradh sìos air burocrasaidh, agus gus ar cleachdadh air sheirbhisean ùra teicneòlas fiosrachaidh a mheudachadh. Tha mòran atharrachaidhean air gabhail àite sa bhliadhna mu dheireadh leis mar a thòisich sinn a' cur air chois Lèirmheas na Feachd, agus 's e barrachd phoileas a chur air an t-sràid aon dhe na prìomh amasan san lèirmheas seo.

O thàinig mise dhan dreuchd, tha mi air feuchainn ris an àireamh de phoilis air feadh na Gàidhealtachd 's nan

Eilean a mheudachadh. An-uiridh, thòisich 62 poilis às ùr againn - an àireamh as àirde airson 10 bliadhna. Thar na bliadhna a tha romhainn, tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt maoinichadh gus meudachadh eile a thoirt dhuinn san àireamh de phoilis. Tha mi ag amas air neart nam Poileas àrdachadh bho 720 gu os cionn 750 ron Mhàrt 2009; nas fhaide air thoiseach air an sin - agus bidh sin an urra ri cùisean air taobh a-muigh ar suidheachaidh fhèin - 's e mo mhiann 800 poileas a bhith nar buidheann ro 2011.

'S e dicheall is dealas ar n-oifigean agus ar luchd-obrach thar na bliadhna, agus ar dealas ri compàirteachas air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean, a th' air a bhith air cùlaibh soirbheachadh nam Poileas. Bu toigh leam taing a thoirt dhan h-uile duine airson an cuid oidhirpean, agus bu toigh leam am misneachadh gus an dealas agus an cuid obrach a chumail aig an ìre seo tro 2008/09. Le bhith a' togail air na chaidh a dhèanamh sa bhliadhna sgoinneil a chaidh seachad, tha mi a' cur romham eucoir is giùlan mì-shòisealta a lùghdachadh fhathast.

**Ian J Latimer, QPM MA**  
Prìomh Chonstabail

# Aithisg an Neach-ghairm



A mhnathan agus fhir uaisle,

'S e seo a' chiad bliadhna agam mar neach-gairm air Bòrd Co-ghnìomh Poilis a' Chinn a Tuath, agus tha mi air còrdadh fhaighinn tro a bhith ag obair còmhla ris a' Phrìomh Chonstabal ann a bhith a' cur air chois deagh dhàimh-obrach a chuidicheas ann a bhith ag adhartachadh obair nam poileas air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean. Bu toigh leam cuideachd an cothrom seo a ghabhail airson taing a thoirt do bhuill a' Bhùird airson an cuid taice tron bhliadhna ann a bhith ag adhartachadh amasan Poilis a' Chinn a Tuath.

Tha mi air a bhith air leth toilichte faicinn gu bheil Poilis a' Chinn a Tuath ag oidhirpeachadh gus nan targaidean nàiseanta agus ionadail a choileanadh, agus a bhith soirbheachail ann a bhith a' lùghdachadh eucoir - tha iad a-rithist aig an ìre as lugha de dh'eucoir ann an Alba, agus aig an ìre as àrde airson eucoir a lorg. Tha e misneachail cuideachd beachdachadh air gun deach seo a choileanadh tro bhliadhna a chunnaic atharrachaidhean mòra, leis mar a thòisich an Fheachd a' cur air dòigh an Ath-sgrùdaidh.

Tha am Bòrd gnìomhach ann a bhith a' cumail sùil air obair Poilis a' Chinn a Tuath, agus ceasnaichidh iad, nuair a tha sin deatamach, am Prìomh Chonstabal mu chùisean cudromach, gus dèanamh cinnteach gu bheil na Poilis a' cumail ri na modhan-obrach as fheàrr san obair aca agus ann a bhith a' dèanamh seirbheis nar coimhearsnachdan.

Tha aithisg Poilis a' Chinn Tuath air Coileanadh Poblach a' toirt cothrom do choimhearsnachdan na Gàidhealtachd is nan Eilean ath-shealladh a thoirt air coileanadh nam poileas ionadail aca, agus tha e a' toirt fiosrachadh mu iomairtean ionadail. Tha seo a' toirt tuigse don leughadair mu na th' air a ghabhail a-steach ann an obair phoileas an latha an-diugh air a' Cheann a Tuath, gun a bhith a' call sealladh air modh na h-obrach sna coimhearsnachdan.

Chan eil toraidhean cho math ri seo air am faotainn ach tro deagh obair sgiobaidhean, co-oibreachadh le buidhnean compàirteachais, agus dealas an luchd-obrach, agus bu mhath leam taing a thoirt dhuibh uile airson ur n-oidhirpean.

'S iomadh dùbhlán a th' air thoiseach oirnn, agus tha am Bòrd a' coimhead air adhart ri cothrom gus a bhith ag obair còmhla ri Poilis a' Chinn a Tuath, agus gus a bhith a' cur ri deagh dhòigh-beatha na Gàidhealtachd is nan Eilean, agus aig an aon àm, ag adhartachadh sàr-mhaitheas ann an obair phoileas sa choimhearsnachd.

**Mgr Tormod MacLeòid**  
Neach-gairm



POLICE

 Northern  
Constabulary

POLICE

## **EARRANN 1**

POILIS A' CHINN A TUATH  
PRÌOMH AMASAN OBRACHAIDH

*“Ann an 2007/08, chaidh  
63.1% de gach eucoir ann am  
Buidheann 1-5 a lorg.”*

## Stiùreachas

### Stiùireachas na Feachd

Tha am Prìomh Chonstabal a' faighinn cuideachadh ann a bhith a' stiùireadh obair Poilis a' Chinn a Tuath bho Mgr Garry Sutherland, Iar Phrìomh Chonstabal, Prìomh Superintendent Bruce Duncan, Ceannard Obrachaidhean agus Prìomh Superintendent Laurie Stuarit, Ceannard Sheirbheisean Taic.



**Prìomh Chonstabal  
Ian J Latimer QPM MA**



**Leas-phrìomh  
Chonstabal  
Garry Sutherland**

### Buidheann-gnìomha Comhairleachaidh

A bharrachd air na ceithir buill-gnìomha, tha a' Bh ph Elaine Ward, Stiùiriche Stiùireadh Ionmhais agus Maoin agus Ms Andrea Sillars, Stiùiriche Ghoireasan Daonna, a' stiùireadh raon de dhiofar ghnìomhan proifeiseanta agus rianachail a tha a' cuideachadh ann a bhith a' libhrigeadh prìomh sheirbheisean Poilis a' Chinn a Tuath. Tha na sianar sin a' dèanamh an-àirde a' Bhuidhinn-gnìomh Comhairleachaidh.

Tha am Buidheann-gnìomh Comhairleachaidh ag obrachadh gus lèirmheas a dhèanamh air cùisean ro-innleachdail a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air comasan gnìomhach Poilis a' Chinn a Tuath. Tha am Buidheann a' dèanamh cinnteach gu bheil comasan is stòrasan freagarrach aig Poilis a' Chinn a Tuath gus dèiligeadh ri gach suidheachadh ris an coinnich iad.



**Prìomh  
Superintendent  
Bruce Duncan**



**Prìomh  
Superintendent  
Laurie Stewart**



**Stiùiriche Ionmhais  
is Maoin  
Elaine Ward**



**Stiùiriche Ghoireasan  
Daonna  
Andrea Sillars**

# Prògram Lèirmheas na Feachd

Ghabh an Fheachd os làimh ann am bliadhna ionmhasail 2006/07 fìor lèirmheas air structair, seirbheisean, prìomh phròiseasan agus innealan taic na Feachd; agus gach rud gus èifeachdachd adhartachadh, gus biurocrasaidh na h-obrach a lùghdachadh, agus gus comas ar n-obair poilis a mheudachadh. Bha meudachadh fhaighinn anns an àireamh de dh'oifigearan poilis tro sgìre na Feachd na prìomh amas. Chaidh sreath de mholaidhean co-cheangailte ri seo troimhe mar Cheum 2 dhen phrògram, airson a chur air chois tro bhliadhna ionmhasail 2007/09, gus buannachdan eagrachail eile a dhaingneachadh.

Chaidh obair a dhèanamh air a' phrògram mar phrìomh amas sa bhliadhna ionmhasail 2007/08, a' coimhead ri a bhith a' cur air dòigh atharrachaidhean obrach agus ghoireasan; còmhla ri àrd-mhanaidsearan phoileas agus seirbheisean taic air feadh na Feachd. Bha e cudromach gun deigheadh sealladh ionadail a chumail air a' chùis, agus chaidh seo a dhèanamh le bhith a' gabhail a-steach beachdan agus molaidhean nam manaidsearan ann an diofar phrìomh àiteachan. Bha an Fheachd air leth faiceallach nach deigheadh seirbheisean agus taic ionadail a chuir troimh-chèile, agus chaidh seo a dhèanamh tro bhith a' cleachdadh frèam-obrach stiùiridh agus structair riaghlaidh a bha daingean agus a bha stèidhichte air co-obrachadh.

Air 1 Giblean 2008, thug am prògram gu crìoch shoirbheachail ath-eagrachadh de chrìochan obrach agus de rèiteachaidhean comann ar poileas, gus a bhith nas freagarraiche le ar buidhnean-compàirteachais, agus, aig an aon àm, a' leigeil dhuinn cleachdadh agus comann nas sùbailte a bhith againn air ar goireasan a thaobh feumalachdan agus iomairtean ionadail air feadh sgìre na Feachd.

Anns an ath-structaradh seo, tha sinn air sgiobaidhean phoileas a tha cunntachail gu h-ionadail (Comandan Roinneil) a ghleidheil, agus mar a tha iad roinnte ann an trì Roinnean (Tuath, Meadhan is Ear) - gach roinn le faisg air an aon àireamh de dhaoine agus de dh'iarntasan air na poilis. Tha seo mu thràth a' libhrigeadh bhuanachdan faicsinneach, nam measg, cothroman airson barrachd ghoireasan is cothroman planaidh, co-obrachadh eadar-sgìreil agus structaradh air comasan co-cheangailte ri dìon chloinne, sàbhailteachd sa choimhearsnachd, stiùireadh eucoraich, agus obair for-ghnìomhach aig na poilis.

Chaidh ath-structaireadh mar seo cuideachd a dhèanamh ri seirbheisean taic a tha stèidhichte ann am Prìomh Oifisean nam Poileas a thaobh an comais ann a bhith a' toirt taic do ghnìomhan nam poileas. Tha na h-atharrachaidhean structaireach agus goireasach seo cuideachd air saorsa a thoirt do dh'oifigearan tilleadh gu dleastanasan obrachaidh, agus tha iad air ar n-iarntas fhòcasadh air taic a thoirt do a bhith a' libhrigeadh

sheirbheisean proifeiseanta air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean.

Chaidh Aonad Stiùiridh Fiosrachaidh na Feachd a chruthachadh mar phrìomh leasachadh dhen phrògram, agus thòisich an t-Aonad seo ag obair air 1 Giblean 2008. Tha an t-Aonad seo air toirt ri chèile comasan stiùiridh a bha roimhe ann an diofar roinnean, agus chaidh seo a dhèanamh gus pròiseasan co-cheangailte ris an obair a sgioblachadh, agus gus am biodh an obair a' cleachdadh nas lugha de ghoireasan. A bharrachd air an seo, bidh an t-Aonad ag obair aig tùs gnothaich ann a bhith a' lùghdachadh biurocrasaidh na h-obrach agus obair fhoirmean le bhith a' stiùireadh dàta aig a' bhun, agus bheir seo barrachd ùine do phoilis airson a bhith a-muigh air na sràidean.

Thathar a' planadh nan atharrachaidhean seo a chur air dòigh an ath-bhliadhna, agus leasaichidh seo comas nam poileas agus tron seo, an t-seirbheis a thathar a' libhrigeadh sna choimhearsnachdan, far a bheil an cuideam air an àireamh de phoilis a mheudachadh tro shàbhailidhean a gheibhear tro bhith a' leantainn molaidhean an lèirmheis. Gabhaidh seo a-steach feadhainn dhe na h-oifigearan a tha stèidhichte sna Prìomh Oifisean a' faighinn a-mach gu obair a-muigh san sgìre.

Leanaidh na h-atharrachaidhean a thathar air aontachadh air adhart, a' coimhead ri gach rud a bhith ann an àite ron Ghiblean 2009.



## **EARRANN 2**

POILIS A' CHINN A TUATH  
A' TOIRT TAIC DO PHRÌOMH AMASAN

*“Tha lùghdachadh 9.3% air a bhith ann an leòintich air an rathad ann an sgìre na Feachd air sgàth barrachd phatrolan faicsinneach.”*

## Prìomh Amasan Obrachaidh

### 'S e seo ceann-uidhe na Feachd:

Gus fìor chuideachadh a choileanadh ann am maith na Gàidhealtachd is nan Eilean tro bhith ag obair anns na coimhearsnachdan gus duilgheadasan fhuasgladh.

### A' lùghdachadh eucoir

B' e bliadhna shoibheachail eile a bh' ann an 2007/08 airson Poilis a' Chinn a Tuath. Tron bhliadhna, chaidh 16,134 eucoirean de Bhuidheann 1-5 a chlàradh san sgìre, agus dhiubh seo, chaidh 63.1% a lorg a-mach. A thaobh obair phoileas, tha seo a' ciallachadh gun deach eucoir san sgìre againn a lùghdachadh, agus gun deach a' mhòr-chuid dhen fheadhainn a rinn eucoir a thoirt gu cùirt aig a' cheann thall. Air sgàth nam builean seo, 's urrainn dha muinntir ar coimhearsnachdan bruidhinn air Poileas a' Chinn a Tuath mar bhuidheann a tha soirbheachail agus earbsach, agus aig bheil modh-obrach a thaobh na seirbhis a tha iad a' tuigse agus air a bheil iad a' cur luach.

Tha prìomh ro-innleachdan Poilis a' Chinn a Tuath a' stèidheachadh frèama a tha a' toirt cùrsa dhan

bhuidheann ann a bhith a' libhrigeadh sheirbheisean nam poileas gu muinntir na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Tha na prìomh ro-innleachdan seo co-chòrdail ri Prìomh Ro-innleachdan Comann nam Prìomh Poileas ann an Alba (ACPOS) airson 2006/2009, agus tha iad a' leantainn amas na buidhne ann a bhith a' libhrigeadh sheirbheisean èifeachdach sa choimhearsnachd.

### Builean nam Prìomh Ro-innleachdan

**A' lùghdachadh eucoir** le bhith ag obair còmhla ri compàirtichean ar ro-innleachd, coimhearsnachdan nam measg, gus casg a chur air eucoir le bhith a' dèiligeadh ri adhbharan eucoir còmhla ri bhith a' dèiligeadh ri eucoir fhèin nuair a thachras e.

### A' dol an Sàs ann an Droch Eucoir

le bhith a' rannsachadh gach taobh de dh'eucoir - agus tha sin a' gabhail a-steach eucoir a tha co-cheangailte ri drogaichean - gus coimhead air feumalachdan an neach a dh'fhuiling, nam fianaisean agus nan eucorach. Obraichidh sinn gu h-èifeachdach gus an àireamh de dh'eucoirean a th' air an lorg àrdachadh, agus an àireamh de dhroch eucoraich a thoirt gu cùirt.

**A' Dèanamh ar Rathaidean nas Sàbhailte** le bhith gnìomhach nar n-oidhirpean gus am bi daoine

a' faireachdainn sàbhailte orra. Obraichidh sinn gu cruaidh gus na rathaidean againn a dhèanamh nas sàbhailte, gus an àireamh de thubaistean agus de leòintich a lùghdachadh, agus, aig an aon àm, obraichidh sinn còmhla ri prìomh chompàirtichean gus sàbhailteachd rathaid a leasachadh agus gus daoine fhoghlaim.

### Ag obrachadh gu Coimhearsnachdan nas Làidire agus nas Sàbhailte

le bhith a' freagairt gach tachartas buntainneach - a h-uile càil bho dhroch thubaist rathaid gu mì-mhodh mì-fhreagarrach. Chan eilear dhen bheachd gu bheil e ceadaichte milleadh eucorach a dhèanamh air gnothachasan no air inbhe dòigh-beatha dhaoine sna coimhearsnachdan ionadail. Obraichidh sinn airson sàbhailteachd pearsanta a dhion agus a ghleidheil, agus airson eagal, mì-cheartas agus claon-bhreith a lùghdachadh.

**A' Gleidheil Rian Poblach** le bhith a' stiùireadh chunnartan obrach, a' cur air chois nan cleachdaidhean as fheàrr a thaobh leantainneachd ghnòthach agus le bhith ag obair mar sheirbhis as Luachmhoire a thaobh nam poileas; agus tha a h-uile càil an seo a' gabhail àite ann an suidheachadh far a bheil cùisean eadar-nàiseanta a' toirt buaidh air ar sgìrean ionadail.



## Euchdan Ro-innleachdail

Ann an 2007/08, chuidich modh-obrach Poilis a' Chinn a Tuath a thaobh dhuilgheadasan fhuasgladh sa choimhearsnachd ann a bhith a' coileanadh sàr ìrean de choileanadh gnìomhach. Am measg na chaidh a choileanadh:

- A' lorg a-mach 63.1% de dh'eucoirean Buidheann 1 – 5;
- A' lùghdachadh fòirneirt 24.5%;
- A' sònrachadh eucoirean tràibhidh co-cheangailte ri dibhe agus ri drogaichean, a' ciallachadh gun deach àireamh nas motha de dhràibhear neo-chùramach a thoirt far ar rathaidean;
- 774 (22.5%) nas lugha de thubaistean rathaid;
- A' sònrachadh milleadh is mì-mhodh;
- 864 (25.3%) nas lugha de dh'eucoraich òga;
- Nas motha de dh'obair fhor-ghnìomhach agus compàirteachas èifeachdach thar na bliadhna, a' ciallachadh gun tug poilis a' Chinn a Tuath drogaichean far ar sràidean aig an robh luach faisg air £1 millean;
- Lùghdachadh 40.2% ann am briseadh a-steach a thaighean far an robh dùil goid;
- A' toirt fois-inntinn do dhaoine le bhith a' planadh far an robhar gu bhith, agus le bhith a' cleachdadh fiosrachadh gus na planaichean as fheàrr a chur air chois;
- Bha 1142 nas lugha de dhaoine a dh'fhuiling air sgàth eucoir ann an 2007/08.



## Taic Obrachaidh

### Ro-ràdh

Tha Aonad Obrachaidh Sheirbheisean Taic air a dhèanamh an-àirde dhe na roinnean a leanas, a tha rim faighinn ann am Prìomh Oifisean nam Poileas, ann an Stèisean Rathad Burnett, Stèisean Inbhir Pheofharain agus ann an Compàirteachas Sàbhailteachd Camara a' Chinn a Tuath ann am Baile Dhubhthaich.

- Sàbhailteachd Coimhearsnachd
- Roinn nan Con
- Co-òrdanaiche Dhrogaichean is Dibhe
- Planadh airson Suidheachadh-èiginn
- Roinn nan Gunnaichean
- Compàirteachas Sàbhailteachd Camara a' Chinn a Tuath
- Aonad nam Poileas Rathaid, a' gabhail a-steach Sàbhailteachd Rathaid

Tha Superintendent a' stiùireadh Ionad an t-Seirbheis agus tha Prìomh Inspeactair ga iar- stiùireadh.

Tha Taic Obrachaidh fhathast a' cur mòran ri Prìomh Ro-innleachdan nam Poileas ann a bhith a' toirt taic do sheirbheisean faicsinneach. Tha seo air gabhail àite tro nuadh leasachaidhean bho Roinn Sàbhailteachd sa Choimhearsnachd mu thimcheall eucoir a lùghdachadh, agus cuideachd tro ghnìomhachas Ionad nam Poileas Rathaid agus Compàirteachas Sàbhailteachd Camara a' Chinn a Tuath. Tha seo cuideachd a' faighinn taic bho phoileasaidhean agus bho mhodhan-obrach a tha a' dèanamh cinnteach gu bheil na Poilis ann an deagh shuidheachadh gus coinneachadh ris na tha muinntir na coimhearsnachd a' sùileachadh, agus ri dleastanasan laghail.

### Euchdan a thaobh Prìomh Ro-innleachdan A' Lùghdachadh Eucoir

Chaidh na rinn Poilis a' Chinn a Tuath a thaobh iomairtean gus fòirneirt a lùghdachadh, agus gus dèiligeadh ri eucoirean le sgeinean agus fòirneirt co-cheangailte ri deoch-làidir, a cho-òrdanachadh tro Roinn Sàbhailteachd sa Choimhearsnachd.

Tha Roinn nan Con a' toirt fois-inntinn faicsinneach don mhòr-shluagh, agus mhol na coimhearsnachdan na h-oidhirpean seo. Tha an Roinn rim faicinn nan cois aig tachartasan spòrsa is eile sa choimhearsnachd, aig fianaisean-dùbhlain agus caismeachdan, agus aig ionadan-bhùithtean aig àm na Nollaige.

Bha Co-òrdanaiche Dhrogaichean is Dibhe ag obair a' cur ri chèile poileasaidh nàiseanta a thaobh dheuchainnean ann a bhith a' ceannach deoch-làidir. Tha obrachaidhean a th' air an treòrachadh le fiosrachadh a th' air fhaighinn a' tighinn ri chèile ann an diofar phàirtean dhen sgìre, a' cleachdadh nan laghan ùra seo, gus casg a chur air deugairean fo-aois ag òl deoch-làidir.

### A' Dèiligeadh ri Droch Eucoir

Chaidh Oifigearan Armaichte, Oifigearan Sìridh, Coin nan drogaichean agus airson obair àbhaisteach, agus Roinn nan Rathaidhean, an cur an gnìomh sa bhliadhna ud gus taic a thoirt do dh'Ùghdarras nan Raon, ri linn iomadach droch thachartas agus a thàinig gu crìoch le eucoraich air an cur an grèim, le daoine a bh' air chall air an lorg, agus le drogaichean de Chlas A agus tasgaidhean airgid air an glacadh.

### Rathaidhean nas Sàbhailte

'S e iomairtean Gnìomh is Foghlaim na prìomh sheallaidhean dhen mhodh-

obrach a th' againn gus rathaidhean nas sàbhailte fhaighinn.

Tha aon dhe na h-iomairtean sin a' libhrigeadh dlùth thrèanadh airson 'dràibhear an latha màireach': chaidh an iomairt seo a-mach gu àrd-sgoiltean agus colaistean, eadar Inbhir Nis, Inbhir Ùige, Inbhir Theòrsa agus Cinn a' Ghiùthsaidh. Tha an iomairt air a bhith soirbheachail, agus ghabh na meadhanan nàiseanta ùidh sa chùis.

Ann an compàirteachas le Rèidio Mhoireibh agus Mitchells ann an Inbhir Nis - bùth mhotar-bhaidhgean - tha sreath de phrògraman rèidio, a chaidh a-mach thar 3 mìosan, air a bhith a' leantainn raighdearan a tha ag ionnsachadh air na motar-baidhgean aca, nam measg dithis a tha ainmeil air an rèidio. Bha na prògraman seo air leth soirbheachail agus chithear gun robh barrachd ùidh aig daoine ann an Tachartasan Trèanaidh Bikesafe agus Bikeaid.

Tha Staitistearachd cho-bhualaidhean Rathaid fhathast a' gluasad sìos, agus tha Poilis a' Chinn a Tuath mu thràth a' coileanadh gach tè de thargaidean 2010 an Rìaghaltais.

### Coimhearsnachdan nas Sàbhailte

Nuair a chaidh Co-labhairt a' Phàrtaidh Làbaraich a chumail sa Mhàrt 2008 ann am Baile turasachd MhicDhòmhnaill anns an Aghaidh Mhòir, b' e sàbhailteachd an ionaid ar prìomh amas. Bha iomadach neach-poileataigs ainmeil ann, nam measg am Prìomhaire, Gòrdan Brown, agus Rùnaire an Dion, Des Browne.

Chuidich Taic Obrachaidh san obrachadh, a bha iom-fhillte ann an diofar dhòighean: chaidh Poilis Armaichte, Sìridh agus Rathaid a chleachdadh. Ghabh Roinn Obrachaidh agus Planadh airson Thuiteamasan pàirt ann an

coinneamhan ioma-bhuidhneach, agus bha iad seo nam prìomh phàirt dhen t-soirbheachadh ann an obair nam poileas aig tachartas aig an robh còrr is 1200 neach.

### A' Gleidheil Rian Poblach


Mar phàirt de dh'iomairt airson òigridh, chaidh Raon-cluiche Bàll-coise Meadhan-oidhche a cheannach, an dèidh dha Poilis a' Chinn a Tuath, Dachaighean Nàiseanta Chloinne ann an Alba (NCH), agus Caledonian Thistle a bhith soirbheachail san iomairt aca. Chaidh suim luach mu £23,000 fhaotainn bho Mhaoin Chomhairle na Gàidhealtachd airson Mì-mhodh, agus fhuair eadh suim a bharrachd de mu £17,000 bho Fhòram Uàrd Sgìreil, gus taic a thoirt dha libhrigeadh na h-iomairt.

Thèid an goireas a ghiùlan bho àite gu àite, agus thèid a chleachdadh ann an sgìrean air feadh na Gàidhealtachd gus òigridh a thadhal gu ball-coise. Tha NCH a' stiùireadh na h-iomairt, agus tha iad a' faighinn cuideachadh bho Caledonian Thistle ann an Inbhir Nis - tha iad seo a' coidseadh agus tha feadhainn dhe na cluicheadairean proifeiseanta aca a' cuideachadh aig na tachartasan.

### Cùisean Cudromach

San Iuchar 2007, thug Oifigearan Sàbhailteachd sa Choimhearsnachd taic do chom-pàirtichean ann a bhith a' cur air chois an tachartais 'nuff Respect', tachartas spòrsa a ghabh àite aig Slighe Nis ann an Inbhir Nis. Tha 'Nuff Respect' a' misneachadh òigridh ann a bhith a' gabhail pàirt ann an spòrs mar dhòigh gus an tàladh air falbh bho mhì-mhodh air na sràidean agus bho eucoir sam bith.

Tha na ruitheadairean ainmeil, Linford Christie agus Darren Caimbeul, a' toirt taic dhan iomairt seo, agus bha iad ann an Inbhir Nis airson an tachartais. Bha còrr is 100 neach òg, eadar aoisean 8 agus 20 bliadhna a dh'aois, ann, agus ghabh iad pàirt ann an rèisean 60-meatair. Fhuair an fheadhainn a bhuannaich gach buidheann-aoise cuireadh chun an tachartais Nàiseanta a tha a' gabhail



àite air an 8mh dhen t-Sultain 2007 ann an Dùn Dèagh. Thèid dithis às a' Ghàidhealtachd cuideachd gu tachartas eadar-nàiseanta ann am Paris faisg air deireadh 2008.

Chuir Poilis a' Chinn a Tuath air chois deuchainnean Albannach Chon nam Poileas aig Colaiste Phoileas na h-Alba ann an Tulaidh Ailein, eadar Dimàirt 11mh agus Diardaoin 13mh dhen Mhàrt 2008.

Chuir Seàirdeant Ailean Heath agus an sgioba aig an tachartas air chois, agus bha an tachartas air leth soirbheachail, le riochdairean bho Mheadhan na h-Alba, bho Fìobha agus bho Sheirbheis Phoileas Cheann a Tuath na h-Èireann, a' buannachadh troimhe chun na cuairte deireannaich ann an Liverpool.

Bha Constabalan Matty Watson agus Sean McNeil, còmhla ri na coin aca, Nevis agus Skye, a' riochdachadh Poilis a' Chinn a Tuath.

### Prìomh amasan airson 2008/09

An dèidh Lèirmheas nam Poileas, tha Taic Obrachaidh air structair ùr a chur air dòigh, agus ged a tha na h-amasan fhathast a-rèir amasan Ro-innleachd nam Poileas airson 2008/09, cuimsichidh am Buidheann air seirbheisean sònraichte agus ealantas teicneòlach, gus dèanamh cinnteach gun cum na poilis an-àirde nan comas ann an taic tactaigeach gus coinneachadh ri feumalachdan sònraichte agus dleastanasan corporra.

Thèid seo a choileanadh tromhpa seo:

- Thèid freagairt an Ionad Seirbhis ri Ro-innleachd nan Rathaid ACPOS a cho-òrdanachadh, agus thèid gach obair air na Rathaid, nam measg Sàbhailteachd Rathaid agus Compàirteachas Sàbhailteachd Camara a' Chinn a Tuath a cho-òrdanachadh fo aon Oifigear stiùiridh.
- Thèid gnìomhan taice air fad bho Oifigearan Armaichte, na Coin, Rian Poblach, Sireadh, agus mar a tha uidheam teicnigeach air a ghleidheil agus air a stiùireadh a cho-òrdanachadh fo aon Oifigear stiùiridh.
- Nithear cinnteach gu bheil na Poilis a' gabhail pàirt anns gach compàirteachas buntainneach a thaobh Planadh Èiginn, Obrachaidh agus Tuiteamas Corporra, gus fois-inntinn a thoirt don choimhearsnachd, agus gus dèanamh cinnteach gu bheil an còmhnaidh deiseil gus dèiligeadh ri tachartasan.
- Nithear cinnteach gu bheil an siostam ùr nàiseanta ANPR - Aithne air Pleit Àireamh Chàraichean - gus leasachadh a dhèanamh air mar a tha fiosrachadh air fhaighinn agus air a sgaoileadh.

Leis an taic agus an cuideachadh a tha sinn a' faighinn bhon t-sluagh, agus le dealas, dìoghras agus togradh ar luchd-obrach gus seirbheis air leth a libhrigeadh, tha fìor mhisneachd againn gum bi sinn soirbheachail ann a bhith a' coileanadh ar n-amasan.

## Seirbheis Taic

### Ro-Ràdh

Tha an Aonad Sheirbheisean airson Taic Eucoir stèidhichte sna Prìomh oifisean, agus tha diofar roinnean sònraichte a tha a' fòcasadh air droch eucoir a' dèanamh an-àirde an aonaid. 'S e Àrd-stiùireadair Lorgaire a tha a' stiùireadh an aonaid, agus tha e ag obair mar Cheannard Eucoir airson nam Poileas, agus a' faighinn taic bho aon Prìomh Inspectair Lorgaire agus trì Inspectairean Lorgaire. 'S iad seo na Roinnean am broinn an Aonaid Sheirbheis:

- Sguad nan Drogaichean
- Aonad Rannsachadh Ionmhais
- Aonad Foireansach Choimpiutairean
- Biùro Fiosrachadh na Feachd
- Meur Shònraichte
- HOLMES
- Aonad a' Stiùireadh Eucoraich
- Aonad Dion Theaghlachan
- Aonad Sgaoilidh, Disclosure
- Stiùireadh Foireansach

Tha Ceannard an Eucoir a' faighinn cuideachadh ann a bhith a' rannsachadh droch eucoir bho ionad de dh'Àrd Oifigearan Rannsachaidh (SIOan), a tha co-dhiù de dh'inbhe Inspectair Lorgaire.



Tha na h-oifigearan seo air trèanadh sònraichte fhaighinn gus rannsachadh a dhèanamh ann an droch eucoirean.

Nuair a thachras droch eucoir, tha luchd-obrach agus eòlas na roinne a' tighinn ri chèile gus feumalachdan stòrasan Comann na Roinne a dhaingneachadh airson rannsachaidhean duilich.

### Euchdan An Aghaidh Prìomh Ro-Innleachdan

Tro 2007/08, tha an t-Aonad Seirbheis air cumail air a' coileanadh a dhreuchd ann a bhith a' dèiligeadh ri droch eucoir.

- Chaidh diofar ghlaicidhean a dhèanamh air drogaichean agus air an fheadhainn a bha a' dèiligeadh annta, 's mar sin tha an àireamh de bhuidhnean eucorach a tha ag obair san sgìre air a lùghdachadh.
- Chaidh fiosrachadh o dhiofar àiteachan a chleachdadh gus mòran dhen obair a chaidh a dhèanamh a dhaingneachadh, agus gus deagh bhuilean a choileanadh. Aig an aon àm, tha an leithid seo de dh'obair air a bhith a' lùghdachadh chosgaisean.

### Iomairtean Ionadail Meur Shònraichte

Tha Meur Shònraichte nam Poileas fhathast a' coileanadh nan dleastanasan aca a thaobh tèarainteachd nàiseanta ann an compàirteachas ri co-obrichean na Seirbheis Tèarainteachd. Tha oifigearan Aonadan Phort dhen Mheur Shònraichte stèidhichte aig Port-adhair Inbhir Nis, agus tha iad air dàimhean obrachaidh a dhaingneachadh le Buidheann Chrìochan is In-imrich aig a bheil neach-obrach dìcheallach aig port-adhair Inbhir Nis a-nis. Tha seo a' toirt cothrom airson co-obrachadh, agus tha seo na bhuannachd ann a bhith a' neartachadh smachdan chrìochan aig an àm far a bheil

tèarainteachd cho cudromach, air sgàth droch eucoir eagraichte agus ceannairc.

Tha oifigearan na Meura Sònraichte cuideachd air a bhith a' gabhail gnothach ri eagrachadh tèarainteachd is planaigh a thaobh an Teaghlach Rìoghail no daoine ainmeil a' tighinn dhan sgìre. A thaobh eagrachadh dhen leithid seo, tha na chaidh a dhèanamh ann a bhith a' planadh, thar ùine, tèarainteachd airson Co-labhairt a' Phàrtaidh Làbaraich san Aghaidh Mhòir, aig an do thadhail am Prìomhaire, Gòrdan Brown, agus àireamh de Mhinistearan sònraichte eile bho Riaghaltas na h-Alba agus Westminster. A bharrachd air an seo, tha Comhairliche Tèarainteachd Contra-ceannairc nam Poileas cuideachd a' cumail dlùth labhairt a' dol le gnìomhachas, companaidhean malairt agus luchd-obrach ann an làraich a tha fosgailte gu ionnsaigh, mu mar a dh'fhaodar targaidean a dhìon agus mu chùisean tèarainteachd.

Tha a' bhagairt a tha na cunnart leantainneach san Rìoghachd Aonaichte bho cheannairc eadar-nàiseanta, còmhla ris an ionnsaigh a ghabh àite aig port-adhair Ghlaschu an-uiridh, agus cùisean eile a tha a' gabhail àite air feadh Alba, air ciallachadh gu bheil meudachadh air a bhith ann an obair na Meura Sònraichte, air feadh na dùthcha agus gu h-ionadail.

### Biùra Fiosrachadh Na Feachd (Bff)

Anns a' ghreis ud, tha BFF air fiosrachadh, taic sgrùdail agus comhairle a thoirt do Phrìomh Roinnean agus do dh'Ùghdarras nan Roinnean, gu sònraichte co-cheangailte ri obrachaidhean a ghabh àite ann a bhith a' dol an sàs ann an solarachadh dhrogaichean.

### Obrachadh Accumulate

B' e obrachadh Sguad nan Drogaichean a bha seo a bha a' rannsachadh malairt ann an drogaichean de Chlas A a Shealtainn. Bha na h-eucoraich a' faighinn pàrsailean mòra de heroin a bha a' tighinn chun nan eilean tron Phosta Rìoghail.

Chaidh co-rannsachadh a chur air chois còmhla ris a' Phost Rìoghail, agus chaidh triùir dhaoine a chur an grèim airson a bhith an sàs ann a bhith a' solarachadh dhrogaichean, an dèidh dha na poilis 1 chilegram de heroin fhaighinn. Bhiodh luach co-dhiù £100,000 anns na drogaichean air na sràidean.



### Aonad Dìon Chloinne

Tha ceathrar dhen luchd-obrach againn san Aonad air trèanadh fhaighinn nan trèanairean, oir tha iad fhèin air pàirt a ghabhail ann an Trèanadh Ùr Nàiseanta airson Ceasnachadh Co-rannsachail. Tha iad air trèanadh a thoirt do 60 poileas agus a' cheart uiread de luchd-obrach sòisealta sa bhliadhna. Tha luchd-obrach bhon Aonad cuideachd a' toirt trèanadh far a bheil buidhnean eile an sàs, agus tha iad cuideachd gu bhith an sàs ann a bhith a' toirt trèanadh air an eadar-lìon gu Sgoiltean na Gàidhealtachd, ann an compàirteachas le Foghlam is Slàinte.

### Aonad Sgaoilidh Disclosure

Tha seachd bliadhna bho dh'fhosgail an t-Aonad Sgaoilidh, Disclosure: a chaidh a chur air chois sa chiad àite gus am biodh aon àite ann airson barrachd rannsachaidh mu fhoirmean sgaoilidh leasaichte a thigeadh tro Sgaoileadh Alba, Glaschu.

An-uiridh, chaidh còrr is 1,700 ceist sgaoilidh tro làmhnan Phoileas a' Chinn a Tuath, agus chaidh barrachd ionmhais a chur chun na h-obrach cudromaich seo.

### Rannsachadh Ionmhasail

Anns a' ghreis fo sgrùdadh, tha Aonad Rannsachadh Ionmhais air taic a thoirt do, agus air obair a chur ann, an obair fhòr-ghnìomhach co-cheangailte ri

solarachadh dhrogaichean Clas A, ri eucoraich a bha an sàs ann an droch eucoir eagraichte, agus ri foill.

Thàinig grunnan dhiubh seo gu co-dhùnadh soirbheachail, agus chaidh maoin nan eucorach a bha fo ghrèim a ghleidheil bho theirmean Achd Toradh bho Eucoir 2002, 's iad a' feitheamh ri barrachd rannsachaidh.

Seo eisimpleirean dhe na chaidh a ghleidheil bhon lagh, air sgàth dhùidhean co-cheangailte ri drogaichean:

- Chaidh £37,000 a ghleidheil bho fhear à Inbhir Pheofharain;
- Chaidh £9414 a ghleidheil bho fhear à Liverpool;
- Chaidh £3945 a ghleidheil bho fhear à Inbhir Nis.

An dèidh do rannsachaidhean ionmhasail co-cheangailte ri malairt dhrogaichean, chaidh cunntas a thoirt air ceathrar dhaoine à sgìre Inbhir Nis airson eucoran co-cheangailte ri ionmhas mì-laghail.

Ann an cùis eile, chaidh £16,310 a thoirt bho dìofar dhaoine san sgìre bho Achd Toradh bho Eucoir 2002, an dèidh rannsachadh ionmhasail.

### Aonad Foireansach Choimpiutairean

Tha cothroman ùra aig eucoraich san latha an-diugh air sgàth 's mar a

tha teicneòlas agus coimpiutairean cho cumanta, agus leis mar a tha an t-eadar-lìon air a chleachdadh gu ìre cho mòr. Tha seo a' ciallachadh gu bheil teicneòlas choimpiutairean a' gabhail pàirt anns a' mhòr-chuid de rannsachaidhean nam poileas.

Tha seo a' ciallachadh gun robh tòrr a bharrachd obair aig an ionad sa ghreis ud, anns an robh an t-Aonad a' toirt taic for-ghnìomhach agus ais-ghnìomhach ann an obair fhoireansach air coimpiutairean. Tha an taic seo air a dhol gu Roinnean nam Prìomh Oifisean, Ùghdarrasan na Roinne agus gu buidhnean compàirteachail bho a-muigh.

### Prìomh amasan airson 2008/09

- A dh'amas an aghaidh bhuidhnean eucoir eagraichte aig ìre Nàiseanta is na Feachda, mar a tha daingean ann am Pròiseas-obrachaidh Roinnleachdail na Feachda;
- Gus aire air feadh na Feachda a leudachadh air cùisean an aghaidh ceannairceis;
- Gus obair gu dlùth ris na h-Ùghdarrasan Roinneil agus ri luchd-taic bhon taobh a-muigh airson na suidheachaidhean Dion Poblach ioma-bhuidhneach aonachadh air feadh sgìre na Feachda.

## Goireasan Daonna

### Ro-ràdh

Tha Roinn Ghoireasan Daonna air a stiùireadh tro dà cheann-obrach. Tha an Iar-Stiùiriche a' stiùireadh taic rianachd, stòrasachd, slàinte obrach, sochairean agus pàigheadh; agus tha Manaidsear Foghlaim is Leasachaidhean a' stiùireadh foghlam agus leasachadh dreuchdail. Tha Inspec-tair Phoileas a' gabhail os làimh dreuchd Oifigeir Leasachadh Luchd-obrach, agus tha an dreuchd seo air leth cudromach ann a bhith a' toirt obair an aonaid air fad ri chèile, agus gu sònraichte na tha eadar an dà roinn - fastadh agus trèanadh pròbhaich.

A bharrachd air na haonadan seo, tha Aonad Seirbhis Ghoireasan Daonna cuideachd a' gabhail a-steach bhuidhnean luchd-obrach (Caidreachas Phoileas na h-Alba agus UNISON)

Suas chun a' Mhàirt 2008, bha co-dhleastanas aig an Aonad agus aig Ceannard Sheirbheisean Taic airson nam Poileas airson portfolio eugshamhlachd. Tha cùram airson eugshamhlachd a-nis air gluasad gu Sheirbheisean Coporra, còmhla ri dreuchd Comhairliche Eugshamhlachd Ro-innleachdail.

Gleidhidh Goireasan Daonna an t-eòlas airson Cothroman Co-ionann ann an cùisean cosnaidh agus airson poileasaidhean Cothromachd is Mòralachd san Àite-obrach.

Tha Stiùiriche Ghoireasan Daonna, a tha cuideachd na bhall de Bhuidheann Stiùireachais Comhairleachaidh nam Poileas, os cionn an Aonaid.

### Euchdan an aghaidh Prìomh amasan Ro-innleachdail

Tro 2007/08, tha sinn air cuimseachadh air targaid far am biodh suas ri co-ionann ri 730 oifigearan làn-ùine againn. Gu lèir, dh'fhas sinn 62 oifigearan sa bhliadhna ionmhasail, an àireamh as àirde ann an co-dhiù 10 bliadhna. Aig deireadh na bliadhna, bha an àireamh suas gu co-ionann ri 723.5 oifigearan làn-ùine. A bharrachd air an sin, chaidh 8 Òglach Poilis fhasadh ann an 2007, 's bha iad seo air an cur air feadh na sgìre againn.

Chleachd sinn sanasachd telebhisein gu soirbheachail airson fastadh thar na bliadhna airson a' chiad uair.

Tha cothrom eile againn sa bhliadhna a tha romhainn airson na h-àireamhan de dh'oifigearan

air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean a mheudachadh - tha sinn a' sùileachadh a dhol thairis air 750 oifigeir.

Thairis air a' bhliadhna, rinn sinn oidhirp shònraichte airson ullachadh a dhèanamh airson measadh air Tasgadh ann an Daoine (TaD), agus chuimsich seo anns an Dùbhlachd 2007 nuair a fhuair sinn inbheachd TaD. Thug Àrd-oifigeir TaD Alba an duais do Neach-gairm Bòrd Poilis a' Chinn a Tuath gu foirmeil aig tachartas ann am Prìomh Oifisean nam Poileas.

Tha sinn a' cuimseachadh air na h-iarrtasan airson Sgeamaichean Dhleastanasan sna Roinnean Poblach a choileanadh. An-dràsta, tha Sgeama againn ann an àite airson Ionannachd Cinnidh, Ionannachd Ciorraim, agus airson Ionannachd co-cheangailte ri Gin. Chaidh aontachadh ri poileasaidh airson Achd Lethbhreith air sgàth Ciorraim, a tha a' toirt stiùireadh do mhanaidsearan.

Tha na poilis a' leantainn air adhart le bhith a' gabhail brath air teicneòlas agus cosgaisean a lùghdachadh agus airson èifeachd obrach a mheudachadh, agus gus taic a thoirt don amas seo, chaidh e-foghlam a chur air chois. Chan e a-mhàin gun sàbhail seo pàipear agus cosgaisean puist, cuidichidh e cuideachd ann a bhith a' lùghdachadh siubhal gu ionadan sònraichte airson cùrsaichean trèanaidh. Thòisich an siostam le modalan foghlam fosgailte airson pròbhaich.

Tha luchd-obrach ann an roinn Ghoireasan Daonna air a bhith ag obair air planadh agus air a bhith a' cur air chois dà phrìomh phròiseact tro 2007/08: Lèirmheas a' Phoilis air leasachadh prògram rianachd agus gluasad luchd-obrach teicneòlais nam Poileas gu Ùghdarras Sheirbheisean Poilis na h-Alba.



## Iomairtean Ionadail

Thar 2007/08, chaidh deagh oidhirp a dhèanamh air a bhith ag àrdachadh nan seirbheisean airson luchd-obrach a thaobh an cuid slàinte is maitheas-beatha.

- Cho-obraich an t-Aonad Slàinte Obrach agus luchd-obrach na Prìomh Oifis, agus fhuair iad Duais Airgid ann am Beatha-obrach Fallain na h-Alba;
- Chaidh cùmhnart ùr a thoirt do Sheirbheis Slàinte Obrach SNS na Gàidhealtachd airson Seirbheisean Slàinte Obrach;
- Chaidh barrachd stiùiridh is trèanadh airson manaidsèaran a chur ri chèile agus a chur air chòis a thaobh stiùireadh luchd-obrach a bhith dheth tinn.

Aig deireadh na bliadhna bha deagh leasachaidhean ri fhaicinn anns an ùine a chaidh a chall tro luchd-obrach a bhith far na h-obrach air sgàth thinneasan.

## Cùisean airson Aire

Bhon 1d dhen t-Sultain 2007, dh'fheumadh a h-uile tagraiche agus neach-obrach ùr ann an Seirbheis Poilis na h-Alba inbheachd sònraichte a ruighinn a thaobh fallaineachd, agus tha seo co-ionann air feadh na dùthcha. Tha an inbhe co-cheangailte ris an sgeama trèanadh a th' aig Colaiste nam Poileas ann an Alba airson luchd-trèanadh agus ann an cùrsaichean pròbhaidh. Nuair a thòisicheas pròbhaich ann an dreuchd, thathas a' sùileachadh gun cum iad inbhe am fallaineachd an-àirde thairis air an tràth-phròbhaidh aca.

Fhad 's a bha iad aig Colaiste nam Poileas, bhuannaich pròbhaich Poilis a' Chinn a Tuath dà phrìomh dhuais. Tha sinn moiteil da-riubh, agus 's iad seo an fheadhainn a bhuannaich:

- PC 261 Iain Blackburn - a bhuannaich duais Batan an Urraim airson an oileanaich a b' fheàrr;
- PC 602 Paul Daniels - a bhuannaich Cuach Cuimhneachaidh Sheumais Adamson airson Fallaineachd Shònraichte Fhireannach.



San Ògmhios 2007, b' e Christopher Raffan a' chiad òglach a thàinig tron phrògram òglach a chaidh ath-nuadhachadh o chionn ghoirid, agus chaidh a chur ann an dreuchd chonstabal pròbhach. Aig ceann eile na loidhne, leig Liz Sutherland, a bha sgairteil san Aonad 's na Stiùbhard Unison, dhith a dreuchd, an dèidh 35 bliadhna de sheirbheis.

## Prìomh amasan airson 2008/09

Tha Plana nam Poileas airson 2008/09 air na cinn-uidhe seo a shoilleireachadh nam prìomh amasan airson roinn Ghoireasan Daonna:

- Dèanamh cinnteach gu glèidh sinn co-ionann ri 750 oifigearan làn-ùine gu 31mh Mhàrt 2009, a bharrachd air oifigearan ùra sam bith a mhaoineas Riaghaltas na h-Alba;
- Cuir an gnìomh an siostam coimpiutaireach nàiseanta airson goireasan daonna;
- Dèan lèirmheas air an t-siostam nàiseanta airson Ath-shealladh air Leasachadh Proifeiseanta agus leasaich ro-innleachd airson a chur air dòigh, a' gabhail a-steach leasachadh trèanadh freagarrach;
- Crìochnaich sgrùdadh airson pàigheadh co-ionann airson luchd-obrach nam poileas;
- Gabh os làimh prògram de thrèanadh eugshamhlachd agus prògram trèanadh ùrachaidh a leasachadh;

- Leasaich agus cuir air dòigh plana-gnìomh a tha stèidhichte air builean Measadh Tasgadh ann an Daoine (TaD).

Cuideachd, tha an t-Aonad air aithneachadh gu bheilear ag amas air na cinn-uidhe ionadail seo a chur an gnìomh sa bhliadhna:

- Obair a dhèanamh a bheir dhuinn an Duais Òir airson Beatha-obrach Falainn na h-Alba (SHAW) ann an compàirteachas le Slàinte Obrach agus Aonadan Sheirbheisean nam Prìomh Oifisean;
- Gus obair a dhèanamh le na Poilis gus molaidhean an Lèirmheas a chur an gnìomh;
- Gus barrachd leasachaidh a dhèanamh air Prògram Leasachaidh Stiùireadh nam Poileas;
- Gus lèirmheas a dhèanamh air moladh Sgrùdadh Chuspairèan HMI air Àrdachadh nam Poileas;
- Gus pròiseas an trèanadh adhartachadh a rèir feumalachdan na Roinne agus phrionnsapalan TaD.

# Inbhean Agus Giùlan Proifeiseanta

## Ro-Ràdh

Tha Aonad Seirbheis Inbhean & Giùlan Proifeiseanta stèidhichte sna Prìomh Oifisean, agus sa bhliadhna mu dheireadh, tha roinnean aig a bheil dleastanas airson na leanas air bhith mar phàirt dhen aonad:

- Gearranan an aghaidh nam Poileas
- Mì-ghiùlan Phoileas
- Inbhean Proifeiseanta
- Dion Dàta
- Tèarainteachd Fiosrachaidh
- Saorsa Fiosrachaidh
- Breithneachadh Tèarainteachd

Tha prìomh cheann-uidhe aig Aonad Seirbheis Inbhean & Giùlan Proifeiseanta, agus 's e sin, ionracas na Feachd agus an luchd-obrach a ghleidheil. Gheibhear mion-thrèorachadh a thaobh chùisean a tha co-cheangailte ri inbhean is giùlan proifeiseanta ann an "Leabhar-obrach Inbhean is Giùlan Proifeiseanta" na Feachd a gheibhear gu eileagtronaigeach no air pàipear.

Tha dleastanas aig an Aonad cuideachd airson a bhith a' cumail sùil air inbhean corporra air feadh na feachd, agus tha puing meadhain an seo airson smachd air inbhe agus airson nan cuspairean a tha co-cheangailte a thoirt ri chèile.

Tha dealas agus dìcheall oifigearan agus luchd-obrach nam poileas na

phrìomh phàirt dhen t-seirbheis.

Tha e deatamach gu bheil cliù agus ionracas na Feachd soilleir airson gach neach, 's gu bheil luchd-obrach freagarrach air làimh airson dèiligeadh ri muinntir na coimhearsnachd agus ri luchd-obrach san Fheachd, ma tha ceistean no duilgheadasan aca. Tha e mar dhleastanas air an Iar Phrìomh Chonstabal agus air luchd-obrach an Aonaid dèanamh cinnteach gu bheil seo mar bu chòir.

## Euchdan an aghaidh Prìomh amasan Ro-innleachdail

Ghabh amasan ro-innleachdail an Aonaid airson 2007/08 a-steach na prìomh amasan seo - breithneachadh, inbhean proifeiseanta, sgrùdaidhean-cunntais a thaobh poileasaidh na Feachd, fuasglaidhean a thaobh ghearanan mu na poilis agus mu mì-ghiùlan, agus measadh ro-innleachdail a chur air dòigh gus dèiligeadh ri cunnart bho choirbeachd.

## Breithneachadh Tèarainteachd

Tha sgrùdaidhean breithneachaidh a' gabhail àite airson gach tagraiche airson obraichean sam bith san Fheachd. Tha dreuchdan sònraichte san Fheachd an urra ri Breithneachadh Leasaichte agus Breithneachadh Sgrùdail. Thathar a' cur poileasaidh air dòigh airson breithneachadh luchd-obrach a bharrachd air oifigearan, agus airson

manaidsearan. Cuiridh seo crìoch air na dh'fheumas an Fheachd a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidh làidir aig an Fheachd a thaobh breithneachadh, a tha a' dìon ionracas an luchd-obrach air fad, agus na buidhne fhèin.

Thathar a' leantainn air adhart le Poileasaidh Breithneachadh na Feachd a tha freagarrach airson nam feuman, agus a thèid leis na h-inbhean a th' air am moladh sa Phoileasaidh Breithneachaidh ACPOS ris a bheil dùil.

## Inbhean Proifeiseanta

Sa bhliadhna mu dheireadh, tha an t-Aonad air leantainn air adhart le seiseanan trèanaidh is mothachaidh airson diofar bhuidhnean air feadh na Feachd. B' e amas nan seiseanan gus mothachadh nas motha a thoirt don luchd-obrach a thaobh nan inbhean agus nan dleastanasan a th' air an sùileachadh uapa anns an obair phroifeiseanta aca.

Tha dleastanas aig an Aonad airson sgrùdaidhean a dhèanamh ann an diofar roinnean de phoileasaidhean na Feachd.

Chaidh obair a dhèanamh am-bliadhna air plana sgrùdaidh mionaideach gus an Fheachd a dhèanamh cunntachail a thaobh nam poileasaidhean sin. Chaidh aithne a chur air diofar chuspairean a bha a' cur feum air aire, agus chaidh iad seo chun nam manaidsearan freagarrach - ann an roinnean mar foillseachaidhean, aire cùramach airson prìosanaich a tha an grèim.

## Gearranan mu na poilis agus cùisean mì-ghiùlain

Lean an t-Aonad am-bliadhna leis an obair chudromaich seo.

Chlàraich an Fheachd 187 gearranan mu na poilis. 'S e adhbhar misneachaidh a th' ann, a dh'aindeoin



nan àireamhan mòra, gun deach a' mhòrchuid dhiubh a rèiteachadh tro mhìneachaidhean, no gun deach lorg gun robh iad gun bhunait. A bharrachd air an seo, chan fhaodar diochuimhneachadh gun d' fhuair an Fheachd 203 litrichean a' toirt taing dhaibh tron bhliadhna, agus tha seo a' sealltainn cho taingeil 's a tha daoine san fharsaingeachd airson deagh inbhe nam Poileas.

Ghabh an Feachd os làimh 23 sgùdaidhean mì-ghiùlain, an coimeas ri 28 ann an 2006/07. Chaidh aon chùis mì-ghiùlain air adhart sa bhliadhna, far am feumadh an Fheachd fianais a thoirt.

### Iomairtean Ionadail Dìon Dàta agus Saorsa Fiosrachaidh

Thàinig còrr is 1000 iarrtas bhon mhòr-shluagh agus bho bhuidhnean bho muigh a thaobh Dìon Dàta agus Saorsa Fiosrachaidh.

Dh'iarr còrr is 500 neach lethbhreac dhen dàta phearsanta aca bho Achd Dìon Dàta 1998, an coimeas ri 310 iarrtas ann an 2006/07. B' ann airson daoine a' tighinn dhan dùthaich, no feadhainn a bha an dùil siubhal thall thairis, a bha a' mhòrchuid dhe na h-iarrtasan, an dèidh don dùthaich chèin sgrùdadh dhìtidhean iarraidh. Tha siostam ùr ann an àite a-nis, fo stiùireadh Buidheann Prìomh Oifigearan Phoileas agus Oifis Eucoirean Clàraichte. Tha an siostam seo a' toirt do neach Teisteanas Pollis airson cùisean in-imriche agus bhiosa, airson Ameireaga, Canada, Astràilia agus Sealan Nuadh. Thathar an dùil gum bi an siostam ann an àite gu tur ron luchar 2008, 's gun tèid an sgeama a leudachadh gu dùthchannan eile.

Bho Achd Dìon Dàta, chaidh sgrùdaidhean a dhèanamh thar gach aonad seirbheis san Fheachd.

### Cùisean airson Aire Tèarainteachd Fiosrachaidh

Nuair a chaill diofar roinnean san Riaghaltas agus companaidhean prìobhaideach dàta pearsanta, bha e



deatamach gun dèanadh an Fheachd lèirmheas air na modhan-obrach aice a thaobh dàta. An dèidh do lèirmheas gabhail àite, chaidh lorg nach robh laigsean sònraichte san t-siostam, ach bha leasachaidhean a dh'fhaodte a dhèanamh, agus chaidh beachdachadh orra seo.

Tha leasaichean air a bhith air an dèanamh ann an Siostam Clàradh Thachartasan na Feachd agus ann an tèarainteachd lìonra Teicneòlas Fiosrachaidh. Tha sgrùdaidhean a' gabhail àite gu leantainneach gus sùil a chumail air modhan-obrach agus air poileasaidhean, 's gu bheil an luchd-obrach ag obair gan rèir. Tha an t-Oifigear airson Dìon Fiosrachaidh air mòran a dhèanamh ann an sgrùdaidhean for-ghnìomhach air mar a tha luchd-obrach a' cleachdadh an eadar-lìon, agus cuideachd a' rannsachadh log-fhaidhlichean coimpiutair a tha luchd-obrach a' cleachdadh. Tha obair a' sìor dol air adhart gus siostam sìolaidh fèin-ghluasadach airson an Eadar-lìon agus post-d a bhios a rèir Inbhean Nàiseanta nam Poileas a leasachadh.

Tha sinn air a bhith soirbheachail ann a bhith a' cur air dòigh poileasaidh eadar-roinnidh airson fiosrachadh còmhla ri ar compàirtichean anns na

h-Ùghdarrasan Ionadail agus ann an Seirbheis Nàiseanta na Slàinte. Tha co-obrachadh a' leantainn air adhart a thaobh làrach-lìn airson a bhith a' clàradh eucoirean-gràin.

### Prìomh amasan airson 2008/09

Cuimsichidh an t-Aonad air na prìomh amasan seo ann an 2008/09:

'S e lèirmheas air Ro-innleachd Coirbeachd na Feachd an dara prìomh amas airson na bliadhna a tha romhainn. Tha an ro-innleachd seo a' toirt beachd air mar a tha an Fheachd an dùil dèiligeadh ri Inbhean agus Giùlan Proifeiseanta airson luchd-obrach ann an diofar dhòighean.

Cuideachd, thathar ag amas air fuincsean sgùdaidh a chur air dòigh ann am broinn an Aonaid.

Thèid ionracas na Feachd agus an luchd-obrach àrdachadh cuideachd le bhith a' sìor sgrùdadh poileasaidhean na Feachd a thaobh inbhe phroifeiseanta. Fillte a-staigh an seo, bidh sgrùdaidhean a thaobh gu bheil cùisean a-rèir nan inbhean a th' air an sùileachadh ann an Tèarainteachd Fiosrachaidh agus Mì-ghiùlain Phoileas.

# A' Stiùireadh Ionmhais & Maoin

## Ro-Ràdh

Tha Aonad Seirbheis airson Stiùireadh Ionmhais is Maoin stèidhichte anns na Prìomh Oifisean ann an Inbhir Nis. Tha gnìomhan ionmhais nam poileas agus stiùireadh maoin nam poileas an urra ris an Aonad Sheirbheis.

Ann an 2007/08, bha na seachd roinnean-gnìomha seo a' dèanamh an-àirde an Aonaid Sheirbheis:

- Stiùireadh Oighreachd
- Seirbheisean Ionmhais
- Stiùireadh Charbadan
- Teicneòlas Fiosrachaidh
- Solarachadh
- Conaltradh Rèidio
- Tele-chonaltradh

Tha na seirbheisean air am stiùireadh sna Prìomh Oifisean, Inbhir Nis, agus air an lìbhrigeadh air feadh sgìrean a' Chinn a Tuath. Gus an lìbhrigeadh a mheudachadh, tha feadhainn dhe na seirbheisean seo air an cur a-mach gu companaidhean eile

airson an lìbhrigeadh. Mar eisimpleir, tha garaidsean ionadail a dèanamh obair air carbadan nam poileas ann am feadhainn dhe na sgìrean, agus tha companaidhean togail nan compàirtichean ann a bhith a' togail thoglaichean ùra agus a' dèanamh an-àirde thoglaichean eile.

Chan eil ach aon Aonad eile a bharrachd air an Aonad Seirbheis airson Stiùireadh Ionmhais & Maoin anns nach eil poilis idir. Tha raon farsaing de sgìlean agus de eòlas anns an Aonad. Tha iad seo a' dol bho theisteanasan proifeiseanta ann an cunntasachd agus solarachadh gu teisteanasan dreuchdail ann an obair chàraichean.

## Euchdan an aghaidh Prìomh amasan Ro-innleachdail

A' coimhead air ais gu aithisg 2006/07, tha diofar rudan san aonad a chaidh an comharrachadh airson leasachaidhean:

- Thug Poilis a' Chinn a Tuath na siostaman post-d. a-muigh agus a-staigh còmhla, agus ghluais iad gu Microsoft Outlook 2003. Chaidh an siostam post-d a-muigh a ghluasad an toiseach, agus an uair sin an siostam a-staigh;
- Thar na bliadhna, chruthaich ar Poilis seirbheisich ùra gus taic a thoirt do dh'Àrainn Obrachaidh TF ùr nam poileas. Tha na seirbhearan roinnte eadar dà làrach (Prìomh Oifisean agus Inbhir Pheofharain), gus cuideachadh le bhith a' roinn na h-obrach agus tha seo a' toirt cothrom airson leantainneachd ann an gnothachas;
- Chaidh gu math leis an lèirmheas air taigheadas ann an 2007/08, agus b' ann ann an Sealtainn, Arcaibh agus sna h-Eileanan Siar a bha am fòcas a bu mhotha. Chaidh tòrr obrach a dhèanamh, agus thathas an dùil gun gluais taigheadas nam poileas gu Uachdarain Shòisealta Clàraichte (USCan) faisg air deireadh 2008. Thèid barrachd obrach a dhèanamh an dèidh seo mu thimcheall taigheadas air tìr-mòr;
- Feumar siostaman làidir a chur air dòigh a thaobh nam modhan-obrach co-cheangailte ri stiùireadh maoin, le aire shònraichte air a thoirt do thaigheadas agus do charbadan nam poileas. Ceanglaidh seo a-steach le Buidheann Stiùiridh Calpa & Pròiseact agus cuidichidh e ann a bhith a' lìbhrigeadh planaichean nas mionaidiche airson calpa agus ionmhas;
- Chaidh an lìonra farsaing, a tha a' ceangal gach stèisean poilis ann an sgìre a' Chinn a Tuath ris a' phrìomh shiostam sna Prìomh Oifisean, atharrachadh, le lìonra ùr air a chur na àite. Tha an lìonra ùr nas sàbhailte agus nas fulangaiche, agus tha comasan obrach nas fheàrr aige. Chaidh cosgaisean a shàbhaladh cuideachd air a sgàth;
- Air sgàth nan atharrachaidhean ris



a bheil dùil ann an structair nam poileas, chaidh riaghailtean ùra a chur air chois airson stiùireadh tiomnaichte còmhla ri lèirmheas air modhan-obrach ionmhasail air fad, agus bheir iad seo taic don structair ùr. Thèid barrachd a dhèanamh orra seo ann an 2008/09 mar a ghluaisas an structair ùr air adhart.

## Iomairtean Ionadail Oighreachdan

Tha fuincsean na h-Oighreachd fhathast a' toirt seòl airson a bhith a' cumail an-àirde agus a' leasachadh oighreachd na feachd. Chaidh an obair air Stèisean Phoileas Baile nan Granddach a chrìochnachadh, agus, a dh'aindeoin diofar dhuilgheadasan, chaidh tòiseachadh air an obair ann an Ruighe-chòinnich, Luirg agus ann an Ualsaigh.

Chaidh feadhainn dhe na buidseadan a tha co-cheangailte ris an oighreachd, a bha air an gleidheil gu h-ionadail, a ghlusad tu roinn na h-Oighreachd aig toiseach na bliadhna, agus rinn seo feum a thaobh stiùireadh maoin.

## Carbadan

Tha Aonad Stiùireadh Charbadan air a bhith ag obair gus deagh chor charbadan na Feachd a gleidheil, agus tha an t-aonad air timcheall air 40 carbad a bharantachadh thar na h-ùine.

## Ionmhas

Ann a bhith ag ullachadh airson atharrachaidhean ann an structair na Feachd, chaidh lèirmheas mionaideach a ghabhail os làimh air mar a tha cùisean ionmhais air an clàradh agus iomradh air a thoirt orra. Nì seo cinnteach gu bheil fiosrachadh aig manaidsèaran obrachaidh agus taic cho luath 's a dh'fheumas iad e, gus dèanamh cinnteach gun tèid co-dhùnaidhean freagarrach a ruighinn.

## Cùisean airson Aire

Tron bhliadhna, ghabh atharrachaidhean àite anns an luchd-obrach aig àrd ìre. Gabhaidh seo àite ann an 2008/09 cuideachd nuair a bhios sinn a' lorg Manaidsèar



Oighreachdan agus Manaidsèar Ionmhais.

## Prìomh amasan airson 2008/09

Mar phàirt de leasachadh na Feachd ann an 2008/09, obraichidh an t-Aonad Stiùiridh airson Ionmhas agus Maoin gus na h-amasan seo a choileanadh:

- A' ghlusad taigheadas nam poileas ann an Sealtainn, Arcaibh agus sna h-Eileanan Siar gu Uachdarain Shòisealta Clàraichte (USC). Bidh an obair seo stèidhichte air na chaidh a dhèanamh ann an 2007/08, agus bidh leasanann feumail ann a thèid a chleachdadh ann a bhith a' sùileachadh an aon sgeama air tìr-mòr ann an 2009/10;
- A' cur air dòigh Poileasaidh airson Ath-chuartachadh. Gabhaidh am poileasaidh seo a-steach cùisean bho sgudail làitheil na Feachd gu seann uidheam is aodach;
- A' rannsachadh comasachd Co- Stiùireadh Oighreachd. Tha gnìomhachas togail na Gàidhealtachd is nan Eilean cho trang 's gu bheil e a' toirt buaidh air comas buidhnean poblach san sgìre luchd-obrach le sgilean freagarrach fhasadh agus a ghleidheil; agus tha seo deatamach ma tha oighreachdan poblach gu bhith air an gleidheil agus air an leasachadh. Ann an 2008/09, nì sinn rannsachadh air diofar fhuasglaidhean le bhith ag amas air seirbheis roinnte a chur air dòigh.

Bidh an t-Aonad cuideachd ag obair air diofar iomairtean ionadail tro 2008/09.


- Tha stiùireadh Làraich Rèidio na Feachd thuige seo air a bhith am broinn fuincsean ICT na Feachd. Ach, seach gu bheil fuincsean ICT air gluasad gu Ùghdarras Sheirbheisean Phoileas na h-Alba (SPA), fuirichidh an t-seirbheis seo san Fheachd. Bhon 1d dhen Ghearran, bidh seo na phàirt de Roinn Oighreachdan, agus obraichidh sinn gu slàn ghlusad rèidh ann an 2008/09;
- Bidh Manaidsèar Solarachadh a' stiùireadh mòran de dhiofar phròiseasan farpaise, nam measg Seirbheisean Lannsaireachd nam Poileas, Solarachadh Èideadh agus diofar ghnothaichean co-cheangailte ri na carbadan; a bharrachd orra seo, feumar coimhead an dèidh cùisean na h-oighreachd o latha gu latha.

Dh'fhaodadh a' bhliadhna 2008/2009 a bhith duilich a thaobh nam buidseatan. Aig toiseach 2008/09, tòisichidh an fheachd le buidseat a chaidh aontachadh le na ceithir ùghdarrasan roinneil aig an ìre a chaidh aontachadh. Tha an t-aonta 3-bliadhna 2008/09 - 2010/2011 dùbhlach, gu sònraichte mu thimcheall maoinachadh pheinnseanan. Obraichidh sinn còmhla ri na h-ùghdarrasan roinneil gus na stòrasan a tha rim faighinn a mheudachadh cho mòr 's as urrainn dhuinn, agus sin an aghaidh meudachaidhean ann an iarrtasan bhon earrainn phoblach.

## Buidseat Obrachaidh Lìn

Ma thèid iarraidh, bheir Bòrd Cho-ghnìomha Phoilis a' Chinn a Tuath do bhuill den phoball, lethbhreac de chunntasan a tha co-cheantailte ri ruith Poileas a' Chinn a Tuath ann am bliadhna ionmhasail 2007/08.

Faodar am fiosrachadh cuideachd fhaighinn air làrach-lìn Comhairle na Gàidhealtachd aig [www.highland.gov.uk](http://www.highland.gov.uk)



Bàideanach, Srath Spè & Inbhir Narann	<b>£3,196,161</b>
Cataibh & Gallaibh	<b>£4,477,732</b>
Taic Eucoir	<b>£2,451,982</b>
Inbhir Nis	<b>£8,060,888</b>
Loch Abar	<b>£2,591,787</b>
Taic Obrachaidh	<b>£2,569,884</b>
Arcaibh	<b>£1,683,221</b>
Rois, Crombaidh & an t-Eilean Sgitheanach	<b>£6,702,421</b>
Sealtainn	<b>£1,982,916</b>
Na h-Eileanan Siar	<b>£2,476,923</b>



## Rianachd

### Ro-Ràdh

Tha diofar obrachaidhean taic, a tha stèidhichte sna Prìomh Oifisean a' dèanamh an-àrde Aonad Seirbheis Rianachd. Ged a tha na dleastanasan aca eadar-dhealaichte, tha gach fear ag amas air a bhith a' libhrigeadh sàr sheirbheis a choinnicheas ri feumalachdan nan cleachdadairean a-muigh agus a-staigh.

Tha gleidheil nam Prìomh Oifisean o latha gu latha an urra ri Seirbheisean Togail. Tha seo a' gabhail a-steach seirbheisean glanaidh, gleidheil thoglaichean, stiùireadh sgudail, a' cumail sùil air cunnadairean agus a' cumail an-àrde an fhearainn mun timcheall, agus cunnraidhean nighe uinneagan.

Tha Roinn a' Bhìdh a' toirt seirbheis bìdh a-staigh do luchd-obrach agus do luchd-tadhail anns na Prìomh Oifisean, agus gu tric, tha iad a' dèanamh buffet airson coinneamhan is cruinneachaidhean sònraichte anns na h-Oifisean. Tha an Roinn seo cuideachd an urra ri bhith a' dèanamh biadh do neach sam bith a tha an grèim ann an Comann Roinneil Inbhir Nis.

Tha Seirbheisean Comataidh a' toirt seirbheisean clèireachais aig coinneamhan a th' air an gairm airson pròiseasan na Feachd, no coinneamhan aig a bheil Àrd-oifigearan nan cathraichean. Tha an

Roinn cuideachd an urra ri stiùireadh Sgrìobhainnean Fiosrachaidh na Feachd agus Foirmean Coitcheann na Feachd o latha gu latha, agus 's iad a tha an urra ri Seirbheisean Clò-bhualaidh.

Tha Roinn Ceadachd Ghunnaichean an urra ri bhith a' stiùireadh an t-siostam airson a bhith a' toirt seachad agus ag ùrachadh theisteanasan ghunnaichean agus ghunnaichean-froise. Tha Manaidsear Ceadachd Ghunnaichean an urra ri bhith ag ullachadh nan sgrìobhainnean theisteanach a thèid chun nam Prìomh Oifigearan, agus cuideachd 's e Oifigear ainmichte na Feachd airson stuth-spreadhaidh.

Tha Roinn Saorsa Fiosrachaidh an urra ri bhith a' pròiseasadh agus a' freagairt iarrtasan a gheibh an Fheachd fo lagh Saorsa Fiosrachaidh, agus a' làimhseachadh lèirmheasan no ath-thagraidhean sam bith co-cheangailte ris an lagh seo.

Tha seirbheisean postachd is fàilteachais an urra ri luchd-obrach anns an Roinn Rianachd Choitcheann, a bharrachd air rianachd o latha gu latha.

Tha Seirbheisean Lagha a' toirt comhairle is cuideachadh air cùisean àbhaisteach don Fheachd thar raon de ghnìomhan obrachaidh agus stiùiridh.

Tha luchd-obrach Clò-bhualaidh, a tha stèidhichte ann an seòmair a' chlà, a' pròiseasadh meud mòr de dh'iarrtasan lethbhric, agus raon mòr de dh'fhoillseachaidhean clò-bhuailte.

Tha an t-Aonad Seirbheis cuideachd ag obrachadh mar cho-cheangal agus mar phuing co-òrdanachaidh airson gnothachas a tha co-cheangailte ri coinneamhan de Bhòrd Co-ghnìomh Poilis a' Chinn a Tuath. Tha dreuchdan sònraichte aig feadhainn dhen luchd-obrach cuideachd ann a bhith a' stiùireadh mòr-thachartasan agus obrachaidhean gnothachais leantainneach.

### Euchdan an aghaidh Prìomh amasan Ro-innleachdail

Chuir an t-Aonad Seirbheis roimhe diofar phrìomh amasan airson 2007/08, agus an seo tha gearr-chunntas air an adhartas a rinn iad a thaobh nan amasan sin:

Tron bhliadhna, chaidh teicneòlas lethbhric fhaighinn anns an t-Seòmair Clò-bhualaidh an dèidh tairgse fharpaiseach. Nì an uidheam ùr seo cinnteach gum bi cothrom aig an Fheachd stuthan clò-bhuailte de shàr inbhe fhaighinn aig àm sam bith.

Chaidh siostam ùr a chur a-steach aig Prìomh Oifisean nam Poileas airson tèarainteachd dol a-mach 's a-steach, le bho beag 's a bha comasach de bhuidhe air seirbheisean.

Tha ceann-uidhe airson siostam coimpiutaireach airson Ceadachd Ghunnaichean air a bhith ann am Plana an Aonaid Sheirbheis airson bliadhnanachan. Tha am fuasgladh a tha air leth deatamach air a bhith air a chumail air ais le conaltraidhean leantainneach am broinn Seirbheis nam Poileas an Alba, far a bheil a' beachdachadh air diofar thaghadhean a thaobh Siostam



Nàiseanta Stiùireadh Ceadachd Ghunnaichean. An-dràsta, thèid an siostam a th' againn, ged a tha comasan nas lugha aige ann am feadhainn de shuidheachaidhean, a chleachdadh gus an tig an t-Aonad gu co-dhùnadh nàiseanta.

### Iomairtean Ionadail Pasgan Fàilte airson Luchd-obrach Ùr

Tron bhliadhna, chuir Roinn Rianachd Coitcheann air chois Pasgan Fàilte airson luchd-obrach ùr. Chaidh am Pasgan a thoirt a-steach gus an deigheadh a chleachdadh san Roinn mar phrìomh phàirt dhen trèanadh inntrigidh airson luchd-obrach ùr. Tha an Roinn Rianachd Coitcheann air mòran de dh'atharrachaidhean fhaicinn san luchd-obrach aca thar nam bliadhnan mu dheireadh, agus aig amannan, tha e air a bhith duilich cumail an-àirde ri trèanadh luchd-obrach ùr. Ged a dh'fhaodadh am pasgan a bhith gu feum agus inntinneach airson neach-obrach sam bith a tha a' tòiseachadh às ùr ann am Prìomh Oifisean nam Poileas, 's ann gu sònraichte airson luchd-obrach a tha aig 'beulaibh an taighe' agus ag obair san t-seòmar puist a chaidh a dhealbhadh.

### Cùisean airson Aire Saorsa Fiosrachaidh

B' e 2007 an treas bliadhna de dh'Achd Saorsa Fiosrachaidh (Alba). Airson an tràtha eadar 1d dhen Fhaoilleach chun 31mh dhen Dùbhlachd 2007, chaidh 1068 iarrtasan gu Poilis a' Chinn a Tuath airson fiosrachadh, agus tha seo timcheall air meudachadh 9% bhon bhliadhna roimhe sin.

A thaobh cò às a thàinig na h-iarrtasan, seo mar a thèid am briseadh sìos:

Na Meadhanan	519 iarrtasan
BPs & BPA	65 iarrtasan
Daoine Phrìobhaideach	311 iarrtasan
Roinn Ghnothachas /Buidhnean Poblac	100 iarrtasan
Luchd-lagha	9 iarrtasan

Chosg e timcheall air £135,000 airson



na Feachd cumail ri laghan Saorsa Fiosrachaidh sa bhliadhna.

### Seirbheisean Lagha

An dèidh do Neach-lagha na Feachd a dhreuchd a leigeil dheth, chaidh co-dhùnadh gun deigheadh an t-seirbheis a-mach gu seirbheisean lagha coitcheann. (Tha comhairle lagha a thaobh laghan cosnadh air a bhith a' tighinn bho a-muigh bho 2001.)

Chaidh eacrasaich solarachaidh foirmeil a ghabhail os làimh, agus chaidh tairgsean fhaighinn bho diofar chompanaidhean lagha cliùiteach.

An dèidh pròiseas measaidh, chaidh cùmhnant ceithir-bliadhna a thoirt airson seirbheisean laghail coitcheann airson na Feachd.

### Prìomh amasan airson 2008/09

Tha feadhainn dhe na cinn-uidhe ann am Plana Aonad Sheirbheis Rianachd airson 2007/08, agus tha iad air an gabhail a-steach bho bhliadhnanachan roimhe seo.

'S e prìomh amas a th' ann siostam ùr coimpiutaireach airson ceadachd

ghunnaichean a chur air dòigh. Tha an siostam a th' ann an-dràsta air a bhith againn airson greis mhòr, agus tha làn thide siostam ùr a chur na àite. Ach tha ar comas a thaobh an amais seo a-rèir conaltradhean a tha a' gabhail àite aig ìre nàiseanta; ach, tha an Fheachd an dòchas gun tèid tighinn gu co-dhùnadh ann an tìde airson siostam ùr a chur air dòigh tro ghreis nach eil cho trang ann an ath-nuadhachaidhean theisteanasan.

Tha amas cuideachd air a thoirt air adhart gus an deasga fàilteachaidh anns na Prìomh Oifisean ùrachadh agus a ghluasad, gus cumail ri Achd Lethbhreith air sgàth Ciorraim 1995, agus gus cùisean sàbhailteachd a leasachadh. Thèid dèiligeadh ris an amas seo còmhla ri Roinn na h-Oighreachd, oir 's e an luchd-obrach acasan a bhios os cionn prògram na h-obrach.

Tha dùil aig an t-Aonad Seirbheis cumail air a' toirt taic do dh'amasan agus do chinn-uidhe na Feachd, agus cuideachd do chinn-uidhe an Aonaid Sheirbheis.

# Leasachadh Corporra

## Ro-Ràdh

'S e Aonad Seirbheis measgaichte a th' ann an Leasachadh Corporra, anns a bheil:

### Ionad Obrachaidh na Feachd

Tha Ionad Obrachaidh na Feachd a' solarachadh sheirbheisean conaltraidh 24-uarach airson Poileas a' Chinn a Tuath, agus tha uallach air airson nan gnìomhan a leanas:

- A' freagairt fiosan rèidio, teachdaireachdan 999 agus fòn àbhaisteach, agus a' cur air chois freagairtean freagarrach;
- A' cur air chois a' chiad freagairt a thaobh Mòr Thachartasan;
- A' dèanamh sgrùdaidhean air Siostam Eachdraidh Eucoir (CHS) agus air Coimpiutair Nàiseanta nam Poileas;
- 'S iad an co-cheangal le àireamh mhòr de bhuidhnean bho muigh;
- A' clàradh nan conaltraidhean rèidio gu lèir air feadh na Feachd.

### Seirbheisean nam Meadhanan

Tha Seirbheisean nam Meadhanan, a tha na stòras san Fheachd, a' seirbheiseachadh nan ochd Roinnean Comann. Tha an roinn ann an deagh shuidheachadh a thaobh a dàimh leis na meadhanan ionadail agus nàiseanta gus dèiligeadh ri tachartas sam bith, no ri cùisean a dh'fhaodadh nochdach mu chliù no seirbheis na Feachd. A bharrachd air an seo, tha Seirbheis nam Meadhanan a' dèanamh oidhirp gus dèanamh cinnteach gu bheil a' mhòr-shluagh a' faicinn gu bheil Poilis a' Chinn a Tuath cunntachail, fosgailte, faicsinneach, agus gu bheil iad a' tabhann na seirbheis as fheàrr a tha nan comas do mhuinntir na Gàidhealtachd is nan Eilean.

### Rianachd Ceartas Eucoir

Tha dà phrìomh phàirt ann an obair Rianachd Ceartas Eucoir (RCE):

- Clàran Eucorach: a tha an urra ri bhith a' gleidheil Stòran-dàta Clàran Eucorach air CHS agus air PNC airson Poilis a' Chinn a Tuath. Tha obair RCE deatamach ann a bhith a' pròiseasadh dhaoine a tha an grèim agus aithisgean eucoir, agus tha e na phrìomh eileamaid ann an obair èifeachdach is buadhach ann an siostam ceartais ionadai;
- Seirbheisean Fiosrachaidh: a tha a' solarachadh an fhiosrachaidh staitistigich air fad airson na Feachd a thaobh eucoir, thubaistean rathaid agus coileanadh stiùiridh, còmhla ri cuspairean eile.

### Planadh & Leasachadh

Tha Roinn Planaidh & Leasachaidh a' toirt taic do dh'obair Poilis a' Chinn a Tuath le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil diofar dhleastanasan reachdail air an coileanadh anns na roinnean-gnìomha sònraichte seo:

- Planadh agus Leasachadh Ro-innleachdan
- Riaghladh Corporra agus Stiùireadh Chunnartan
- Leasachadh Eagrachail
- Planadh Coimhearsnachd
- Co-roinneadh Fiosrachaidh
- Stiùireadh Inbheachd is Coileanaidh
- Slàinte & Sàbhailteachd
- Clàradh Coileanaidh agus Dleastanasan Coimhearsnachd

### Leasachadh Compàirteachais

Tha raon farsaing de ghnìomhan aig Oifigear airson Leasachadh Compàirteachais (OLC) ann a bhith a' cuideachadh na Feachd deagh bhuilean a libhrigeadh còmhla ri compàirtichean. Ged a thathar mothachail air gu bheil mòran de dh'obair compàirteachais luachmhor a' gabhail àite aig ìre Comann Roinneil, agus tro gach Aonad Seirbheis, tha an OLC a' riochdachadh na Feachd ann am mòran de bhuidhnean ro-innleachdail. Leis

cho luath 's a tha atharrachaidhean air a bhith a' gabhail àite ann an Siostam Ceartais na h-Eucoir o chionn ghoirid, tha an OLC cuideachd air dreuchd chudromach a ghabhail os làimh a thaobh a bhith a' dèiligeadh ri duilgheadasan a dh'fhaodadh nochdach sna leasaichean a thaobh gearr-cheartais agus ann a bhith a' dol a rèir Inbhe Clàraidh Eucoir na h-Alba.

## Euchdan an aghaidh Prìomh amasan Ro-innleachdail

Tha mòran a chaidh a dhèanamh mu thràth, mòran dheth far nach mothaicheadh daoine dha, gus dèanamh cinnteach gum bi an Fheachd comasach air seirbheis buadhach agus èifeachdach a libhrigeadh; agus tha an Fheachd air coinneachadh ri, no air a dhol thairis air, na bha am mòr-shluagh a dùilleachadh, agus Comataidhean Sgrùdaidh. Seo feadhainn dhe na h-eisimpleirean dhe na chaidh a dhèanamh:

- A' daingneachadh leasachaidhean leis an rèiteachadh ùr a thaobh dèiligeadh ris am fòn;
- A' gluasad air adhart le Sgrùdadh Inbhe ROSPA air Slàinte & Sàbhailteachd an co-bhonn ri Comataidh Sàbhailteachd na Feachd;
- A' cumail sùil air barrachd air 50 pròiseact rianachd a tha mar stèidh air leasachaidhean gnìomha is taic ann an seirbheisean;
- A' coileanadh àireamh a th' air meudachadh gu mòr de Sgrùdaidhean Cuspairean Luchd-sgrùdaidh na Banrigh;
- A' cur air chois atharrachaidhean phròiseasan na Feachd a rèir Leasaichean Gearr-cheartais.
- Chaidh dèiligeadh ri iomairtean obrachaidh agus ri ceistean nam meadhanan 24/7;
- Chaidh Frèama-obrach Coileanaidh Buidheann nam Prìomh Oifigearan

an Alba a chur air chois;

- A' gabhail a-steach mòran de dh'atharrachaidhean nàiseanta mar siostam Eachdraidh Eucorach na h-Alba, gus dèanamh cinnteach gun robh clàran eucoir air an ath-nuadhachadh ann an ùine fhreagarrach;
- A' gabhail os làimh eacarsaidh dà-bhliadhnail Conaltradh sa Choimhearsnachd, ann an còmpàirteachas le Comhairle na Gàidhealtachd, SNS na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar, Seirbheis Chùirtean na h-Alba agus Seirbhis Neach-casaid a' Chrùin. Thàinig deagh thoraidhean à seo - a' foillseachadh cho ìosal 's a tha eucoir agus eagal eucoir ann an sgìrean na Feachd. Cuideachd, chaidh prìomh amasan ùrachadh, mar a tha a rèir na tha follaiseach don mhòr-shluagh.

### Iomairtean Ionadail

Mar phàirt de lèirmheas leantainneach air mar a tha an Fheachd air fad a' dèiligeadh ri daoine a' fònachd, chaidh Leabhar-obrach Stiùireadh Fòn a thoirt a-steach ann an Ionad Obrachaidh na Feachd (IOF): 's e amas na h-oidhirp, gun tèid Stiùireadh Fòn is Iarrtasan gu h-èifeachdach, agus mar sin, a' dèanamh cinnteach gu bheil an Fheachd a' dèanamh a' chleachdaidh as fheàrr de a cuid stòrasan, agus aig an aon àm, a' toirt deagh sheirbheis do na coimhearsnachdan. Seo feadhainn dhe na buannachdan:

- Cunbhalachd is inbhe nas fheàrr a thaobh mar a thathar a' dèiligeadh ris am fòn;
- Piseach ann an tachartasan a bhith air am freagairt;
- Àireamh nas motha de dh'iarrtasan fòn air am fuasgladh sa chiad àite, 's mar sin, a' lùghdachadh ann an dòigh fhreagarrach, an àireamh de dh'iarrtasan fòn a bha a' cur feum air oifigearan obrachaidh;
- Sgìlean làimhseachaidh fòn air nas fheàrr;
- Leasachaidhean leantainneach tro stiùireadh inbhe;
- Riarachas nas fheàrr air taobh a' mhòr-shluagh.



Air sgàth 's nach eil aonta ann a thaobh trèanadh nàiseanta, chaidh cùrsa ionadail a chur air chois airson Conaltradh agus Dèiligeadh ri Iarrtasan Fòn airson luchd-obrach IOF, far an robh cuideam air a leigeil air seirbheis don mhòr-shluagh, beachdan a' mhòr-shluagh, a' cruthachadh deagh bheachd, structair iarrtasan fòn agus sgìlean smachd is conaltraidh.

B' e deagh bheachd a bh' aig luchd-obrach an IOF a thaobh a' chùrsa, agus thathar am beachd an trèanadh a leudachadh air feadh na Feachd sa ghreis a tha romhainn.

### Cùisean airson Aire

Mar phàirt de lèirmheas na Feachd, chaidh na roinnean seo a chomharrachadh a-mach gu sònraichte mar bhun-stèidh ann an seirbheis èifeachdach airson a' mhòr-shluagh: b' iad - Stiùireadh fiosrachadh agus rianachd eucoir. Chaidh an cothrom a ghabhail na pròiseasan iom-fhillte a sgioblachadh agus bha seo na bhuannachd airson oifigearan san obair.

Thèid an slàn bhuileachadh na àite thar 2008/09, ach tha deagh chomharran ann mu thràth.

### Prìomh amasan airson 2008/09

Tha cuideam air Poilis a' Chinn a Tuath o iomadach taobh, ach tha an Fheachd a' toirt piseach air an t-seirbheis a tha i a' libhrigeadh, agus tha i ag amas air an Fheachd

a chumail aig toiseach na loidhne le bhith a' cur air chois nam molaidhean ann an Lèirmheas na Feachd. Bidh buaidh shònraichte aig an seo air an Aonad Sheirbheis. Chan e a-mhàin atharrachadh a th' anns an ainm 'Seirbheisean Corporra' - cuiridh sinn fàilte air àireamh math de cho-oibrichean bho Aonadan eile, a ghabhas os làimh gnìomhan agus dleasan ùra, còmhla ris na ghabh sinn os làimh ann an 2007/08. Cuiridh seo feum air dealas, neart agus sùbailteachd. Ann an Seirbheisean Corporra, gheibhear Aonad Stiùiridh Fiosrachadh na Feachd, Aonad Phoileasaidhean is Co-òrdanachaidh agus Ionad Obrachaidh na Feachd. Ar prìomh amas? - cuideachadh a thoirt ann a bhith a' coileanadh ceann-uidhe na Feachd tro sholarachadh sheirbheisean proifeiseanta, nam measg stiùireadh fiosrachaidh agus mar a tha sinn a' dèiligeadh ris a' mhòr-shluagh, le buidhnean agus le na meadhanan. Seo dìreach dà eisimpleir:

- Lorgaidh sinn, agus cuiridh sinn às do, bhuiocrasaidh nach eil deatamach no feumail (tha atharrachaidhean mu thràth a' sealltainn gun deach co-dhiù 250,000 duilleagan de dh'aithisgean a tha na h-oifigearan againn a' lìonadh gach bliadhna a shàbhaladh);
- Leasaichidh sinn mar a tha sinn a' dèiligeadh ri iarrtasan fòn air feadh na Feachd.



## **EARRANN 3**

POILIS A' CHINN A TUATH  
RO-INNLEACHDAN NAM POILEAS IONADAIL

*“Tro mheudachadh san obair  
fhor-ghnìomhaich, agus  
compàirteachas èifeachdach  
thar na bliadhna, tha oifigearan  
na Feachd air drogaichean de  
luach faisg air £1 millean a thoirt  
far ar sràidean.”*



## An Roinn Mheadhan

Tha an lèirmheas air Structair na Feachd air atharrachaidhean mòra adhbhrachadh ann a bhith a' dèanamh trì Roinnean le Superintendentean os cionn gach roinn. Gun teagamh, tha seo soilleir san Roinn Mheadhan leis cho diofraichte 's a tha na trì Comannan Roinneil, Rois is Crombaidh, Loch Abair, Loch Ailse is an t-Eilean Sgitheanach agus na h-Eileanan Siar. Mar Comandair Roinneil, tha mi fìor thoilichte innse gu bheil bliadhna air leth soirbheachail air a bhith againn a thaobh nam poileas ann an 2007/08. Air thoiseach oirnn, tha bliadhna a ch'fhàg mòran atharrachaidhean air feadh obair nam Poileas, agus tha sinne ag amas air gu lean soirbheachadh na bliadhna mu dheireadh anns gach Roinn, agus, aig an aon àm, bithear a' toirt thàlant agus stòrasan na Roinne ri chèile gus coimhearsnachdan a tha fiù 's nas sàbhailte fhaighinn san Roinn Mheadhan.

Bidh an soirbheachadh an urra ri buaidhean ceannais na Sgioba Stiùiridh, agus ri mar a thèid stòrasan na Roinne a tha stèidhichte ann am Prìomh Oifisean Inbhir Pheofharain an cleachdadh. Am measg nan stòrasan sin, tha an Sgioba Fhor-ghnìomhach, an t-Aonad ùr airson Dìon Poblach, agus Aonad Co-òrdanachaidh a' Mhodail Nàiseanta airson Fiosrachadh.

A' coimhead an toiseachd ris an Sgioba Fhor-ghnìomhaich: tha 6 oifigearan eòlach ann, a bheir comas, eòlas agus dealas gu cùisean a tha a' dol bho shàbhailteachd rathad gu sireadh dhrogaichean. Bheir an Sgioba cuideachd cuideachadh do dh'oifigearan a tha ag obair o latha gu latha air cùisean mì-rian ann am bailtean mòra san Roinn. Thèid an sgioba seo a mheudachadh tro fho-fhastadh oifigearan, agus thèid a chleachdadh gu mòr tron Roinn air fad.

Tha an t-Aonad airson Dìon Poblach, anns a bheil Stiùireadh Eucoraich, Dìon Chloinne agus Sàbhailteachd sa Choimhearsnachd, a' strì airson cunbhalachd agus deagh inbhe air feadh na Roinne, agus tha e a' toirt chothroman do dh'oifigearan airson trèanadh agus leasachadh.

Stiùiridh Aonad Co-òrdanachaidh a' Mhodail Nàiseanta airson Fiosrachadh an Roinn tro obair phoileas a tha stèidhichte air fiosrachadh, agus bheir seo sealladh nas soilleire don Sgioba Stiùiridh a thaobh ghluasadan ann an eucoir agus ann am mì-rian. Nì seo cinnteach gun tèid stòrasan a chleachdadh san dòigh as fheàrr.

Tha dùbhlann againn a thaobh farsaingeachd ar sgìrean, ach chan e rud ùr a tha seo airson Comannairean agus luchd-obrach san Roinn Mheadhan, agus tha deagh chothroman air thoiseach oirnn gus leasachaidhean a dhèanamh san t-seirbheis a tha sinn a' toirt do ar coimhearsnachdan.

### **Superintendent John Darcy**

Comandair Roinneil

## A' Fòcasadh Air Cùisean Dhrogaichean is Dibhe Làidir Rois, Crombaidh is An t-Eilean Sgitheanach



**Superintendent John Darcy**  
Comandair Roinneil

### Ro-Ràdh

'S e sgìre mhòr a th' ann an Rois, Crombaidh agus an t-Eilean Sgitheanach, agus tha iomadach dùbhlán co-cheangailte ri na diofaran a tha rim faighinn san sgìre, agus am measgachadh de bhailtean agus de dh'àiteachan dùthchail ann an Rois an Ear agus Rois an Iar.

Tha lionradh mòr de rathaidean san sgìre, agus as t-samhradh, tha àireamh nas motha agus nas motha de luchd-tadhail às an Rìoghachd Aonaichte agus bho thall thairis gan cleachdadh. Le bhith ag obair gu dlùth còmhla ri ar compàirtichean ann an Comhairle na Gàidhealtachd agus Aonad Poilis an Rathaid, tha sinn air a bhith air leth soirbheachail ann a bhith a' lùghdachadh nan àireamhan de leòintich air ar rathaidean. Chaidh an t-uabhas a dhèanamh ann a bhith a' cur an gnìomh nan laghan co-cheangailte ri a bhith a' dol ro luath, fònaichean-làimhe, draibheadh bho bhuaidh na dibhe, agus às aonais àrachas.

Tha am meudachadh ann am meud baile Inbhir Nis a' dèanamh dhùbhlán airson na sgìre mu thimcheall air. Chaidh soirbheachadh le oidhirpean ann a bhith a' faighinn aithne air, a' fòcasadh air, agus a' cur dhaoine shònraichte fo ghrèim, le glacadh mòra de dhrogaichean agus de dh'airgead. Ach chan urrainn dhuinn a bhith somalta, oir tha cunnart ann do dh'òigridh bho dhaoine a tha a' dèanamh prothaid bhon leithid seo de dh'eucoir.

Chan e a-mhàin drogaichean a tha na mhilleadh sna coimhearsnachdan againn, ach mì-chleachdadh air deoch làidir, agus giùlan mì-shòisealta. Tha sinn air a bhith ag obair gun stad còmhla ri Comhairle na Gàidhealtachd agus còmhla ri buidhnean eile gus crìochan a chur air na th' air ar sràidean de mhì-

rian agus de dh'fhoirneart. Tha e cudromach a thoirt far comhair gu bheil lùghdachadh mòr air a bhith ann an droch eucoirean fòirneirt, eucoirean mì-onarach agus mì-rian, airson na dara bliadhna. Seo aon ghluasad a tha sinn a' miannachadh gleidheil 's sinn a' tòiseachadh air bliadhna ùr bhon Roinn Mheadhan.

### Euchdan an aghaidh Prìomh amasan Ionadail Rathaidean nas Sàbhailte

Chaidh ar targaid gus 10% a bharrachd de dhràibhearan fo bhuaidh na dibhe a choileanadh, agus, ged 's e adhbhair iomagain a th' anns a' mheudachadh, tha e na adhbhar mhisneachaidh gu bheil na coimhearsnachdan ionadail air cuideachadh mòr a dhèanamh anns a' choileanadh seo. Cuideachd, chaidh breith air a' mhòrchuid de dhràibhearan fo bhuaidh na dibhe mus do thachair tubaist sam bith.

### A' Lùghdachadh Eucoir

Chaidh lùghdachadh brìgheil 14.2% fhaighinn ann an eucoirean buidheann 1-5: nam measg bha lùghdachadh air leth de 19.4% ann an droch eucoirean agus eucoirean fòirneirt airson na dara bliadhna. B' e oifigearan is luchd-obrach dìcheallach is dealasach a bh' air cùlaibh nan euchdan seo, 's iad a' sìor obair gus mì-rian agus òil fo-aois a lùghdachadh. Dh'fhuirich an ìre lorgaidh àrd aig 63% airson eucoirean sa bhuidheann 1-5.

### A' Dol an Sàs ann an Droch Eucoir

Tha iomadach glacadh air an droga heroin air àite a ghabhail, 's gu sònraichte san Eilean Dhubh agus sa Bhlàr Dhubh. Tha na glacadh sin a' lùghdachadh na th' ann dhen droga sin airson ar n-òigridh. Tha inbhe cho àrd air a bhith anns na sgrùdaidhean sin 's gum faca sinn ann an aon dhe na cùisean-lagha, am fear fo chasaid a' tagradh ciontach, agus chaidh a

dhìtheadh gu 7 bliadhna sa phrìosan. 'S e seo an teachdaireachd a tha sinn airson a chur a-mach gu duine sam bith a tha a' cumail air sa mhalairt chunnartach is mhi-laghail seo.

### Coimhearsnachdan nas Sàbhailte is nas Làidire

Tha, agus bha, an Comann Sgìreil seo a' cur cuideam air oifigearan faicsinneach, air a bhith a' dol an sàs ann an òl fo-aois, agus a bhith a' sìor obair còmhla ri compàirtichean gus casg a chur air a' mhi-rian nar coimhearsnachdan - gu tric air adhbharachadh le buidhnean de dhaoine òga a' dèanamh mì-chleachdadh air deoch làidir. Ach aig an aon àm, feumar daonnan cuimhneachadh gur e buannachd air leth a th' anns a' mhòrchuid de dh'òigridh nar coimhearsnachdan.



### A' Gleidheil Rian Poblach

Anns a' bhliadhna a th' air a dh'ol seachad, chleachd an Comann Sgìreil mòran ghòireasan le obair phoileas aig tachartasan mòra, mar Fhèill an Eilein Dhuibh, Loopallu agus Pàrtaidh Oichche na Bliadhna Ùire ann am Baile Dubhthaich. 'S e prìomh amas a th' ann airson an Sgioba Stiùiridh àireamhan faicsinneach a bhith againn air an leithid seo de thachartasan, oir tha seo ag àrdachadh fois-inntinn agus sàbhailteachd sa choimhearsnachd airson feadhainn a tha a' tadhal, ag obair, agus a' fuireach nar coimhearsnachdan.

A thaobh lùghdachadh ann am biurocrasaidh, agus a bhith ag obair nas èifeachdaiche còmhla ri ar compàirtichean ann an ceartas, tha an Comann dealasach ann a bhith a' cleachdadh nan comasan againn airson Peanasan Stèidhichte a chur air daoine airson giùlan mì-shòisealta. Tha seo a' cur casg air eucoirean nas lugha, agus seach nach eil iad air an clàradh gu Fhear-casaid a' Chrùin, tha e a' lùghdachadh an uallaich air ar cùirtean. Tha raon farsaing de chomasan aig na poilis agus aig luchd-casaid a' Chrùin ann a bhith a' sabaid an aghaidh eucoir, agus tha seo a' ciallachadh gun tèid dèiligeadh

ri daoine nas luaithe.

### Iomairtean Ionadail

Chaidh an uabhas obrach a dhèanamh le gach oifigear, le taic bho Chonstabal Carrie Shanks, Oifigear Sàbhailteachd sa Choimhearsnachd, ann a bhith a' dol an sàs ann an òl fo-aois, agus gun teagamh, tha seo air cuideachadh anns an lùghdachadh a th' air àite a ghabhail ann an eucoirean beaga a tha a' dèanamh milleadh nar coimhearsnachdan.

Tro bhith a' misneachadh dhaoine gus a bhith ciallach le deoch làidir, chaidh 10,000 dìonan bhotal agus mataichean a chur gu toglaichean ceadaichte air feadh na sgìre. Tha na dìonan bhotal air an cur air mullach bhotal a tha fosgailte, airson daoine a th' anns na taighean-seinne. Tha teachdaireachd, 'cò eile a tha a' coimhead do dheoch?' air gach fear, agus àireamh fòn Crimestoppers. Chaidh na mataichean a dhealbhadh ann an dòigh gus teachdaireachd shoilleir fhoillseachadh mu bhith ag òl ann an dòigh chiallach agus le cùram. Tha an iomairt seo ann an compàirteachas le Fòrman Dhrogaichean is Dibhe Rois & Crombaidh agus an Eilein Sgitheanaich is Loch Aillse.

### Cùisean Airson Aire

Feumar beachdachadh an seo air mar a tha an lùghdachadh thar nan dà bhliadhna mu dheireadh ann an droch eucoir agus ann an eucoir fòirneirt a' ciallachadh gu bheil nas lugha de dhaoine air fulaing air sgàth eucoir. 'S e dùbhan air leth a th' ann an ìre ìosal seo a chumail, agus thèid gach oidhirp a dhèanamh gus eucoirean dhen leithid seo a lùghdachadh fhathast. Tha sinn airson gum mair an sgìre seo mar aon dhe na sgìrean as sàbhailte san dùthaich.

'S e ìre ìosal eucoir a ghleidheil am prìomh amas airson na bliadhna tha romhainn, agus, aig an aon àm a' strì gus ìre lorgaidh fhìor mhath fhaighinn thar na Roinne air fad. Cuimsichidh sinn air luchd-malairt dhrogaichean, agus oidhirpichidh sinn cuideachd air an àireamh de thubaistean agus de leòintich rathaid a lùghdachadh tro obair fhaicsinneach agus tro fhoghlam. Tha fhios cuideachd gur e prìomh amas a bhios ann gus na dòighean-obrach as fheàrr a riochdachadh anns gach fear dhe na trì Comannan Sgìreil, agus gus cunbhalachd fhaighinn anns gach suidheachadh thar na Roinne: bidh seo buileach cudromach ann an Stiùireadh Eucoraich.

# Ag Àrdachadh Sàbhailteachd Rathaid Loch Abar



**Prìomh  
Inspeactair  
John Chisholm**  
Comanndair Sgìreil

## Ro-Ràdh

Tha deagh dhàimhean obrach eadar Comann Sgìreil Loch Abar agus na coimhearsnachdan ionadail agus na buidhnean compàirteachais aca. Thar nan 12 mìosan mu dheireadh, tha Fòrman Sgìre air a bhith air leth luachmhor ann a bhith a' cluinntinn bho bhuill dhe na Comhairlean Ionadail, bho bhuill thaghte, bho oifigearan na Comhairle agus bho bhuill dhen mhòr-shluagh. Thug am fiosrachadh a fhuair, còmhla ri eòlas agus fèin-fhiosrachadh ar luchd-obrach deagh bun-stèidh dhuinn airson ar coileanadh obrach daingeann.

Bha iomadach dùbhlain a thaobh obair nam poileas romhainn ann an 2007/08, nam measg prìomh thachartas spòrsa agus am Mòd Nàiseanta: thàinig mòran chompàirtichean agus luchd-leantainn chun an dà thachartais, agus mòran às na meadhanan cuideachd, bho gach ceàrnaidh dhen t-saoghal. Chaidh Aonach Mòr a thaghadh airson a' chiad tachartas ann am bliadhna Chupa Bhaidhsagalan Monaidh an t-Saoghail a chumail. Air sgàth nan duilgheadasan co-cheangailte ri bhith a' stiùireadh am prìomh thachartais san Aonach Mhòr, agus na h-ionadan far an robh aoigheachd is fèisean sa bhaile fhèin agus mu thimcheall a' Ghearastain, thug sinn a-steach taic obrachaidh bho air feadh na Feachd. Bha cliù na sgìre air àrdachadh mar phrìomh àite airson spòrsa, air sgàth 's cho soirbheachail 's a bha an tachartas - àite a tha am measg nan àiteachan as sàbhailte san rìoghachd airson luchd-obrach, luchd-tadhail agus airson nam feadhainn a tha a' fuireach ann.

Ann an 2008/09, leudaichidh ar crìochan agus chithear an t-Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse a' tighinn a-steach dhan structair Comann ùr. Leis an eòlas a th' agam

air an dà àite, agus air na sgìlean agus dicheall ar luchd-obrach, tha deagh mhisneachd agam gun dèan sinn a' chùis air dùbhlain sam bith ris an coinnich sinn.

Tha mi a' coimhead air adhart ri bliadhna eile de thaic bho ar compàirtichean sa Choimhearsnachd. Leanaidh Comann Sgìreil Loch Abar agus an Eilein Sgitheanaich le deagh obair poilis stèidhichte air fiosrachadh, anns na coimhearsnachdan againn.

## Euchdan an aghaidh Prìomh amasan Ionadail A' Lùghdachadh Eucoir

Chunnaic sinn lùghdachadh 40% ann an eucoir fòirneirt ann an taighean-seinnse, agus mun timcheall, air sgàth ar n-obrach còmhla ri Pubwatch Loch Abar: tron sgeama seo, tha sinn a' dèanamh soilleir faireachdainnean na coimhearsnachd, nach eil fòirneart agus mì-rian, a tha co-cheangailte ri misg, ceadaichte, 's nach tèid fhuing. Thèid am modail seo a leasachadh san Eilean Sgitheanach agus ann an Loch Aillse, agus chì a' choimhearsnachd buannachdan bhuidhe.

## A' Dol an Sàs ann an Droch Eucoir

Nì sinn oidhirp air an amas seo a choileanadh le bhith a' solarachadh oifigearan faicsinneach, gus bacadh a chur air eucoirean far a bheil a' gabhail brath air suidheachadh, agus thèid oifigearan a chur a-mach aig gach àm a bhios comasach. O chaidh ar toirt a-steach dhan Roinn Mheadhan, tha ar comasan sgrùdaidh air neartachadh, agus ar comas ann a bhith ag eadar-roinn maoinean sònraichte air feadh a' Chomann Sgìreil. Tha prìomh àite aig an obair an aghaidh malairt dhrogaichean. Tron Ògmhios 2007, ro Fhèis Rockness, chuir iomairt far an robh trì Feachdan - Comann Sgìreil Loch Abar, Poilis Srath Chluaidh agus Poilis Meadhan

na h-Alba - a' co-obrachadh a' cur stad air mòran charbadan. Chaidh fiosrachadh mu shàbhailteachd rathaid a thoirt do dhràibhearain, agus a bharrachd air an sin, chaidh fiosrachadh mu 19 neach a chur gu Fhear-casaid a' Chrùin airson eucoirean co-cheangailte ri malairt dhrogaichean.

### Rathaidean nas Sàbhailte

'S e iomairt a tha a' seasamh fad seachdain a th' ann an Obair-ghnìomh Prone, agus tha e a' ruith aig diofar amannan tron bhliadhna gus lorg fhaighinn air eucoirean co-cheangailte ri dràibheadh ro luath, eucoirean co-cheangailte ri dràibheadh fo bhuaidh dhrogaichean no dibhe, a' cleachdadh fòn-làimhe 's a' dràibheadh agus gun a bhith a' cleachdadh chrisan-suidheachain. Tha fheadhainn dhe na làithean air cuimseachadh air a bhith a' teagasg dhràibhearain a thaobh an cuid dhleastanasan. Chuir Oifigearan Coise Drochaid Spiothain agus Chill Màilidh iomairt 'Early Bird' air chois gus bruidhinn ri, agus oideachadh a thoirt do, dhràibhearain a thaobh nan cunnartan a tha co-cheangailte ri bhith a' dràibheadh fo bhuaidh deoch-làidir a dh'òl iad an oidhche roimhe. Ann an 2007/08, chaidh stad a chur air faisg air 400 carbad, agus chaidh diofar eucoirean rathaid a lorg.

### Coimhearsnachdan nas Làidire agus nas Sàbhailte

Tha prìomh àite aig sàbhailteachd sa choimhearsnachd agus a' bacadh eucoir ann am modh ar n-obrach. Tha am meudachadh ann an CCTV sa Ghearastan agus sa Chaol na theisteanas air ar n-obair chompàirteachais. Tha sinn fortanach gu bheil sgioba daingeann de Chonstabail Shònraichte againn a tha dealasach agus aig a bheil spèis sa choimhearsnachd, agus tha iad dèidheil ann a bhith a' gabhail pàirt ann an cùisean ionadail. Tha iad air a bhith a' gabhail pàirt ann an obair fhor-ghnìomhach gu tric sa choimhearsnachd. Tha an Comann Sgìreil airson taing a thoirt gu follaiseach do na Constabail Shònraichte airson na tha iad a' toirt de thaic agus de chuideachadh do ar



coimhearsnachdan.

### A' Gleidheil Òrdugh Poblach

Tha feum air planadh agus ullachadh mionaideach nuair a thathas ag obair aig mòr-thachartasan. Tron bhliadhna, tha sinn air diofar mòr-thachartasan fhaicinn nar sgìrean, mar tachartas nam baidhsagalan monaidh, am Mòd, Rèis na Beinne, agus buill dhen teachlach Rìoghail a' tadhal oirnn. Tha ar sgìre a' tarraing luchd-turais bho gach ceàrnaidh dhen t-saoghal, agus tha sinn mothachail gu bheil e cudromach gun cuimhnich iad air an ùine aca ann an Loch Abar airson deagh adhbharan. Tha ar coimhearsnachdan fhèin cuideachd airidh air sàbhailteachd, agus tha iad a' cur luach air ar n-obair poilis eagrachail. Tha seo an uair sin a' ciallachadh gu bheil deagh dhàimhean obrach againn le ar prìomh chompàirtichean, agus gu sònraichte aig mòr-thachartasan far a bheil sàbhailteachd a' phobail na prìomh amas aig a h-uile duine.

### Iomairtean Ionadail

#### Craic mhath sa Ghearastan

Ghabh am Mòd Rìoghail Nàiseanta àite eadar 12 - 20 Dàmhair 2007. Dh'fhosgail e le cèilidh ann an Ionad Neibhis. Thàinig timcheall air 15,000 neach-tadhail thugainn aig àm a' Mhòid, nam measg 3,000 farpaiseach, agus thàinig buannachd eaconamach air leth chun na sgìre ri linn.

Chaidh ceadachaidhean anmoch a thoirt seachad dhan mhòrchuid de thoglaichean ceadachaidhean aig an robh ceòl, agus bha mòran dhaoine a' gluasad bho aon àite gu àite eile. B' e 'Craic Mhath' a chanar ris an t-seachdain, agus b' e seo am faireachdainn a bh' anns an eadhar sa Ghearastan. Chòrd a' chùis ri na poilis a bha ag obair, agus bha a h-uile duine a bh' ann taingeil gun robh tachartas againn a bha saor o eucoir.

Aig crìoch a' Mhòid, thàinig na còisirean còmhla airson na Caismeachd, le suas ri 1,000 neach a' gabhail pàirt. Bhiodh an Gearastan fìor thoilichte fàilte a chur air a' Mhòd sna bliadhnan a tha romhainn.

### Cùisean Airson Aire

Thàinig toiseachd air an atharrachadh a bu mhotha air 1 Giblean 2008, nuair a thàinig sgìre an Eilein Sgitheanaich agus Loch Abair a-steach dhan Chomann Sgìreil: tha iad a-nise mar phàirt dhen Roinn Meadhan a chaidh a chruthachadh às ùr.

Tha deagh luchd-obrach ann an Comann Sgìreil Loch Abair, an Eilein Sgitheanaich agus Loch Aillse, agus tha seo a' dèanamh sgioba a tha dealasach nan obair a thaobh deagh inbhe de sheirbheis a thoirt seachad air feadh ar sgìre.

## A' Lùghdachadh Eucoir Na h-Eileanan Siar



**Prìomh  
Inspeactair  
Philip MacRae**  
Comandair Sgìreil

### Ro-Ràdh

Tha diofar dhùbhlanaidh co-cheangailte ri obair nam poileas anns na h-Eileanan Siar, air sgàth 's cho sgapte 's a tha na coimhearsnachdan san sgìre, agus cho eadar-dhealaichte 's a dh'fhaodas na tachartasan a bhith thairis air bliadhna.

Tha aon eilean deug anns na h-Eileanan Siar air a bheil daoine a' fuireach: Leòdhas, Beàrnaraigh, na Hearadh, Scalpaigh, Beàrnaraigh na Hearadh, Uibhist a Tuath, Beinn na Faoghla, Uibhist a Deas, Èirisgeigh, Barraigh agus Bhatarsaigh.

Anns na h-eileanan sin, tha còrr is 26,500 neach, agus tha iad seo airidh air an aon sheirbheis a thaobh nam poileas 's a tha aig daoine a tha a' fuireach ann am mòr-bhailtean. Tha seo a' cur feum air sùbailteachd ann am modh-obrach ar luchd-obrach, airson gun tèid na goireasan freagarrach a chleachdadh san àite cheart aig an àm cheart, 's gun tèid coinneachadh ri feumalachdan nan coimhearsnachdan air fad.

Tro dhlùth obair eadar na poilis agus a' choimhearsnachd, tro chonaltradh foirmeil le Buill Pàrlamaid, Buill Pàrlamaid na h-Alba, buill thaghte Comhairle nan Eilean Siar, buill nan Comhairlean Coimhearsnachd, agus tro chòmhradh neo-fhoirmeil ann a bhith am measg a' mhòr-shluaigh, tha sinn a' gleidheil ar fòcas air obair poilis sa choimhearsnachd. Tha an taic bhon choimhearsnachd soilleir, agus chithear e anns na choilean an Comand Sgìreil, far a bheil ar targaidean air an coileanadh tro cho-obrachadh ar coimhearsnachd.

### Euchdan an aghaidh Prìomh amasan Ionadail

Sa bhliadhna mu dheireadh, 2007/08, fiù 's le iomadach dùbhlanaidh a thaobh ar n-obrach sna h-Eileanan Siar, tha toraidhean fìor mhath air a

bhith againn anns gach fear dhe na h-amasan ro-innleachdail againn.

### Rathaidean nas Sàbhailte

Tha sinn air leantainn oirnn a' cuimseachadh air na prìomh adhbharan airson droch thubaistean air ar rathaidean: dràibheadh ro luath, dràibheadh fo bhuaidh na dibhe no dhrogaichean, dràibheadh cunnartach agus gun chùram.

### A' Lùghdachadh Eucoir

Chunnaic 2007/08 lùghdachadh 13.8% ann an eucoirean sa bhuidheann 1-5 an coimeas ris a' bhliadhna roimhe. Tha seo co-ionann ri 155 nas lugha de dhaoine a dh'fhuiling air sgàth eucoirean sna buidhnean sin. Còmhla ris an lùghdachadh seo, chaidh ìre-lorgaidh 72.5% a choileanadh thar nam buidhnean 1-5. Tha seo a' sealltainn ar dicheall ann a bhith ag àrdachadh dòigh-beatha nan eileanach ann a bhith a' dèiligeadh ann a' cur air chois modhan-obrach freagarrach gus eucoir a lùghdachadh, agus, nuair a tha eucoir a' gabhail àite, a' lorg nam feadhainn a tha ciontach.

### A' Dol an Sàs ann an Droch Eucoir

Tha Sgioba Gnìomh nan Eileanan Siar airson Alcol is Dhrogaichean fhathast a' maoineachadh Cù nan Drogaichean. Tha an goireas seo air cuideachadh ann a bhith a' lorg agus a' glacadh dhrogaichean Clas A de luach còrr is £60,000, a bhathas a' toirt chun nan eileanan airson a reic. 'S e seo an leithid iomairt a tha èifeachdach ann a bhith a' milleadh malairt dhrogaichean sna h-eileanan, agus tha e luachmhor da-riribh nar cogadh an aghaidh eucoirean dhen leithid.

### Coimhearsnachdan nas Làidire agus nas Sàbhailte

Tro ar n-obair ann an Compàirteachas Sàbhailteachd Coimhearsnachd sna

h-Eileanan Siar, tha sinn air oidhirp a dhèanamh gus dòigh-beatha dhaoine a tha a' fuireach, ag obair, agus a' tadhal anns, na h-Eileanan Siar àrdachadh. Chaidh seo a choileanadh tro dhàimh-obrach le na uàrdan a chaidh a stèidheachadh o chionn ghoirid, agus le co-òrdanaiche mì-ghiùlan mì-shòisealta. Cuideachd, tha na dàimhean a th' againn leis a' bhuidheann airson malairt cheadaichte agus Compàirteachas Taigheadas nan Eileanan Siar a' toirt buaidh cuideachd. Tha am modh-obrach compàirteachais seo ann a bhith a' dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri giùlan mì-shòisealta air na fàireachdainnean a th' aig daoine nar coimhearsnachdan a thaobh sàbhailteachd a leasachadh.

### A' Gleidheil Òrdugh Poblach

Chuir an Comand Sgìreil air chois patroilean faicsinneach de phoilis - dà dhoifigear airson ceithir uairean a thìde gach oidhche Haoine agus oidhche Shathairne gus dèiligeadh ri giùlan mì-shòisealta. Cha robh na h-oifigearan sin a' dèiligeadh ri obair poilis sam bith eile, agus bha iad deiseil airson a dhol gu àite sam bith a bha a' dèanamh daoine iomagaineach. Le bhith a' cur air chois na seirbheis seo, bha na h-oifigearan seo ann airson a dhol gu àite freagarrach sam bith, gus dèanamh cinnteach gum biodh an cuid obrach èifeachdach.

Tha na patroilean seo air a bhith air leth soirbheachail ann a bhith a' dèiligeadh ri diofar rudan, nam measg òigridh fo-aois ag òl deoch-làidir, deoch-làidir air a cheannach airson feadhainn fo-aois, agus poilis a bhith faicsinneach ann an àiteachan far am faodadh trioblaid a bhith air sgàth giùlan mì-shòisealta.

Chaidh am pròiseact seo a mhaoineachadh le Compàirteachas Sàbhailteachd Coimhearsnachd sna h-Eileanan Siar, agus tha e a' nochdadh anns gach coimhearsnachd dhe na h-Eileanan Siar.



### Iomairtean Ionadail

#### Cadeat Ùr airson nam Poileas

Airson a' chiad turas o 1990, thòisich Òglach aig Poilis nan Eileanan Siar. Chaidh Òglaich a thoirt air ais a Phoilis a' Chinn a Tuath ann an 2007, agus chunnaic sinn Òglach Ceitidh Hebditch, 16 bliadhna a dh'aois, a' tòiseachadh a cuid obrach còmhla rinn.

Nuair a bha Ceitidh 15 bliadhna thàinig i gu Stèisean nam Poileas ann an Steòrnabhagh airson Eòlas Obrach bhon sgoil: on àm sin, tha ùidh air a bhith aice sna poilis, agus an dèidh na seachdnach seo, chuir Ceitidh a-steach airson Sgeama nan Òglach.

Tha Ceitidh a-nis ag obair cruaidh gus na sgilean a dh'fheumas i ionnsachadh 's gun tòisich i na Constabal san Fheachd.

#### Cùisean Airson Aire

Thairis air a' bhliadhna a th' air a dhol seachad, ged a tha mòran air toileachas a thoirt dhuinn, tha sinn air a bhith brònach a thaobh thachartasan eile.

San Fhaoilleach 2008, leig Murchadh Friseil dheth a dhreuchd on t-Seirbheis an dèidh dha 31 bliadhna a chur

seachad na Phoileas - an toiseach na Òglach, gus an do ràinig e rang Prìomh Inspeactair, Comandair Sgìreil airson nan Eileanan Siar.

Tha sinn cuideachd a' leigeil beannachd le dithis dhe na Constabalan Sònraichte againn: SPC 386 Iain MacSuain agus SPC 467 Kayanna Lawson.

Tha Iain air aois 60 bliadhna a ruighinn, agus tha e air a dhreuchd a leigeil dheth an dèidh iomadach bliadhna de sheirbheis sa choimhearsnachd. Tha e air obair a dhèanamh còmhla ri iomadach oifigear ann an Nis, agus thèid ionndrainn.

Bha Kayanna aig aon àm na poileas ann an Lodainn agus na Crìochan, agus bha i na Constabal Sònraichte ann an Leòdhas o thill i dhachaigh an sin còmhla ris an duine aice, dotair san sgìre, agus a cuid cloinne. Tha iad a-nis a' fàgail Leòdhas agus a' dèanamh eilthireach a Shealainn Nuadh.

Tha sinn a' cur beannachd chun an dithis aca, agus 's ann gu math duilich a tha sinn a' leigeil slàn leotha.



## Roinn An Ear

An dèidh lèirmheas farsaing a' coimhead obair na Feachd, chaidh Roinn an Ear a chruthachadh le Comannan Inbhir Nis agus Bàideanach, agus Srath Spè agus Inbhir Narann a' tighinn ri chèile.

Cruthaichidh seo Structair Comann Roinneil bho ùghdarras Superintendent a bhios os cionn trì Prìomh Inspeactairean. Bidh na dreuchdan a leanas aig na Prìomh Inspeactairean: Comandair Roinn Inbhir Nis, Comandair Roinn Bhaideanaich, Srath Spè agus Inbhir Narann, agus Commandair Sheirbheisean Dion. Gabhaidh Seirbheisean Dion a-steach cùisean mar Dion nan Teaghlach, Manaidsear Eucoraich, Stiùireadh Eucoir agus Sàbhailteachd Coimhearsnachd.

Bidh an cuideam ann an obair poilis na Roinne an Ear air obair stèidhichte air fiosrachadh, agus le barrachd sheirbheisean faicsinneach, freagairteach agus mothachail. Thèid sgiobannan for-ghnìomhach de dh'oifigearan a chruthachadh a tha freagarrach airson nan gluasadan ann am fiosrachadh agus ann an eucoir nar sgìrean dùthchail agus nar bailtean.

Tha sinn cuideachd mothachail air ar dleastanas ann a bhith a' dìon na Gàidhealtachd le bhith a' dèanamh obair nam poileas anns na prìomh phuingean inntrigidh, mar an A9, A96 agus an A82. Thèid Aonad airson Eucoir Rathaid a stèidheachadh, agus bidh teicneòlas aige airson Aithne Phleitichean Àireamh Chàraichean. Bidh am patrol seo air na prìomh rathaidean seo gus cleachdaidhean eucorach de gach seòrsa a chasg, a lùghdachadh agus a lorg.

Thèid Aonad Stiùiridh Gnòthachais a stèidheachadh a leigeas dhuinn an cleachdadh as fheàrr, agus sàbhalaidhean, a dhèanamh, agus thèid na sàbhalaidhean seo a thasgadh ann an obair fhaicsinneach nam poileas. Leigidh e cuideachd dhuinn obair a chur an sàs airson na Roinne a chuidicheas sinn ann a bhith a' coileanadh ar prìomh ro-innleachdan.

Tha sinn misneachail a thaobh na seirbhise a tha sinn a' libhrigeadh sna coimhearsnachdan san Roinn an Ear, stèidhichte air modhan-obrach agus toraidhean a th' aig Poilis a' Chinn a Tuath mu thràth.

### **Superintendent David O'Connor**

Comandair Roinneil

## Obair Phoileas Nas Fheàrr Sa Choimhearsnachd Inbhir Nis



**Superintendent  
David O'Connor**  
Comandair Sgìreil

### Ro-Ràdh

Aig an àm-sa, 's e Inbhir Nis am baile as luaithe a tha a' fàs san Roinn Eòrpa; 's e prìomh bhaile na Gàidhealtachd 's nan Eilean a th' ann; agus tha àireamh-shluagh ioma-chultarail ann de mu 80,000 neach. 'S ann a tha an t-iartras as motha a thaobh sheirbheisean phoileas ann an sgìre Poilis a' Chinn a Tuath.

Tha mìltean de luchd-tadhail a' tighinn dhan prìomh bhaile seo gach bliadhna. 'S e am prìomh ionad comhdhail airson na Gàidhealtachd is nan Eilean, agus 's e am prìomh ionad eaconamach cuideachd. Tha e a' fàs cumanta do dhaoine Inbhir Nis a chleachdadh airson mòr-thachartasan a-muigh, le cuirmean-ciùil mar Rockness agus Belladrum a-nis a' gabhail àite gach bliadhna, 's tha iad seo a' toirt mìltean de dhaoine a-steach dhan bhaile agus, aig an aon àm, a' toirt brodadh don eaconamaidh ionadail.

Nuair a tha seusan bàll-coise Prìomh Lìog na h-Alba (SPL) ann, tha an Cluba Inverness Caledonian a' tadhal mòran dhaoine chun na pàirce aca, agus chaidh a' phàirc aca cuideachd fheuchainn airson mòr-thachartasan eile le Sir Elton John ann airson cuirmean-ciùil san Lùnastal 2007.

Tha measgachadh de dh'obair air an dùthaich agus anns a' bhaile aig a' Chomannd Sgìreil, le oifigearan ag obair ann an Inbhir Nis, ann an Cille Chuimein, sa Manachainn agus ann an Cùl Lodair.

Tha sgiobaidhean freagairt anns a' bhaile a tha ag obair shioftan 24-uarach air feadh a' bhaile, 's chaidh a fo-roinn ann an sia eadar-roinnean, nam measg Merkinch, Dail an Eich agus Ceann a' Mhìlìdh, Baile a' Chnuic agus Ràthaig Mhòr, Sgìre a' Chrùin agus Lochàrdail, Meadhan a' Bhaile, agus Baile a' Ghobhainn agus

Cùl Lodair. Cuideachd, tha Oifigearan Coise Coimhearsnachd ag obair sna sgìrean sin a fhreagras iomagainean sa choimhearsnachd agus a cho-chuireas fuasglaidhean airson nan duilgheadasan.

Tro choinneamhan tactaigeach làidir a tha a' gabhail àite gach latha agus gach mìos, tha an Sgioba Stiùiridh a' cumail sùil air freagairtean nam poileas ann an sgìre a' Chomannd, agus dèanamh cinnteach gu bheil a' dèiligeadh ri cùisean ann an dòigh a tha ciallach is freagarrach.

### Euchdan an aghaidh Prìomh amasan Ro-innleachdail

Tha bliadhna air leth soirbheachail air a bhith aig a' Chomannd Sgìreil a-rithist. Chaidh ìre lorgaidh de 65% fhaighinn airson eucoirean de bhuidheann 1-5, agus tha seo a' dearbhadh ar ro-innleachdan agus ar pròiseasan a thaobh roinneadh ghoireasan. Tha e na adhbhar toileachais cuideachd gu bheil lùghdachadh san àireamh de dh'eucoirean 's mar sin bha nas lugha ann de dhaoine a dh'fhuiling air sgàth eucoir. Chaidh lùghdachadh 2.1% fhaicinn ann an eucoirean buidheann 1-5, a' riochdachadh 135 nas lugha de dh'eucoirean air an deach iomradh a dhèanamh.

- Lùghdaich eucoirean fòirneirt bho 212 gu 163;
- Lùghdaich eucoirean millidh bho 1,799 gu 1,547;
- Lùghdaich eucoirean measgaichte, nam measg eucoirean dhrogaichean, bho 1,884 gu 1,828; agus dhiubh seo, lorg sinn 1,033 eucoirean dhrogaichean.

Bha beagan meudachaidh anns an àireamh de dh'eucoirean gnèitheasach agus eucoirean mì-onarach, ach thèid an deagh sgrùdadh - gu sònraichte, a' gabhail a-steach duilgheadasan an leithid.



Bha lùghdachadh ann an eucoirean fòirneirt, agus ghabh seo àite air sgàth obair làidir a chaidh a dhèanamh ann am meadhan a' bhaile aig amannan trang a thaobh thoglaichean ceadaichte. Chaidh taic a thoirt don obair seo bho Iomairtean Sàbhailteachd sa Choimhearsnachd, mar Pubwatch, busaichean anmoch air an oidhche, agus 'Best Bar None'. Thathas a' cumail dlùth shùil air Òrdughan Urrais le Casg-saorsa agus dèanamh cinnteach gu bheil eucoirean a' cumail ri na casgaidhean aca. Tha deagh bhuaidh cuideachd air a bhith aig sgeama ceadachais airson stiùbhardan dorais tro Ùghdarras Tèarainteachd Ghnìomhachasan.

Tha an àireamh de dh'eucoirean goid air meudachadh. Tha am meudachadh co-cheangailte ri cùis nan drogaichean, far a bheil àireamh nas motha de thràilleandhrogaichean a' goid gus an cuid fasain a bheathachadh. Tha obair fhor-ghnìomhach a' sìor fòcasadh air an leithid seo de dh'eucoir, agus gu sònraichte tro chompàirteachas ionadail leis a' ghnìomhachas malairt.

Tha sinn gu sònraichte toilichte lùghdachadh fhaicinn ann am milleadh thoglaichean, oir tha droch bhuaidh dha-rìribh aig an seo air coimhearsnachdan. Tha patroilean CCTV, Oifigearan Coise a tha a' faighinn taic bho Sgiobaidhean For-ghnìomhach, agus Oifigearan a' Bacadh Eucoir a tha sgileil san obair, air gluasad fhaicinn san sgìre, oir b' e

dòigh-beatha a bha an seo do mhòran dhen òigrìdh san sgìre.

Tha milleadh gu tric co-cheangailte ri mì-rian òigrìdh agus òl fo-aois. Tha Laghan ùra aig an Fheachd a-nise co-cheangailte ri Ceadachadh Dibhe, agus 's urrainn don Fheachd deuchainnean ceannach a chur air dòigh, gus dèiligeadh ri òigrìdh fo-aois a' ceannach deoch-làidir. Cleachdaidh sinn an dòigh-obrach seo gus a dhol an sàs na cùise, le taic bho obair thraidiseanta nam poileas agus bho nuadh dhòighean cuideachd.

B' e bliadhna dhùblannach a bh' ann aig amannan, 's sinn a' dèiligeadh ri feadhainn dhe na fèisean ciùil a-muigh as motha ann an Alba: tha iad seo stèidhichte a-nis, agus tha samhail-obrach air a chur air dòigh air an son.

### Iomairtean Ionadail

Tha timcheall air 15 bliadhna o thòisich Faire Coimhearsnachd ann an Inbhir Nis, agus tha 37 sgeamannan stèidhichte anns a' bhaile aig an àm-sa. Chaidh iomairt ùr a chur air dòigh gus conaltradh eadar Comann Sgìre Inbhir Nis agus Co-òrdanaichean nan Sgeamannan Faire a mheudachadh.

Tha siostam theachdaireachdan fèin-ghluasadach, ris an canar Page One Connect, air a thighinn a-steach. Cuiridh an siostam seo a-mach teachdaireachdan teacsa agus teachdaireachan gutha stèidhichte air teacsan gu fònaichean-làimhe no gu fònaichean àbhaisteach. Stòraidh e

àireamh fòn ro-phrògramaichte leotha fhèin no ann am buidhnean a-rèir ainmean no thiotalan.

### Cùisean Airson Aire

San Dùbhlachd 2007, chaidh poilis a ghairm gu seòladh ann an Inbhir Nis, an dèidh do chorp boireannaich a bhith air a lorg. Chaidh sgrùdadh muirt a chur air dòigh, agus an dèidh mòr sgrùdaidh, chaidh fireannach aois 47 bliadhna a chur an grèim co-cheangailte ris a' bhàs.

Sa Mhàrt 2008, chaidh na poilis gu tachartas anns a' Mhòr-bhaile, far an deach duine òg a lorg air a dhroch leòn. Chaidh a thoirt dhan ospadal, far an do bhàsaich e. Chaidh sgrùdadh muirt a chur air dòigh agus an dèidh rannsachaidhean ionadail, chaidh òganach de dh'aois 17 bliadhna a chur an grèim, agus chaidh a chur fo chasaid co-cheangailte ris an tachartas seo.

### Oifigear Sràide air Thoiseach

San t-Sultain 2007, ghabh Constabal Paula Lloyd os làimh dreuchd Oifigear Sràide na Coimhearsnachd airson Meadhan Mòr-bhaile Inbhir Nis.

Tha Constabal Lloyd air a bhith a' dèiligeadh ri coimhearsnachdan ionadail san roinn, agus tha i air gabhail dreuchd Oifigear Ceangal nam Pòlach airson na Roinne an Ear. Tha diofar iomairtean air gabhail àite, nam measg frith-laghan co-cheangailte ri deoch làidir a bhith air a chur an gnìomh.

# A' Dol An Sàs Ann An Eucoir Eagraichte Bàideanach, Strath Spè agus Inbhir Narann



## Prìomh Inspeactair Donald Henderson

Comandair Sgìreil

### Ro-Ràdh

'S e bliadhna soirbheachail eile a th' air a bhith ann a thaobh obair nam poileas ann an sgìre Bhàideanaich, Strath Spè agus Inbhir Narainn. Tha seo ri fhaicinn anns gu bheil 65.4% de dh'eucoirean de bhuidheann 1-5 air am fuasgladh, aig an àm-sa. Tha seo a' cunntadh soirbheachadh ann an tachartasan ainmeil a thaobh malairt dhrogaichean dhan sgìre tro phrìomh rathaidean.

Cha bhiodh seo comasach mura biodh dealas agus dìcheall ar luchd-obrach - oifigearan agus luchd-obrach nam poileas.

Tha na builean seo rim faicinn an aghaidh na th' air iarraidh air na poilis aig mòrthachartasan ainmeil. Nam measg, bha leithid cuirm-ciùil rock 'Outsider' ann an Ràta Mhurchais, Co-labhairt a' Phàrtaidh Làbaraich san Aghaidh Mhòir, agus an cuirm-ciùil Rockness ann an Dubhras. A bharrachd orra seo, tha làthaireachd san Àrd Chùirt agus a' toirt taic aig geamannan bàll-coise, agus a bhith a' cuimseachadh air giùlan mì-shòisealta, a' toirt buaidh oirnn.

### Euchdan an aghaidh Prìomh amasan Ionadail Rathaidean nas Sàbhailte

Tha sinn air leantainn air adhart am-bliadhna le turais rathaid ann an àiteachan anns a bheil tubaistean cumanta, agus tha sinn air dèiligeadh ri dràibhearan airson eucoirean mar a bhith a' dol ro luath, dràibheadh às aonais chrìos-shuidheachain, agus a' cleachdadh fòn-làimhe fhad 's a bha iad a' dràibheadh. Tha sinn cuideachd air a bhith soirbheachail ann a bhith a' gabhail pàirt ann an iomairtean nàiseanta gus dèiligeadh ri dràibheadh bho bhuaidh na dibhe agus bho bhuaidh dhrogaichean.

### A' Lùghdachadh Eucoir

Tha sinn air ìre-lorgaidh làidir a chumail an-àrde, agus tha sinn air beagan meudachaidh fhaicinn san eucoir chlàraichte thar na bliadhna. Le bhith a' deagh chleachdadh fiosrachadh agus a' fòcasadh ghluasad nam poileas ann an àiteachan sa bheil eucoirean dualtach gabhail àite, tha sinn air faighinn air eucoirean bho amannan roimhe fhuasgladh.

### A' Dol an Sàs ann an Droch Eucoir

Sa bhliadhna a th' air a dhol seachad, tha oifigearan air a bhith soirbheachail ann a bhith a' faighinn grèim air drogaichean mì-laghail bho dhaoine a bha an dùil an reic ri daoine eile.

### Coimhearsnachdan nas Sàbhailte agus nas Làidire

Tha fois-inntinn don mhòr-shluagh air a bhith air leth cudromach don Chomand Roinneil sa bhliadhna ud. Chaidh dèiligeadh ris a' bhuaidh a th' aig òigridh ag òl deoch-làidir agus giùlan mì-shòisealta le Obrachadh Magma. Chuimsich an t-obrachadh seo gu sònraichte air òigridh le deoch-làidir agus thachair gun deach suimean mòra de dheoch-làidir fhaighinn, agus tha ceasnachaidhean air ar toirt gu casaidean air an cur às leth feadhainn a bha a' faighinn an deoch-làidir airson daoine a bha fon aois laghail. Am broinn an obrachaidh, tha oifigear air a bhith a' foghlam òigridh ann an sgoiltean agus ann am buidhnean-òigridh gus innse dhaibh mu na cunnartan a tha co-cheangailte ri deoch-làidir. Tha lùghdachadh san àireamh de thachartasan co-cheangailte ri mì-rian am measg òigridh air gabhail àite air sgàth nan oidhirpean sin.

### Iomairtean Ionadail

Ann a bhith a' sabaid an aghaidh giùlan mì-shòisealta, ag òl deoch-làidir fon aois laghail, agus mì-rian

sa chumantas am measg òigrìdh, tha an Comann Roinneil air diofar iomairtean a chur air chois, nam measg am Blue Light Disco. 'S e disco a tha an seo, a tha na poilis a' ruith, le cuideachadh bho luchd-obrach òigrìdh agus bho luchd-shaor-thoileach sa choimhearsnachd, agus tha e a' cuimseachadh air sgoilearan san Àrd-sgoil. Tha e a' gabhail àite ann an togalach fo cheadachd, agus tha seo tarraingeach dhaibh, ged nach eil deoch-làidir air a reic, no fiù ri fhaicinn. Chaidh bagannan agus aodach a' mhòrchuid dhen fheadhainn a thàinig chun an disco a sgrùdadh, agus chaidh am poca a chur orra, gus am biodh pàrantan cinnteach gun robh a' chlann acasan ann an suidheachadh sàbhailte a bha saor o deoch-làidir, o dhrogaichean agus o dh'armachd sam bith.

Ghabh a' chiad dhiubh seo àite anns an Aghaidh Mhòir sa Mhàrt, le faisg air 70 neach òg a' tighinn thuige. Chaidh an àireamh de thachartasan san robh òigrìdh a' gabhail pàirt a lùghdachadh an oidhche sin.

### Tasgaidhean san Sgìre Againn

Tha planaichean ann airson diofar leasachaidhean ann an sgìre a' chomann.

Ghabh an Sgioba Stiùiridh agus an luchd-obrach pàirt o chionn ghoirid ann am pròiseas Lèirmheas na Feachd, agus o chionn ghoirid, thathar air gluasad gu structair na Roinn an Ear. Tha a h-uile duine a' coimhead ri na dùbhlain agus ri na cothroman ùra a thig an cois seo.

'S e clach-mhìle sònraichte a thaobh tasgadh nar n-oidhreachd a bh' ann am fosgladh a' ghoireis ùire ann am Baile nan Granddach, agus anns na planaichean gus tòiseachadh air togalach ùr airson Stèisean Inbhir Narainn.

Cumaidh sinn oirnn a' cuimseachadh air prìomh amasan na Feachd, le cuideam sònraichte air lorg eucoir, a' lùghdachadh eucoir, agus ga chasg.



### Cùisean Airson Aire

San Ògmhios 2007, chaidh stad a chur air càr anns an robh triùir fhireannach òg air an A9 beagan deas air an Aghaidh Mhòir. Bha iad air an t-slighe gu cuirm-ciùil Rockness, agus nuair a chaidh an càr a sgrùdadh, chaidh drochaighean a lorg anns an robh luach mu thimcheall air £7,000, a bha gu bhith air an reic aig a' chuir. Chaidh casaid a chur an aghaidh dithis dhe na fireannaich agus chaidh an dìteadh: fhuir fear dhiubh 3 bliadhna sa phrìosan, agus am fear eile 2 bliadhna.

San t-Sultain 2007, chaidh fear a bha 15 bliadhna a dh'aois a chur an grèim ann an Inbhir Narann, an dèidh do thrì baidhsagalan-monaidh agus uidheamachd co-cheangailte riutha - de luach £12,000 air fad - a ghoid bho gharaidh ghlaiste anns a' bhaile. Chaidh casaid an uair sin a chur às a leth co-cheangailte ri nithean eile a chaidh a ghoid thar nam mìosan roimhe sin. Bha feadhainn dhe na rudan a chaidh a ghoid air a dhol a Lithuania, ach chaidh fhaighinn on uair sin.

San Fhaoilleach 2008, an dèidh sgrùdaidh a thaobh airgead foilleil a chaidh a chleachdadh ann an diofar àiteachan ann an Inbhir Narann, chaidh triùir fhireannach de dh'aois 16 bliadhna deug a chur an grèim agus fo chasaid a thaobh eucoirean co-cheangailte ri Achd Foill is Mealltachd

1981. Tha a' chùis a-nis aig Neach-casaid a' Chrùin.

San Fhaoilleach 2008, chaidh stad a chur air fireannach de dh'aois 39 bliadhna air an A95 eadar an Aghaidh Mhòir agus Baile nan Granddach. Nuair a chaidh an càr aige a sgrùdadh, chaidh drogaichean de luach mu £65,000 a lorg. Chaidh a chur an grèim agus thathar a' feitheamh ri co-dhùnadh sa chùis.

### Marathon Bhaidhsagalan airson Charthannasan Ionadail

An dèidh dha Inspeactair Les Donaldson a bhith ag obair air planaichean co-cheangailte ri cuirm-ciùil Outsider, thòisich e air planaichean dha fhèin. Còmhla ri sianar dhaoine òg à Acadamaidh Inbhir Narainn, thòisich iad air raidhd air na baidhsagalan eadar Manchester agus Inbhir Narann - 480 mìle. Chaidh an raidhd a dhèanamh mar chuimhneachan air tidsear a bh' anns an acadamaidh, dom b' ainm Keith Hoban, a bhàsaich le ailse: thug e sia mìosan ga chur air chois. Ach thog an sgioba còrr is £7000 tro na h-oidhirpean aca airson Cancer Research UK agus Ionad Aillse Mhagaidh, ann an Inbhir Nis. Chaidh Iar-cheannard na sgoile, Mgr Iain Maxwell, còmhla ri mar dhràibhear airson taic. Mhair an turas aca sia làithean, agus thòisich iad air Latha na Sàbaid, 24mh dhen Ògmhios.



## Roinn A Tuath

Chuir am Prìomh Chonstabal air chois lèirmheas air Poilis a' Chinn a Tuath gus as comas a leudachadh a thaobh a bhith a' dèiligeadh ri eucoir, agus gus an àireamh de dh'oifigearan sa bhuidheann a mheudachadh. Aig an aon àm tha sinn fhathast ag amas air ar prìomh cheann-uidhe - 's e sin obair phoileas stèidhichte anns na coimhearsnachdan. Tha dùbhlann agus cothrom romhainn ann an 2008/09, airson an amas ro-ìnnleachdail seo a choileanadh.

Bidh trì Comannan Roinneil san Roinn a Tuath: Gallaibh, Cataibh agus Rois an Ear, Arcaibh agus Sealtainn. Chaidh Comann Roinneil Chataibh agus Gallaibh a leudachadh agus tha e a-nise a' gabhail a-steach Baile Dubhthaich ann an Rois an Ear, a bha uaireigin bho Chomann Roinn Rois is Chrombaidh. Bheir co-fheartan na Roinne a Tuath taic agus leudachadh don obair san sgìre Roinneil, agus cuideachd bheir e taic do cho-oibrichean anns na Roinnean Meadhan agus an Ear. Bheir an t-Aonad Dìon Poblach Roinneil, Aonad Co-òrdanachaidh a' Mhodail airson Fiosrachadh Nàiseanta agus Aonad Stiùireadh Eucoir barrachd comais don obair a thaobh Oifigearan Sàbhailteachd Coimhearsnachd, agus libhrigidh e seirbheis nas fheàrr anns na coimhearsnachdan anns a bheil sinn ag obair.

Airson dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' sìor leasachadh ar seirbheisean nar coimhearsnachdan, nì sinn oidhirp gus ruigsinneachd a leasachadh don mhòr-shluagh aig stèiseanan phoileas agus air am fòn: tha sinn cuideachd ag amas air meudachadh na tha sinn a' cur seachad a dh'ùine air ar sràidean, gu sònraichte dhar cois. Obraichidh ar Roinn gus an àireamh de phoilis a mheudachadh, agus cleachdaidh sinn stòrasan nam poileas san dòigh as èifeachdaiche gus am bi sinn faicsinneach agus gun toir seo fois-inntinn do dhaoine. Tha mi cinnteach gun cuidich na h-amasan seo ri ar comas, ar n-inbhe, ar coileanadh agus ar cliù ann am sùilean a' mhòr-shluaigh sa choimhearsnachd.

Tha mi a' dèanamh fiughair ris a' bhliadhna 2008/09, a' sùileachadh gur e bliadhna shoirbheachail a bhios ann airson nam poileas.

### **Superintendent Ian Arnott**

Comann-dair Roinneil

# A' Cuimseachadh Air Mì-Rian Òigridh Cataibh Agus Gallaibh



## Prìomh Inspectair Andy Brown

Comandair Sgìreil

### Ro-Ràdh

Tha Comann Roinneil Chataibh agus Ghallaibh a' solarachadh seirbheis phoileas do na sgìrean ainmichte ann an ceann a tuath na Gàidhealtachd. 'S e Inbhir Ùige agus Inbhir Theòrsa an dà phrìomh bhaile ann an Gallaibh, agus 's e Dòrnach am prìomh bhaile ann an Cataibh. Tha mòran de choimhearsnachdan dùthchail sna sgìrean cuideachd.

Tha Prìomh Oifisean a' Chomann Roinneil stèidhichte ann an Inbhir Ùige, agus tha Oifisean Roinneil ann an Inbhir Theòrsa agus ann an Dòrnach. Tha stèiseanan nas lugha ann an diofar choimhearsnachdan dùthchail air feadh na sgìre. Tha 84 poilis ann, 33.75 luchdobraich poilis agus 26 constabal sònraichte.

Tha làrach niuclasach Dhùin Ratha agus goireas a' Chabhlaich Rìoghail aig HMS Vulcan anns an sgìre. Cuideachd, tha puirt bho bheil bàtaichean-aiseig, bàtaichean malairt agus bàtaichean-iasgaich ag obair, 's tha iad seo ann an Inbhir Ùige, Scrabastair, Ceann Loch Biorbhaidh agus Loch an Inbhir agus ann am puirt bheaga eile. Tha port-adhair ann an Inbhir Ùige cuideachd, 's tha seo ceangailte ri diofar àiteachan air feadh na RA; agus tha e air a chleachdadh gu mòr le gnìomhachas na h-ola. Cuideachd, nar sgìre, tha Dachaigh Rìoghail - Caisteal Mey, anns am bi HRH Diùc Baile Bhòid a' fuireach aig àm sònraichte den bhliadhna.

Tha ceanglaichean làidir eadar an Comann Roinneil agus buidhnean compàirteachais, tro iomairtean planaigh sa choimhearsnachd, agus gu sònraichte le Comhairle na Gàidhealtachd agus SNS na Gàidhealtachd.

### Euchdan an aghaidh Prìomh amasan Ionadail

B' iad seo prìomh amasan Comann Roinneil Chataibh is Gallaibh airson 2007/08:

- A' Lùghdachadh Eucoir
- A' Dol an Sàs ann an Droch Eucoir
- Rathaiden nas Sàbhailte
- Coimhearsnachdan nas Sàbhailte
- A' Gleidheil Rian sa Mhòr-shluagh

Anns an sgìre air fad, thuit eucoir clàraichte anns a' Chomann Roinneil thar na bliadhna bho 2,151 gu 2,045, 's e sin lùghdachadh de 106 eucoirean no 4.9%. Bha ar n-ìre-lorgaidh airson eucoirean sa bhuidheann 1-5 aig 55.4%, agus tha sin na lùghdachadh air a' bhliadhna roimhe.

Bha soirbheachadh sònraichte againn ann a bhith a' dèiligeadh ri eucoirean foirmeirt, le lùghdachadh san àireamh de thachartasan bho 84 gu 66. Bha ar n-ìre-lorgaidh aig 97% airson nan eucoirean sin.

Chaidh an ìre aig an robh eucoirean co-cheangailte ri càraichean air an toirt gu crìch an-àirde, le ìre-lorgaidh aig 76.3%.

Chuir sinn air chois diofar ghnìomhan a bha a' cuimseachadh air milleadh, oir b' e cuspair a bh' ann a bha a' nochdadh thar na bliadhna. Bha beagan lùghdachaidh san àireamh de thachartasan a chaidh a chlàradh.

Rinn sinn oidhirp shònraichte gu bhith a' dèiligeadh ri drogaichean mì-laghail sa bhliadhna. Mar thoradh air diofar ghnìomhan, chaidh aithisg a chur mu 49 daoine gu Fhear-casaid a' Chrùin airson eucoirean co-cheangailte ri bhith a' solarachadh dhrogaichean.

Bha sinn soirbheachail ann a bhith a' lùghdachadh na h-àireamhan de leòintich rathaid sa bhliadhna. Chaidh 26 a mharbhadh no a dhroch

leòn, agus tha seo 12 nas lugha na ar targaid airson na bliadhna. Choilean sinn ar targaid cuideachd airson beagan leòn, le 112. Chaidh 1 leanabh a mharbhadh agus chaidh 3 a dhroch leòn ann an tubaistean rathaid anns an sgìre thar na bliadhna.

Thar na bliadhna, chuimsich sinn air diofar iomairtean co-cheangailte ri sàbhailteachd rathaid, nam measg dràibheadh fo bhuaidh dhrogaichean no deoch-làidir. Chaidh 79 dhaoine a chur an grèim airson a bhith ag òl agus a' dràibheadh, agus aon draibhear air an deach casaid a chur airson dràibheadh 's a' gabhail dhrogaichean. Chaidh gnìomhan cuideachd a chuimseachadh air a bhith a' dèiligeadh ri giùlan mì-rianail air na rathaidean, dràibhearan a' cleachdadh fhònaichean-làimhe, a' dràibheadh ro luath agus a bhith a' dràibheadh às aonais chrìosan-shuidheachain.

### Iomairtean Ionadail

Gus cùisean co-cheangailte ri eucoraich òga a ghabhail os làimh, thug sinn a-steach, còmhla ri Comhairle na Gàidhealtachd, litir 'Ro-innleachd Òigridh agus Gluasad Tràth'. Nuair a choinnicheas oifigearan ri òigridh a tha gan giùlan fhèin ann an dòigh mhì-fhreagarrach, tha litrichean air an cur gu pàrantan, ag innse dhaibh mu ghiùlan an leanabh aca. Tha diofar inbhean de litrichean ann, a-rèir cia mheud turas a thathar a' sgrìobhadh chun nam pàrantan. Tha cothrom air a thoirt do phàrantan bruidhinn ri oifigear mun leanabh aca, agus ma tha a' chùis leantainneach, tha an leanabh air a chur gu Sgioba Gnìomh na h-Òigridh airson eadar-theachd agus taic. Tha rèiteachaidhean coltach riutha seo ann an àite airson neach òg a lorgar le deoch làidir na chois, agus tha iad seo air an cur gu luchd-obrach mì-chleachdadh shusbaintean.

Thug an Comann Roinneil cuideachd teastaichean 'alco-dip' do dh'oifigearan gus an cleachdadh nuair thathar a' dèiligeadh ri suidheachaidhean far a bheil iad a' smaoinneachadh gu bheil òigridh ag òl



deoch-làidir. Tha an uidheam seo a' toirt cothrom do dh'oifigearan deoch-làidir a lorg ann am botail nach eil air an ainmeachadh le ainm deoch-làidir.

### Cùisean Airson Aire

An dèidh lèirmheas na Feachd, tha an Comann Roinneil air leudachadh agus tha e a-nis a' gabhail a-steach sgìrean Rois an Ear agus Baile Dhubhthaich. Bidh an cothrom cuideachd againn barrachd feum a dhèanamh de sheirbheisean dìon a tha co-cheangailte ri Droch dhìol san Dachaigh, Dìon Chloinne agus dèiligeadh ri Eucoraich Gnèitheasach, a tha rìm faotainn aig Aonad Roinneil Dìon a' Phobail.

Tha dùil againn ar seirbheis a dhèanamh 's gu bheil e nas fhasa do dhaoine ar lorg, agus nì sinn seo le bhith a' cur na 's urrainn dhuinn de phoilis air an t-sràid, agus le bhith a' dèanamh cleachdadh nas fheàrr air teicneòlas agus air uidheamachd conaltraidh. Leasaichidh sinn ro-innleachd a leigeas dhuinn buidhnean compàirteachais a chleachdadh gus ar cuideachadh ann a bhith ag eadar-obrachadh le daoine a thig gu ar stèiseanan. Nì sinn adhartas a thaobh nan uairean a tha ar stèiseanan fosgailte, agus nì sinn cinnteach gu bheil am fiosrachadh seo air a sgaoileadh air feadh ar coimhearsnachdan.

### Thar an dleastanasan

Anmoch air an 4mh dhen Fhaoilleach 2008, chaidh fios a thoirt do dh'oifigearan gun robh buaireadh a' gabhail àite aig taigh air Baraid Thorfinn, Inbhir Theòrsa. Chaidh constabail Claire Price agus Paul Kerr chun an taighe, agus an sin, bha an duine a bha a' dèanamh a' bhuiridh air pàirt de thaobh staigh an taighe a chur na theine. Chuir dithis eile a bh' anns an taigh pàirt dhen teine às, ach, thàinig orra an taigh fhàgail air sgàth 's an cunnart mus tàinig na poilis. Chaidh na h-oifigearan a-steach dhan taigh, fhuair iad grèim air an duine agus thug iad a-mach às an taigh e. Thill na h-oifigearan an uair sin chun an taighe gus an teine a chur às gu tur. Chan eil teagamh nach do chur seo stad air barrachd millidh no fiù 's air duine a bhith air a ghoirteachadh.

### Obair-gnìomh Judo

San Lùnastal agus san t-Sultain 2007, chaidh briseadh a-steach do dhiofar oifisean-puist dùthchail ann an Cataibh agus an Gallaibh. Chaidh suimean mòra de dh'airgead agus de stuth a ghoid. Chuir na poilis Obair-gnìomh Judo air chois gus na h-eucoirean seo a rannsachadh. Ghabh an uair sin eucoirean dhen lethid seo àite ann am Moireibh agus ann an Loch Abar. An dèidh dlùth-sgrùdadh bho oifigearan sgioba bhon Chomann Roinneil seo, còmhla ri co-oibrichean sna Prìomh Oifisean agus poilis ann an Sasainn, chaidh dithis fhìreannach a chur an grèim.

## Stiùireadh nas Fheàrr air Iarrtasan Eileanan Arcaibh



**Prìomh  
Inspeactair  
Mike Cowdry**  
Comandair Sgìreil

### Ro-Ràdh

'S e Arcaibh an Comannnd Sgìreil as lugha ann am Feachd a' Chinn a Tuath, agus 's e aon dhe na h-àiteachan as sàbhailte san dùthaich. Tha diofar dhùbhlannan ann airson luchd-còmhnaidh an àite air sgàth 's gu bheil na h-eileanan iomallach, ach tha dùbhlannan sònraichte ann airson nam poileas cuideachd.

Tha sinn a' dèanamh dlùth obair còmhla ri ar compàirtichean ionadail agus gu sònraichte ann an Compàirteachas Planaidh Choimhearsnachd Arcaibh, agus anns na diofar fhòraman a tha mar phàirt dheth. Tha feadhainn dhiubh sin gu sònraichte airidh air iomradh: Compàirteachas Sàbhailteachd Choimhearsnachdan Arcaibh, Sgioba Gnìomh Arcaibh airson Drogaichean is Dibhe (DASAT), Fòram Sàbhailteachd Rathaid Arcaibh agus Comataidh Dion Chloinne Arcaibh. Tha na compàirtichean sin èifeachdach, agus chithear seo ann an Aithisg na h-Òigridh agus sa Cho-sgrùdadh air Seirbheisean gus Clann a Dhìon, Lùnasdal 2007. Shuilleirich iad seo diofar neartan a thaobh dìon chloinne ann an Arcaibh.

Chan eil teagamh nach eil ar suidheachadh, agus taic is neart ar coimhearsnachd brìgheil anns a' choileanadh againn. Feumar cuideachd oifigearan agus luchd-obrach nam poileas a mholadh airson inbhe an cuid obrach. Tha an compàirteachas seo, agus an coileanadh, na bhun-stèidh air lùghdachadh brìgheil san àireamh de dh'eucoirean buidheann 1-5 clàraichte: bha lùghdachadh 15.9% san àireamh, 's e sin 79 eucoirean nas lugha.

### Euchdan an aghaidh Prìomh amasan Ionadail

Chaidh leasachadh a bharrachd a dhèanamh do Phlana Phoileas a'

Chomannnd Sgìreil gus cuspairean a chaidh a dhearbhadh-aithneachadh nar coimhearsnachd fhoillseachadh. Thèid an cur fo na tiotalan a leanas:

### A' Lùghdachadh Eucoir

Bha ìre-lorgaidh 64.4% aig a' Chomannnd Sgìreil airson eucoirean buidheann 1-5. Ged a tha ìrean ìosal de dh'eucoir sna sgìrean seo, tha na figearan seo a' nochdadh deagh ghluasad.

### A' Dol an Sàs ann an Droch Eucoir

A-rithist, lùghdaich an Comannnd Sgìreil droch eucoir fòirneirt, agus chaidh gach tachartas a chaidh a chlàradh a lorg. Chan eil adhbhar againn a bhith somalta, ach tha na h-Eileanan Arcaibh fortanach anns cho beag de dhroch eucoir fòirneirt 's a tha a' gabhail àite anna.

### Rathaidean nas Sàbhailte

Bha àireamhan ìosal de leòintich aig a' Chomannnd Sgìreil a-rithist: chaidh dìthis a-mhàin a dhroch leòn thar bliadhna 2007/08. Aig an aon àm, cha deach gin a leanabh a mharbhadh no a dhroch leòn ri linn tubaist rathaid san ùine seo. Agus tha sinn toilichte innse cuideachd gu bheil lùghdachadh air a bhith san àireamh de dhaoine air an deach breith a' dràibheadh fo bhuaidh na dibhe, bho 56 ann an 2006/07 gu 38 ann an 2007/08.

### Coimhearsnachdan nas Làidire agus nas Sàbhailte

Chuir am Comannnd Sgìreil a-steach aithisgean gu Fear-casaid a' Chrùn agus gu Neach-aithisg Chloinne am broinn na h-ùine freagarraich. Tha seo a' ciallachadh gun deach ceartas a dhèanamh airson eucoraich òga, agus aig an aon àm, tha teachdaireachd làidir a' dol a-mach gu ar coimhearsnachdan. Bha beagan àrdachaidh san àireamh de dh'eucoirean millidh, agus tha sinn a' cuimseachadh gu mòr air eucoirean dhen leithid agus bidh sinn a' cumail

oirnn a' dèanamh dlùth obair còmhla ri ar compàirtichean gus faighinn gu bun na th' air cùlaibh nan eucoirean seo.

### A' Gleidheil Òrdugh Poblach

Tha an Comann Sgìreil fhathast a' cuimseachadh air suidheachaidhean agus air eucoraich gus òrdugh poblach a ghleidheil agus gus dèiligeadh ri giiùlan mì-shòiseilta: tron obair seo, thathar air lùghdachadh fhaicinn sna h-eucoirean sràide. Chaidh Peanasan Stèidhichte a thoirt a-steach airson eucoirean beaga, agus tha iad seo a' toirt cothrom do dh'oifigearan barrachd ùine a chosg air an t-sràid, agus nas lugha de dh'ùine a chosg air foirmean.

### Iomairtean Ionadail

Thairis air a' bhliadhna, tha sinn air cuimseachadh air eucoir òigrìdh agus air mì-ghiùlan mì-shòiseilta, agus tha sinn air coimhead gu sònraichte ri daoine nas òige na 18 aig an robh deoch làidir air am pearsa. Bha an iomairt seo soirbheachail, agus chaidh deoch-làidir a thoirt bho òigrìdh 168 turais: am measg na chaidh fhaighinn, bha 24 botail de leithid uisge-beatha is vodka. Chuir obair nam poileas an seo bacadh air na cothroman a bh' ann airson òigrìdh gabhail pàirt ann an eucoirean 's iad fo bhuidhe na dibhe, agus chuidich e cuideachd ann an amasan ar compàirtichean ann a bhith a' mì-mhisneachadh deoch làidir am measg òigrìdh.

### A' Planadh air Thoiseach

Am broinn a' Chomann Sgìreil, rinn sinn ath-sgrùdadh air structair a-staigh a' chomann ag ainnean gus an àireamh de chonstabail obrachaidh ag ainnean a mheudachadh. Tha sinn air coimhead air na feumalachdan ag ainnean agus air fiosrachadh a gheibhear gus sioftan a chur air dòigh a bha a' cleachdadh an fhiosrachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil gu leòr oifigearan ag obair nuair a tha an t-iarrras a' meudachadh. Chaidh atharrachaidhean ionadail a dhèanamh airson barrachd ùine a chur seachad 'air an t-sràid', agus thuige seo, tha sinn air ar misneachadh a thaobh sàbhailteachd sa choimhearsnachd.



Tha Comhairle Eileanan Arcaibh, tro Buidheann Stiùiridh Compàirteachais Coimhearsnachd Arcaibh, a' cur air dòigh Aontan Builean Singilte a dh'fheumas a bhith air aontachadh le compàirtichean phlanadh na coimhearsnachd airson Riaghaltas na h-Alba. Chaidh a' chiad pàirt dhen leasachadh a chrìochnachadh, agus thèid na planaichean mionaideach an cur air dòigh sa bhliadhna a tha romhainn. Foillsichidh na h-Aontan Builean Singilte seo èifeachdas ar planadh coimhearsnachd ann an Arcaibh, agus tha sinn a' coimhead air adhart ri a bhith a' toirt buaidh air an sgrìobhainn chrìochnaichte.

### Cùisean Airson Aire

An dèidh lèirmheas fharsaing gabhail àite co-cheangailte ri murt Shamsuddin Mahmood san Ògmhios 1994, chaidh fireannach de dh'aois 29 bliadhna chur fo ghrèim fo chasaid Muirt.

San Dùbhlachd 2007, fhuair sinn fiosrachadh mu èigneachadh a bha air gabhail àite ann am Baile na h-Eaglais. Chaidh sgioba a chur air dòigh airson prìomh sgrùdadh a dhèanamh, stèidhichte ann an stèisean Bhaile na h-Eaglais. An dèidh co-obrachaidh air leth eadar am mòr-shluagh agus na meadhanan, thàinig an sgrùdadh seo gu co-dhùnadh, agus thathar an-dràsta a' feitheamh ri pròiseasan na cùirte.

### Urras Eisimeileach nam Poileas

A dh'aindeoin aimsir a bha uabhasach, ghabh tachartas àite a bha air leth soirbheachail gus airgead a thogail airson Urras Eisimeileach nam Poileas (PDT), air Latha na Sàbaid 9 Sultain 2007 aig Stèisean Bhaile na h-Eaglais, agus chaidh £3,000 a thogail. Chaidh an dàrna leth dhen t-suim gu buidhnean carthannais ionadail, le aonta bhon PDT.

Dh'fhosgail am Prìomh Chonstabail an tachartas, agus còmhla ris bha Morair Alastair Srath Nabhair, Cathair Ceann a Tuath a' PDT. An toiseach, chuala sinn bho Chòmhlain Phiobaireachd Baile na h-Eaglais agus bho Chòmhlain Baile na h-Eaglais.

Bha foillseachaidhean agus cur-seachadan ann bho bhuidhnean compàirteachais eile. Gun teagamh, b' e an reic airson carthannas an tharraing a bu mhotha dhen latha, agus bha rudan ann a thug gnothachasan ionadail agus daoine fa leth seachad. Bha feadhainn de rudan prìseil ann airson cruinneadairean, leithid sgòr ciùil làmh-sgrìobhte airson 'Leaving Stromness', a thug Sir Peadair Maxwell-Davis seachad. Cuideachd bha mac-na-braiche air leth prìseil ann, a thug staileadairean Highland Park seachad, agus lethbhric air an soidhnigeadh dhen nobhail 'Rebus' mu dheireadh bho Iain Rankin. Bha iad seo feumail dha-rìribh ann a bhith ag àrdachadh na maoinne a tha air leth feumail.

## A' Leasachadh Obair Phoileas For-Ghniomhach Eileanan Shealtainn



**Prìomh  
Inspeactair  
Malcolm Bell**  
Comandair Sgìreil

### Ro-Ràdh

Chan eil Comand Sgìreil san Rìoghachd Aonaichte cho fada tuath no cho iomallach ri Comand Sgìreil Shealtainn. Tha seo ag adhbharachadh dhùbhlain fa leth, ach cuideachd, buannachdan bho a bhith a' fuireach agus ag obair ann an aon dhe na coimhearsnachdan as sàbhailte san rìoghachd.

Sa bhliadhna a chaidh seachad, chunnaich sinn lùghdachadh ann an eucoirean fòirneirt, gu sònraichte ann am meadhan baile Learuig. Chuidich iomairtean mar fhriith-lagh dibhe, agus Peanasan Stèidhichte airson eucoirean beaga, agus cuideachd poilis a bhith faicsinneach sa choimhearsnachd, san lùghdachadh seo.

Tha taic na coimhearsnachd, còmhla ri dlùth dhàimhean-obrach còmhla ri compàirtichean anns gach roinn, air cur ri soirbheachadh nam poileas - lùghdachadh 3.1% ann an eucoirean buidheann 1-5 an coimeas ris a' bhliadhna roimhe, agus, aig an aon àm, ìre-lorgaidh 70.7%. Seo aon dhe na h-ìrean-lorgaidh as àirde san RA, agus tha an luchd-obrach air fad moiteil anns na chaidh a dhèanamh.

### Euchdan an aghaidh Prìomh amasan Ionadail

Ann a bhith a' stèidheachadh Plana nam Poileas airson 2007/08, bha iomagain ar coimhearsnachdan ionadail rim faicinn anns na h-amasan againn. Tha stoidhle obrach aig A' Chomand Sgìreil a tha stèidhichte, a' gabhail a-steach fiosrachadh air a chleachdadh agus ro-innleachdan a tha a' toirt fois-inntinn do dhaoine. Bha conaltradh leis a' mhor-shluagh cudromach a-rithist nar beachdachaidhean ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean a thaobh ar n-amasan airson na bliadhna air thoiseach oirn. Seo mar a dheigheadh am mineachadh:

### A' Lùghdachadh Eucoir

Sa bhliadhna mu dheireadh, an aghaidh targaid de 67%, bha an ìre-lorgaidh airson eucoirean buidheann 1-5 aig 70.7% - tha an ceudad seo am measg nan ceudadan as àirde san rìoghachd. Tha e mar theisteanas air obair dhìcheallach agus dealas ar n-oifigearan ionadail.

### A' Dol an Sàs ann an Droch Eucoir

Chaidh an àireamh de lorgaidhean ann an eucoirean malairt dhrogaichean agus drogaichean a bhith aig neach an-àirde 42% sa bhliadhna. Nam measg bha feadhainn de ghlaicidhean ainmeil is brìgheil aig ionadan inntigridh a Shealtainn. Chuidich planaichean airson phatroilean faicsinneach sinn ann a bhith a' faighinn lùghdachadh cudromach ann an droch eucoir agus ann an eucoir fòirneirt - 54%, agus, aig an aon àm, choilean sinn ìre-lorgaidh sa bhuidheann seo de dh'eucoirean de 93.3%.

### Rathaidean nas Sàbhailte

A dh'aindeoin diofar thachartasan uabhasach co-cheangailte ri tràibhearann tron bhliadhna, tha e coltach gun dèan sinn a' chùis air ruighinn nan amasan nàiseanta airson leòintich. Thairis air a' bhliadhna, lorg sinn 47 tràibhearann a bha fo bhuidh na dibhe, agus 1 a bha fo bhuidh dhrogaichean.

### Coimhearsnachdan nas Làidire agus nas Sàbhailte

Tha làn dhùil againn co-obrachadh le ar compàirtichean ann an ceartas eucoir gus na targaidean nàiseanta a choileanadh airson pròiseas ceartais èifeachdach. A thaobh seo, chuir sinn a-steach 93.5% de dh'aithisgean nam poileas gu Fear-chasaid a' Chrùn am broinn nam 28 latha on deach an t-eucorach earalachadh agus casaid a chur às a leth, agus chaidh 93.2% de dh'aithisgean nam poileas gu Clàradair na Cloinne am broinn 14

latha, an aghaidh targaid 80%.

### A' Gleidheil Òrdugh Poblach

Lorg sinn 100% de gach eucoir le gràin-chinnidh an aghaidh ar targaid de 90%. Ged nach eil eucoirean dhen leithid seo a' tachairt tric ann an Sealtainn, tha sinn a' cumail ar sùil air tron Phanail Thachartasan le Gràin-chinnidh ioma-bhuidhneach.

### Iomairtean Ionadail

#### Aithne airson Co-iomairt

Chaidh aithne a thoirt do cho-iomairt eadar Comann Sgìreil Shealtainn agus Comhairle Eileanan Shealtainn, nuair a ràinig e a' chuairt dheireannach de Dhùisean Eachdraidh Riaghaltais Ionadail 2008. Bha an iomairt ag amas air luchd-reic a bhios a' siubhal bho tìr-mòr chun nan eileanan a mhìsneachadh: bidh iad seo gu tric a' tighinn gus brath a ghabhail air feadhainn air an eilean nach biodh làidir gu leòr airson an teicheadh, agus chaidh an iomairt, *'No uninvited sales people! For a Safer Shetland'* a chur air dòigh. Chaidh riochdairean bhon dà bhuidheann a Lunainn gus na duaisean fhaighinn.



### Faicsinneachd cudromach

Tha sinn a' tuigse gu bheil ar coimhearsnachdan a' miannachadh poilis fhaicinn air patrol. Tha sinn a' dèiligeadh ris an seo le bhith a' cuimseachadh air oifigearan coise a chur ann an sgìrean a th' air an comharradh air an son. Tha sinn a' faicinn ri linn lùghdachadh san àireamh de ghearairean a thaobh mì-òrdugh ann am meadhan Baile Learuig le ionnsaighean air lùghdachadh còrr is 50%. Cumaidh sinn oirnn leis an iomairt seo, agus tha am mòr-shluagh agus na gnothachasan ag ràdh gu bheil iad toilichte leis an leithid.

### A' Dol an Sàs an aghaidh Dhrogaichean Mì-laghail

Thairis air a' bhliadhna mu dheireadh, tha sinn a-rithist air barrachd ghlacaidhean de dhrogaichean mì-laghail fhaicinn. Tha e na adhbhar iomagain na chaidh a ghlacadh de heroin. Thar na bliadhna, tha oifigearan air heroin de luach còrr

is £100,000 a lorg aig puingeann inntrigidh nan eileanan, no bho na sràidean. Tha buaidh mhòr air a bhith aig na glacaidhean seo air sàbhailteachd na coimhearsnachd. Tha sinn cuideachd air binn chùirtean fhaicinn a' toirt ùineachan don fheadhainn air an deach breith sa phrìosan. Ann an dà chùis cùirte o chionn ghoirid, chaidh binn 5 bliadhna sa phrìosan a chur air dithis airson pàirt a ghabhail ann a bhith a' feuchainn ri heroin a thoirt a-steach a Shealtainn.

### Cùisean Airson Aire Pròiseact CCTV Meadhan a' Bhaile a' tighinn gu crìch

An dèidh mìosan de phlanadh agus de chonaltradh, tha am pròiseact, le Compàirteachas Shealtainn airson Sàbhailteachd Coimhearsnachd, gus siostam CCTV a stèidheachadh ann am meadhan Bhaile Learuig gus a thighinn gu crìch. Chaidh aonta compàirteachais a ruighinn o chionn ghoirid eadar Comhairle

Eileanan Shealtainn, leis am bi an siostam, agus Poilis a' Chinn a Tuath, a dh'obraicheas e. Tha an siostam a' gabhail a-steach nuadh teicneòlas, le 14 camarathan aig diofar àiteachan sa bhaile, agus thèid sùil a chumail orra ann an Stèisean nam Poileas ann an Learuig.

### A-muigh air na Sràidean airson Carthannas

Cha robh càil a dhith poilis aig tachartas Sports Relief ann an Learuig am-bliadhna.

Air madainn na Sàbaid, latha rudeigin fuar sa Mhàrt, ghabh Sàirdseant Gary MacCartaidh agus luchd-obrach bhon t-sioft aige pàirt san tachartas aig Ionad Clickimin ann an Learuig. Thog Sàirdseant MacCartaidh agus an luchd-obrach còrr is £700 airson a' charthannais, agus cha robh duilgheadas sam bith aig an luchd-coimhead gan lorg am measg an 200 compàirtiche - oir bha iad ann an làn èideadh nam poileas!



## **EARRANN 4**

### POILIS A' CHINN A TUATH STAITISTEARACHD

*“Ann an 2007/08, bha an ìre a bu lugha de dh’eucoirean clàraichte ann an Alba ann an sgìre Poilis a’ Chinn a Tuath - 25.5% nas lugha de dh’eucoir na an cuibheas ann an Alba.”*

## Cluaineis – Oifigearan Phoileas

### Ceann-latha

a' Chluaineis	Ainm	Inbhe	Stèisean/Roinn
04/05/07	Seòras Pickett	Constabal	Alanais
26/05/07	Seòras Burdett	Constabal Sònraichte	Stromnais
30/06/07	Lisa Sydenham	Constabal	Baile Dhubhthaich
01/07/07	Anna Nic a' Mhuileir	Constabal	Inbhir Pheofharain
02/07/07	Eachann MacChoinnich	Constabal	Baile Dhubhthaich
31/07/07	Steve Mac an Tàileir	Sàirdseant	Port Rìgh
03/08/07	Coinneach MacAoidh	Constabal Sònraichte	Inbhir Nis
30/09/07	Niall Mac an Tòisich	Constabal	Aonad Poilis an Rathaid
30/09/07	Daibhidh Friseil	Sàirdseant	Aonad Obrachaidh na Feachd
02/10/07	Daibhidh Sutton	Constabal Sònraichte	Baile nan Granddach
12/10/07	Chris MacChoinnich	Sàirdseant	Inbhir Theòrsa
15/10/07	Cornelius Leonard	Constabal Sònraichte	Inbhir Nis
31/10/07	Julie Ritch	Constabal	An Gearrastan
31/10/07	Iain Rois	Constabal	An Gearrastan
04/11/07	Derrick Cronie	Inspeactair	Taic Obrachaidh
04/11/07	Calum Ros	Constabal Lorgaire	Inbhir Nis
25/11/07	Sheila Slaughter	Constabal	Ulapul
30/11/07	Iain Davidson	Constabal	Inbhir Pheofharain
01/12/07	Ailig MacÙisdein	Constabal Sònraichte	A' Bhruthach
07/12/07	Eric MacRath	Sàirdseant	Aonad Obrachaidh na Feachd
07/12/07	Sharon Kingsman	Constabal	Port Rìgh
24/12/07	Alastair MacSuain	Constabal Lorgaire	Taic Eucoir
07/01/08	Coinneach Watson	Constabal Lorgaire	Inbhir Nis
08/01/08	Iain MacLeòid	Constabal	Aonad Obrachaidh na Feachd
09/01/08	Donnchadh Pockett	Constabal	Rianachd
11/01/08	Iain Jones-Davies	Inspeactair	An Gearrastan
28/01/08	Murchadh Friseil	Prìomh Inspeactair	Steòrnabhagh
30/01/08	Uilleam Jack	Constabal Sònraichte	Goillspidh
17/02/08	Seòras MacDhòmhnail	Prìomh Inspeactair	Fo-fhastadh gu Oifis na Dùthcha
12/03/08	Lachlann MacAonghais	Constabal Sònraichte	An t-Ath Leathainn

## Cluaineis Luchd-obrach nam Poileas

Ceann-latha	Ainm	Inbhe	Stèisean/Roinn
07/05/07	Nancy Chaimbeul	Neach-cuideachaidh Rianachd	Taic Eucoir
17/05/07	Seasaidh Niclomhair	Glanadair	Prìomh Oifisean
31/05/07	Lorna NicDhonnchaidh	Clèireach /Neach-cuideachaidh	Inbhir Ùige Seòmar-smachd
31/05/07	Liz Shuthurlanach	Àrd Rianaire Ghoireasan Daonna	Goireasan Daonna
16/06/07	Seumas MacAoidh	Gleidheadair Trafaig	Baile Dhubhthaich
31/08/07	Grace NicLeòid	Glanadair	Prìomh Oifisean
10/09/07	Sìne Mowat	Neach-cuideachaidh Clèireach	Inbhir Theòrsa
30/09/07	Tormod Phillips	Neach-lagha na Feachd	Rianachd
04/10/07	Maureen Conway	Neach-cuideachaidh Clèireach Shioftan	Inbhir Nis
05/10/07	Dòmhnall Adam	Gleidheadair Trafaig	Inbhir Nis
14/10/07	Sheena Allison	Gleidheadair Trafaig	Alanais
19/10/07	Donnchadh Friseil	Meacanaig Chàraichean	Prìomh Oifisean
26/01/08	Mìcheil Housby	Neach aire/draibhear	An Aghaidh Mhòr

## Bàsan

Tha sinn fìor dhuilich aithris gun do chaochail na leanas de dh'Oifigearan Poilis agus de Luchd-obrach nam Poileas am-bliadhna. Tha ar co-fhaireachdainn a' dol a-mach chun nan teaghlaichean aca.

Ainm	Bhàsaich
Stuart J A Obree	09/05/07
Seòras M Paton	15/05/07
Iain M Cathcart	22/06/07
Dòmhnall S MacAoidh	08/07/07
Cairsitiona C Corse	08/08/07
Raibeart H Y Cogle	11/08/07
Seòras W MacChoinnich	28/09/07
Ailig Collaigh	13/11/07
Elsbeth C Dhunnchaidh	06/01/08
Catrìona G NicGeoich	16/01/08
Ailean M MacLeòid	23/02/08



## Àireamhan Luchd-obrach nam Poileas

Prìomh Àros	Prìomh Chonstabal	Leas-prìomh Chonstabal	Prìomh Superintendent	Superintendent	Prìomh Inspec-tair	Inspec-tair	Sàirdseant	Constabal	SUIMEAN
Aonad Seirbheis Gnìomhach	1	1	2	1	2	1	0	1	9
Aonad Seirbheis Taic Obrachaidh	0	0	0	1	1	4	8	28	42
Aonad Seirbheis Taic Eucoir	0	0	0	1	1	4	8	26	40
Aonad Seirbheis Ghoireasan Daonna	0	0	0	0	0	2	1	3	6
Aonad Seirbheis Inbheachd Phroifeiseanta	0	0	0	0	1	3	1	0	5
Aonad Seirbheis Leasachadh Corporra	0	0	0	1	1	2	5	10	19
Fo-fhastachd às an Fheachd	0	0	0	0	0	2	3	3	8
<b>Suimean</b>	<b>1</b>	<b>1</b>	<b>2</b>	<b>4</b>	<b>6</b>	<b>18</b>	<b>26</b>	<b>71</b>	<b>129</b>

Comandan Sgìreil	Prìomh Chonstabal	Leas-prìomh Chonstabal	Prìomh Superintendent	Superintendent	Prìomh Inspec-tair	Inspec-tair	Sàirdseant	Constabal	SUIMEAN
Rois, Crombaidh & an t-Eilean Sgitheanach	0	0	0	1	1	3	22	100	127
Loch Abar	0	0	0	0	1	1	8	41	51
Na h-Eileanan Siar	0	0	0	0	1	0	8	37	46
Inbhir Nis	0	0	0	1	2	6	22	127	158
Bàideanach, Srath Spè agus Inbhir Narann	0	0	0	0	2	2	11	55	70
Cataibh agus Gallaibh	0	0	0	1	0	3	14	66	84
Arcaibh	0	0	0	0	2	0	6	23	31
Sealtainn	0	0	0	0	1	1	6	27	35
<b>Suimean</b>	<b>0</b>	<b>0</b>	<b>0</b>	<b>3</b>	<b>10</b>	<b>16</b>	<b>97</b>	<b>476</b>	<b>602</b>

## Àireamhan Luchd-obrach nam Poileas

Prìomh Àros	Òglach	Seirbheiseach/ Lámhach	Gleidheadair trataig	Rianachd/ Teicnigeach/ Stiùireadh	SUIMEAN
Aonad Seirbheis Gnìomhach	0	0	0	6	6
Aonad Seirbheis Taic Obrachaidh	0	0	0	13	13
Aonad Seirbheis Taic Eucoir	0	0	0	15	15
Aonad Seirbheis Ghoireasan Daonna	0	0	0	22	22
Aonad Seirbheis Inbheachd Phroifeiseanta	0	0	0	6	6
Aonad Seirbheis Stiùireadh Ionmhais & Maoin	0	0	0	43	43
Aonad Seirbheis Rianachd	0	13	0	15	28
Aonad Seirbheis Leasachadh Corporra	0	0	0	46	46
Fo-fhastachd às an Fheachd	0	0	0	1	1
<b>Suimean</b>	<b>0</b>	<b>13</b>	<b>0</b>	<b>167</b>	<b>180</b>

Comandan Sgìreil	Òglach	Seirbheiseach/ Lámhach	Gleidheadair trataig	Rianachd/ Teicnigeach/ Stiùireadh	SUIMEAN
Rois, Crombaidh & an t-Eilean Sgitheanach	0	16	1	30	47
Loch Abar	1	6	2	13	22
Na h-Eileanan Siar	1	9	2	12	24
Inbhir Nis	2	9	13	42	66
Bàideanach, Srath Spè & Inbhir Narann	1	5	3	15	24
Cataibh agus Gallaibh	1	10	2	24	37
Arcaibh	1	1	1	10	13
Sealtainn	1	6	0	9	16
<b>Suimean</b>	<b>8</b>	<b>62</b>	<b>24</b>	<b>155</b>	<b>249</b>

## Iomlain nam Buidheann

EUCOIREAN	BLIADHNA	Rois, Crombaidh & An t-Eilean Sgitheanach	Loch Abar	N h-Eileanan Siar	Inbhir Nis	Bàideanach, Strath Spè & Inbhir Narann	Cataibh & Gallaibh	Arcaibh	Sealtainn	SUIMEAN NAM FEACHD
<b>BUIDHEANN 1 - EUCOIREAN NEO-GHNÈITHEASACH AN AGHAIGH PEARSA</b>	<b>2007/08</b>	<b>104</b>	<b>39</b>	<b>47</b>	<b>163</b>	<b>46</b>	<b>66</b>	<b>3</b>	<b>15</b>	<b>483</b>
	2006/07	129	73	55	212	48	84	6	33	640
<b>BUIDHEANN 2 - EUCOIREAN LE MÌ-IOMCHADHEACHD</b>	<b>2007/08</b>	<b>84</b>	<b>27</b>	<b>18</b>	<b>135</b>	<b>36</b>	<b>48</b>	<b>15</b>	<b>20</b>	<b>383</b>
	2006/07	113	21	25	130	38	85	19	24	455
<b>BUIDHEANN 3 - EUCOIREAN MÌ-ONARACH</b>	<b>2007/08</b>	<b>989</b>	<b>394</b>	<b>304</b>	<b>2581</b>	<b>526</b>	<b>501</b>	<b>178</b>	<b>266</b>	<b>5739</b>
	2006/07	1094	559	415	2364	506	596	236	269	6039
<b>BUIDHEANN 4 - TÒISEACHADH THEINTEAN, MILLEADH msaa</b>	<b>2007/08</b>	<b>1078</b>	<b>320</b>	<b>299</b>	<b>1547</b>	<b>504</b>	<b>971</b>	<b>167</b>	<b>255</b>	<b>5141</b>
	2006/07	1126	340	359	1799	472	977	169	247	5489
<b>BUIDHEANN 5 - EUCOIREAN EILE</b>	<b>2007/08</b>	<b>823</b>	<b>280</b>	<b>302</b>	<b>1828</b>	<b>439</b>	<b>459</b>	<b>55</b>	<b>202</b>	<b>4388</b>
	2006/07	1126	279	271	1884	408	409	67	209	4653
<b>BUIDHEANN 6 - EUCOIREAN MEASGAICHTE</b>	<b>2007/08</b>	<b>2121</b>	<b>788</b>	<b>1151</b>	<b>4246</b>	<b>955</b>	<b>1271</b>	<b>271</b>	<b>575</b>	<b>11378</b>
	2006/07	2449	935	982	3937	963	1383	370	595	11614
<b>BUIDHEANN 7 - EUCOIREAN CO-CHEANGAILTE RI DRÀIBHEADH</b>	<b>2007/08</b>	<b>2708</b>	<b>1297</b>	<b>675</b>	<b>5114</b>	<b>4431</b>	<b>1407</b>	<b>523</b>	<b>689</b>	<b>16844</b>
	2006/07	3443	1303	721	6454	3737	1488	670	700	18516
<b>SUIMEAN NAM BUIDHEANN</b>	<b>2007/08</b>	<b>7907</b>	<b>3145</b>	<b>2796</b>	<b>15614</b>	<b>6937</b>	<b>4723</b>	<b>1212</b>	<b>2022</b>	<b>44356</b>
	2006/07	9480	3510	2828	16780	6172	5022	1537	2077	47406

# Buidheann 1

Eucoirean Neo-ghnèitheasach An Aghaidh Pearsa

EUCOIREAN	BLIADHNA	Rois, Crombaidh & An t-Eilean Sgitheanach	Loch Abar	N h-Eileanan Siar	Inbhir Nis	Bàideanach, Strath Spè & Inbhir Narann	Cataibh & Gallaibh	Arcaibh	Seahtainn	SUIMEAN NAM FEACHD
MURT	2007/08	•	1	•	2	•	•	•	•	3
	2006/07	•	1	1	1	•	•	•	1	4
OIDHIRP AIR MURT	2007/08	3	4	2	13	1	9	•	1	33
	2006/07	7	5	4	14	1	25	•	3	59
MARBHADH LE COIRE	2007/08	•	1	•	2	2	•	•	1	6
	2006/07	•	1	•	•	•	•	•	•	1
AN URRA RI BÀS LE DRÀIBHEADH GUN CHÙRAM msaa	2007/08	3	1	•	1	•	1	•	1	7
	2006/07	2	1	•	1	3	•	•	•	7
MARBHADH CORPORRA	2007/08	•	•	•	•	•	•	•	•	•
	2006/07	•	•	•	•	•	•	•	•	•
IONNSAIGH	2007/08	51	19	29	56	26	29	2	10	222
	2006/07	71	22	36	113	24	36	4	12	318
GOID IS IONNSAIGH LE DÙIL GOID	2007/08	9	3	•	28	1	4	•	•	45
	2006/07	7	•	3	22	1	3	1	2	39
BAGAIRTEAN	2007/08	14	4	6	19	5	8	1	•	57
	2006/07	12	8	5	11	11	8	•	3	58
LÀIMHSEACHADH BORB IS MÌ-NÀDARRA AIR CLANN	2007/08	18	6	8	35	9	13	•	2	91
	2006/07	29	32	5	43	7	10	1	12	139
GUNNA AIG NEACH LE DÙIL BEATHA A CHUR ANN AN CUNNART	2007/08	1	•	2	5	2	2	•	•	12
	2006/07	1	•	•	4	•	2	•	•	7
TOIRT AM BRUID IS DROCH LÀIMHS. DE CHIORRAMAICH INNTINN	2007/08	5	•	•	2	•	•	•	•	7
	2006/07	•	3	1	1	•	•	•	•	5
EUCOIREAN MEASGAICHTE AN AGHAIDH PEARSÀ	2007/08	•	•	•	•	•	•	•	•	•
	2006/07	•	•	•	2	1	•	•	•	3
SUIMEAN BUIDHEANN 1	2007/08	104	39	47	163	46	66	3	15	483
	2006/07	129	73	55	212	48	84	6	33	640

## Buidheann 2

Eucoirean le Mì-iomchaidheachd

EUCOIREAN	BLIADHNA	Rois, Crombaidh & An t-Eilean Sgitheanach	Loch Abar	N h-Eileanan Siar	Inbhir Nis	Bàideanach, Strath Spè & Inbhir Narann	Cataibh & Gallaibh	Arcaibh	Sealtainn	SUIMEAN NAM FEACHD
COL	2007/08	4	•	•	2	•	•	•	•	6
	2006/07	•	•	•	1	•	•	•	1	2
ÈIGNEACHADH	2007/08	11	1	3	30	1	7	3	•	56
	2006/07	16	2	2	23	8	10	1	•	62
IONNSAIGH LE DÙIL RI SPÙILL	2007/08	1	•	1	1	•	•	•	1	4
	2006/07	1	1	1	1	2	4	•	•	10
IONNSAIGH MÌ-IOMCHADH	2007/08	6	4	6	40	10	10	1	9	86
	2006/07	9	4	7	41	3	29	5	7	105
CLEACHDAIDHEAN DRAOSTA AGUS BAOISEIL	2007/08	28	10	6	33	18	18	7	7	127
	2006/07	40	7	13	33	12	31	5	11	152
MÌ-IOMCHADHEACHD POBLACH	2007/08	4	1	•	4	5	1	•	•	15
	2006/07	7	3	1	14	5	2	4	1	37
TRUAILLEADH DE NIGHEAN FO AOIS 13 BLIADHNA	2007/08	3	•	1	1	•	5	•	•	10
	2006/07	4	•	•	•	3	•	•	•	7
TRUAILLEADH DE NIGHEAN FO AOIS 16 BLIADHNA	2007/08	22	11	1	16	2	6	4	1	63
	2006/07	32	4	1	17	5	8	4	3	74
MEASGACHADH	2007/08	5	•	•	8	•	1	•	2	16
	2006/07	4	•	•	•	•	1	•	1	6
SUIMEAN BUIDHEANN 2	2007/08	84	27	18	135	36	48	15	20	383
	2006/07	113	21	25	130	38	85	19	24	455

## Buidheann 3

Eucoirean Mì-onarach

EUCOIREAN	BLIADHNA	Rois, Crombaidh & An t-Eilean Sgitheanach	Loch Abar	N h-Eileanan Siar	Inbhir Nis	Bàideanach, Strath Spè & Inbhir Narann	Cataibh & Gallaibh	Arcaibh	Sealtainn	SUIMEAN NAM FEACHD
GOID TRO BHRISEADH A-STEACH A THAIGH	2007/08	94	27	13	194	32	57	11	20	448
	2006/07	74	25	30	150	29	57	14	21	400
GOID LE BHITH A' FOSGLADH ÀITE GLAISTE	2007/08	58	15	6	84	41	1	3	4	212
	2006/07	42	64	7	63	20	15	1	9	221
BRISEADH A-STEACH LE DÙIL GOID	2007/08	20	4	1	16	2	8	1	3	55
	2006/07	21	9	5	35	4	15	1	2	92
GOID	2007/08	466	152	129	986	237	235	61	126	2392
	2006/07	420	187	184	823	274	289	112	133	2422
GOID CHARBADAN MOTAIR	2007/08	56	12	54	81	29	22	24	9	287
	2006/07	107	23	46	99	14	30	38	18	375
GOID À BÙITHTEAN	2007/08	107	54	48	630	36	76	18	54	1023
	2006/07	111	71	47	571	48	69	18	30	965
GOID BHAIHDSAGALAN	2007/08	33	19	6	167	24	11	3	1	264
	2006/07	30	11	7	209	31	12	2	2	304
ATH-SHUIDHEACHADH STUTH A CHAIDH A GHOID	2007/08	12	3	3	34	12	8	1	11	84
	2006/07	15	4	6	42	8	9	1	7	92
BRISEADH EARBSA & GOID-FHALACHAIDH	2007/08	•	4	1	17	2	6	1	5	36
	2006/07	5	3	•	13		23	•	3	47
FOILL	2007/08	57	79	20	252	56	24	51	25	564
	2006/07	129	66	48	215	45	46	4	13	566
MEALL-SGRÌOBHADH & CUR MEALL-AIRGEAD FA SGAOIL	2007/08	3	2	2	14	•	2	•	1	24
	2006/07	7	1	5	5	•	4	40	1	63
MEASGACHADH	2007/08	83	23	21	106	55	51	4	7	350
	2006/07	133	95	30	139	33	27	5	30	492
SUIMEAN BUIDHEANN 3	2007/08	989	394	304	2581	526	501	178	266	5739
	2006/07	1094	559	415	2364	506	596	236	269	6039

## Buidheann 4

Tòiseachadh Theintean, Milleadh Msaa

EUCOIREAN	BLIADHNA	Rois, Crombaidh & An t-Eilean Sgitheanach	Loch Abar	N h-Eileanan Siar	Inbhir Nis	Bàideanach, Strath Spè & Inbhir Narann	Cataibh & Gallaibh	Arcaibh	Seahtainn	SUIMEAN NAM FEACHD
TÒISEACHADH THEINTEAN GUN CHÙRAM AGUS LE COIRE	2007/08	40	9	9	49	19	17	1	7	151
	2006/07	61	4	12	61	17	13	5	10	183
EUCOIREAN MILLIDH MSAA	2007/08	1035	309	288	1495	485	944	164	247	4967
	2006/07	1065	336	344	1735	451	962	162	235	5290
MÌ-GHIÙLAN GUN CHÙRAM LE GUNNAICHEAN	2007/08	3	1	1	2	•	8	1	1	17
	2006/07	•	•	3	3	3	2	1	1	13
MEASGACHADH	2007/08	•	1	1	1	•	2	1	•	6
	2006/07	•	•	•	•	1	•	1	1	3
SUIMEAN BUIDHEANN 4	2007/08	1078	320	299	1547	504	971	167	255	5141
	2006/07	1126	340	359	1799	472	977	169	247	5489

## Buidheann 5

Eucoirean Eile

EUCOIREAN	BLIADHNA	Rois, Crombaidh & An t-Eilean Sgitheanach	Loch Abar	N h-Eileanan Siar	Inbhir Nis	Bàideanach, Strath Spè & Inbhir Narann	Cataibh & Gallaibh	Arcaibh	Seahtainn	SUIMEAN NAM FEACHD
SPREADHADH GUN CHÙRAM	2007/08	•	•	•	•	•	•	•	•	•
	2006/07	•	•	•	•	•	•	•	•	•
MIONNAN-EITHICH	2007/08	•	•	•	3	•	•	•	•	3
	2006/07	1	1	•	•	•	•	•	•	2
TUARABADH POBLACH (a' toirt breug-fhianais do na poilis)	2007/08	14	2	8	46	7	12	1	•	90
	2006/07	21	7	4	29	5	21	•	6	93
A' DOL AN AGHAIDH CUR AN GRÈIM	2007/08	47	28	44	99	48	50	4	9	329
	2006/07	49	40	35	113	38	56	14	2	347
DROGAICHEAN CUNNARTACH	2007/08	468	166	140	1037	261	205	20	125	2422
	2006/07	690	98	146	1242	219	118	26	127	2666
A' GIÙLAN ARMACHD CHUNNARTACH	2007/08	102	31	13	145	28	39	9	10	377
	2006/07	97	40	16	132	40	51	10	19	405
MEASGACHADH	2007/08	192	53	97	498	95	153	21	58	1167
	2006/07	268	93	70	368	106	163	17	55	1140
SUIMEAN BUIDHEANN 5	2007/08	823	280	302	1828	439	459	55	202	4388
	2006/07	1126	279	271	1884	408	409	67	209	4653

## Buidheann 6

### Eucoirean Measgaichte

EUCOIREAN	BLIADHNA	Rois, Crombaidh & An t-Eilean Sgitheanach	Loch Abar	N h-Eileanan Siar	Inbhir Nis	Bàideanach, Strath Spè & Inbhir Narann	Cataibh & Gallaibh	Arcaibh	Sealtainn	SUIMEAN NAM FEACHD
<b>COIGRICH</b> Achd an Imrich	<b>2007/08</b>	•	•	•	•	<b>1</b>	<b>1</b>	•	•	<b>2</b>
	2006/07	•	•	•	•	•	•	•	•	•
<b>MION-IONNSAIGH</b>	<b>2007/08</b>	<b>781</b>	<b>211</b>	<b>332</b>	<b>1368</b>	<b>298</b>	<b>432</b>	<b>114</b>	<b>162</b>	<b>3698</b>
	2006/07	729	266	310	1261	324	457	114	194	3655
<b>BRISEADH NA SÌTHE</b>	<b>2007/08</b>	<b>1005</b>	<b>398</b>	<b>593</b>	<b>2078</b>	<b>484</b>	<b>632</b>	<b>115</b>	<b>214</b>	<b>5519</b>
	2006/07	1235	484	510	1820	473	726	188	265	5701
<b>FÒNADH BREUGACH</b> Na Seirbheisean Èiginn	<b>2007/08</b>	<b>1</b>	•	•	<b>1</b>	•	<b>7</b>	<b>2</b>	•	<b>11</b>
	2006/07	3	•	2	1	1	1	•	•	8
<b>EUCOIREAN CO-CHEANGAILTE RI BEATHAICHEAN</b>	<b>2007/08</b>	<b>12</b>	<b>1</b>	•	<b>1</b>	•	<b>1</b>	<b>2</b>	•	<b>17</b>
	2006/07	2	•	•	•	1	•	1	•	4
<b>ACHD SLÀINTE BHEATHAICHEAN</b>	<b>2007/08</b>	<b>1</b>	•	•	<b>2</b>	•	<b>2</b>	<b>1</b>	<b>3</b>	<b>9</b>
	2006/07	5	1	•	•	•	1	1	•	8
<b>EUCOIREAN CO-CHEANGAILTE RI ÈÒIN</b>	<b>2007/08</b>	<b>2</b>	<b>1</b>	•	<b>1</b>	<b>3</b>	<b>1</b>	•	•	<b>8</b>
	2006/07	2	•	•	•	1	•	•	1	4
<b>EUCOIREAN CO-CHEANGAILTE RI COIN</b>	<b>2007/08</b>	<b>32</b>	<b>4</b>	<b>7</b>	<b>14</b>	<b>5</b>	<b>21</b>	<b>2</b>	<b>5</b>	<b>90</b>
	2006/07	22	5	7	11	9	19	2	3	78
<b>UIDHEAMACHD SPREADHAIDH</b>	<b>2007/08</b>	•	•	<b>8</b>	•	<b>1</b>	<b>1</b>	•	•	<b>10</b>
	2006/07	3	1	1	1	•	•	•	1	7
<b>GUNNAICHEAN</b>	<b>2007/08</b>	<b>12</b>	<b>6</b>	<b>9</b>	<b>9</b>	<b>4</b>	<b>6</b>	<b>1</b>	<b>3</b>	<b>50</b>
	2006/07	27	•	6	11	14	27	1	9	95
<b>LAGHAN IASGAICH</b> Bradán is Fìor-uisge	<b>2007/08</b>	<b>6</b>	<b>10</b>	•	<b>3</b>	<b>2</b>	•	•	•	<b>21</b>
	2006/07	9	6	•	1	1	4	•	•	21
<b>LAGHAN GÈIMEIREACHD</b> Poidseadh msaa	<b>2007/08</b>	<b>2</b>	•	•	<b>1</b>	<b>1</b>	<b>2</b>	•	•	<b>6</b>
	2006/07	1	•	•	•	•	1	•	•	2

## Buidheann 6

Eucoirean Measgaichte (A' Leantainn)

EUCOIREAN	BLIADHNA	Rois, Crombaidh & An t-Eilean Sgitheanach	Loch Abar	N h-Eileanan Siar	Inbhir Nis	Bàideanach, Strath Spè & Inbhir Narann	Cataibh & Gallaibh	Arcaibh	Sealtainn	SUIMEAN NAM FEACHD
ACHD NAM FIADH ALBA	2007/08	•	•	•	•	•	1	•	•	1
	2006/07	•	3	•	•	•	2	•	•	5
DRONGAIREACHD	2007/08	74	102	93	426	63	52	8	48	866
	2006/07	69	63	59	530	51	51	6	44	873
EUCOIREAN LE LUCHD-CEADACHD	2007/08	7	•	•	7	1	1	•	8	24
	2006/07	57	1	5	7	1	5	14	2	92
EUCOIREAN EILE AN AGHAIDH LAGHAN CEADACHD DIBHE	2007/08	65	8	15	149	11	1	5	58	312
	2006/07	35	20	24	53	16	19	7	15	189
ACHD AN SGUDAIL	2007/08	3	•	1	8	•	6	•	1	19
	2006/07	5	•	•	2	1	•	•	1	9
ACHD RIAGHALTAIS CATHARRA NA H-ALBA 1982 (agus ullachaidhean coltach eile)	2007/08	3	2	3	9	2	2	•	5	26
	2006/07	4	•	•	1	•	1	•	1	7
ACHD AN TRUAILLIDH	2007/08	3	•	4	12	2	8	2	2	33
	2006/07	6	•	2	11	2	4	1	1	27
DÀ-CHÈILEACHAS	2007/08	•	•	•	•	•	•	•	•	•
	2006/07	•	•	•	•	•	•	•	•	•
BAIDSAGALAN	2007/08	•	•	3	1	5	2	•	1	12
	2006/07	3	•	•	1	2	1	•	•	7
ACHDAN FAONDRACHAIDH A' DOL THAR CHRIOCHAN	2007/08	•	1	•	7	•	1	•	•	9
	2006/07	1	•	•	7	•	1	•	1	10
EUCOIREAN MEASGAICHTE EILE	2007/08	112	44	83	149	72	91	19	65	635
	2006/07	231	85	56	219	66	63	35	57	812
SUIMEAN BUIDHEANN 6	2007/08	2121	788	1151	4246	955	1271	271	575	11378
	2006/07	2449	935	982	3937	963	1383	370	595	11614

## Buidheann 7

### Eucoirean Co-cheangailte ri Dràibheadh

EUCOIREAN	BLIADHNA	Rois, Crombaidh & An t-Eilean Sgitheanach	Loch Abar	N h-Eileanan Siar	Inbhir Nis	Bàideanach, Strath Spè & Inbhir Narann	Cataibh & Gallaibh	Arcaibh	Sealtainn	SUIMEAN NAM FEACHD
DRÀIBHEADH GUN CHIALL AGUS GUN CHÙRAM	2007/08	216	60	105	166	94	127	43	53	864
	2006/07	235	96	87	167	83	156	57	41	922
DRÀIBHEADH FO BUAI DH DIBHE NO DHROGAICHEAN	2007/08	21	5	11	17	3	3	4	1	65
	2006/07	18	1	8	14	5	8	1	4	59
ANN URRA RI CARBAD IS LEIS AN DEOCH	2007/08	13	9	3	9	•	3	4	1	42
	2006/07	1	•	1	2	1	•	1	•	6
DRÀIBHEADH LE CUS DIBHE SAN FHUIL	2007/08	122	47	68	170	53	63	28	37	588
	2006/07	115	58	71	167	66	62	44	53	636
A' DIÙLTACH SAMPAILL UISGE NO FALA A THOIRT SEACHAD	2007/08	34	10	25	55	23	10	2	9	168
	2006/07	35	3	23	57	15	21	10	9	173
EUCOIREAN PARCAIDH	2007/08	1	•	•	3	•	•	•	5	9
	2006/07	•	1	1	3	•	•	•	3	8
DRÀIBHEADH LE CEAD AIR A CHALL	2007/08	23	13	8	42	13	11	11	13	134
	2006/07	36	11	5	44	9	12	14	12	143
EUCUOIREAN CO-CHEANGAILTE RI CEAD DRÀIBHIDH	2007/08	109	26	51	134	40	36	26	24	446
	2006/07	138	38	49	162	44	55	32	41	559
EUCOIREAN ÀRACHAIS	2007/08	252	71	91	285	127	93	51	64	1034
	2006/07	328	78	76	331	100	108	66	73	1160
LAGHAN TOGAIL IS CLEACHDAIDH	2007/08	282	52	63	453	162	191	72	99	1374
	2006/07	388	65	78	492	100	150	29	106	1408
EUCOIREAN RATHAID MEASGAICHTE	2007/08	1635	1004	250	3780	3916	870	282	383	12120
	2006/07	2149	952	322	5015	3314	916	416	358	13442
SUIMEAN BUIDHEANN 7	2007/08	2708	1297	675	5114	4431	1407	523	689	16844
	2006/07	3443	1303	721	6454	3737	1488	670	700	18516

## Buidheann 1-5

Eucoirean Gu Lèir

EUCOIREAN	BLIADHNA	Rois, Crombaidh & An t-Eilean Sgitheanach	Loch Abar	N h-Eileanan Siar	Inbhir Nis	Bàideanach, Strath Spè & Inbhir Narann	Cataibh & Gallaibh	Arcaibh	Sealtainn	SUIMEAN NAM FEACHD
BUIDHEANN 1 - EUCOIREAN NEO-GHNÈITHEASACH AN AGHAIDH PEARSA	2007/08	104	39	47	163	46	66	3	15	483
	2006/07	129	73	55	212	48	84	6	33	640
BUIDHEANN 2 - EUCOIREAN MÌ-IOMCHADHEACHD	2007/08	84	27	18	135	36	48	15	20	383
	2006/07	113	21	25	130	38	85	19	24	455
BUIDHEANN 3 - EUCOIREAN MÌ-ONARACH	2007/08	989	394	304	2581	526	501	178	266	5739
	2006/07	1094	559	415	2364	506	596	236	269	6039
BUIDHEANN 4 - TÒISEACHADH THEINTEAN, MILLEADH, msaa	2007/08	1078	320	299	1547	504	971	167	255	5141
	2006/07	1126	340	359	1799	472	977	169	247	5489
BUIDHEANN 5 - EUCOIREAN EILE	2007/08	823	280	302	1828	439	459	55	202	4388
	2006/07	1126	279	271	1884	408	409	67	209	4653
GU H-IOMLAN	2007/08	3078	1060	970	6254	1551	2045	418	758	16134
	2006/07	3588	1272	1125	6389	1472	2151	497	782	17276

## Eucoraich Òga

(Eucoirean a rinneadh le daoine fo aois 16 bliadhna a dh'aois)

EUCOIREAN	BLIADHNA	Rois, Crombaidh & An t-Eilean Sgitheanach	Loch Abar	N h-Eileanan Siar	Inbhir Nis	Bàideanach, Strath Spè & Inbhir Narann	Cataibh & Gallaibh	Arcaibh	Seahtainn	SUIMEAN NAM FEACHD
BUIDHEANN 1 - EUCOIREAN NEO-GHNÈITHEASACH AN AGHAIDH PEARSA	2007/08	1	•	5	5	1	•	•	•	12
	2006/07	6	•	•	4	3	4	•	•	17
BUIDHEANN 2 - EUCOIREAN MÌ-IOMCHADHEACHD	2007/08	12	8	3	7	1	2	1	2	36
	2006/07	2	3	1	2	3	2	1	1	15
BUIDHEANN 3 - EUCOIREAN MÌ-ONARACH	2007/08	99	47	30	172	52	55	16	30	501
	2006/07	103	51	77	180	65	47	29	62	614
BUIDHEANN 4 - TÒISEACHADH THEINTEAN, MILLEADH, msaa	2007/08	103	51	77	180	65	47	29	62	614
	2006/07	299	39	151	269	70	559	26	64	1477
BUIDHEANN 5 - EUCOIREAN EILE	2007/08	31	2	19	41	15	23	•	6	137
	2006/07	31	6	9	37	7	16	1	16	123
BUIDHEANN 6 - EUCOIREAN MEASGAICHTE	2007/08	31	6	9	37	7	16	1	16	123
	2006/07	239	40	85	288	77	154	15	101	999
BUIDHEANN 7 - EUCOIREAN DRÀIBHIDH	2007/08	10	•	6	22	16	8	1	3	66
	2006/07	60	5	2	43	3	12	6	36	167
SUIMEAN AIR FAD	2007/08	669	145	205	729	246	355	53	146	2548
	2006/07	740	144	325	823	228	794	78	280	3412

# Tubaistean Rathaid

BUIDHEANN	BLIADHNA	Rois, Crombaidh & An t-Eilean Sgitheanach	Loch Abar	N h-Eileanan Siar	Inbhir Nis	Bàideanach, Strath Spè & Inbhir Narann	Cataibh & Gallaibh	Arcaibh	Seahtainn	SUIMEAN NAM FEACHD
TUBAISTEAN										
ÀIREAMH THUBAISTEAN AIR FAD	2007/08	591	342	168	639	256	423	91	152	2662
	2006/07	720	352	210	962	323	564	136	169	3436
ÀIREAMH THUBAISTEAN AIR FAD SAN DEACH NEACH A MHARBHADH NO A LEÒN	2007/08	174	78	50	150	80	100	28	39	699
	2006/07	198	84	39	160	88	109	43	40	761
LEÒINTICH										
ÀIREAMH DHAOINE AIR AM MARBHADH	2007/08	6	5	0	8	5	4	0	5	33
	2006/07	5	7	1	8	11	3	2	1	38
ÀIREAMH DHAOINE AIR AN DROCH LEÒN	2007/08	47	23	12	35	10	22	2	4	155
	2006/07	58	11	7	38	18	36	9	11	188
ÀIREAMH DHAOINE AIR AN GOIRTEACHADH	2007/08	198	90	51	174	112	112	34	38	809
	2006/07	235	112	51	169	110	106	47	43	873
LEÒINTICH AIR FAD	2007/08	251	118	63	217	127	138	36	47	997
	2006/07	298	130	59	215	139	145	58	55	1099

<b>BÀSAN AITHGHEARR, TUBAISTEAN MÀRBHTACH, FÈIN-MHARBHADH, MSAA</b>	<b>SUIMEAN NAM FEACHD</b>
Buntainn ri Deoch Làidir	43
Tachdadh	17
Puinneanachadh Dhrogaichean Bharbiturate/Cus Dhrogaichean	16
Puinneanachadh Càrbon Monogsaid	1
Bàs Cot	1
Bàthadh	28
Adhbharan Nàdarra	205
Tubaistean Obrach	0
Dochann Cinn	27
Teine	5
Eile	40
<b>Suimean</b>	<b>383</b>

<b>COIGRICH</b>	<b>SUIMEAN NAM FEACHD</b>
Clàraichte airson a' chiad turais	15
Gluasad a-steach	14
Gluasad a-mach	10

<b>TEISTEANASAN GHUNNAICHEAN</b>	<b>SUIMEAN NAM FEACHD</b>
An ceartuair	7097
Tabhartasan	237
Tabhartasan air an diùltadh	2
Ùrachaidhean air an diùltadh	1
Air an dubhadh às	273
Air gluasad a-mach	49
Air gluasad a-steach	66
Air an ais-ghairm	14
Cead Ghunnaichean Luchd-tadhail	980

<b>TEISTEANASAN GHUNNAICHEAN-FROISE</b>	<b>SUIMEAN NAM FEACHD</b>
An ceartuair	8673
Tabhartasan	248
Tabhartasan air an diùltadh	7
Ùrachaidhean air an diùltadh	2
Air an dubhadh às	400
Air gluasad a-mach	69
Air gluasad a-steach	140
Air an ais-ghairm	14
Cead Ghunnaichean-froise Luchd-tadhail	905

<b>LUCHD-MALAIRT GHUNNAICHEAN</b>	<b>SUIMEAN NAM FEACHD</b>
An ceartuair	55
Tabhartasan	5
Air an dubhadh às	5
Air an toirt bhon chlàr	1
Ùrachaidhean air an diùltadh	0

<b>TEISTEANASAN SIUBHAL-MHALAIRTEACH</b>	<b>SUIMEAN NAM FEACHD</b>
An ceartuair	5
Tabhartasan	5

**Poileas a' Chinn a Tuath**  
**Prìomh Oifisean nam Poileas**  
**Seann Rathad Pheairt**  
**Inbhir Nis**  
**IV2 3SY**

Ma tha sibh a' miannachadh an fhiosrachaidh seo ann an cànan, no ann an riochd eile, no ma tha ceistean eile oirbh a thaobh na sgrìobhainn seo, cuiribh fios gu: Aonad Phoileasaidhean & Co-òrdanachaidh, air na h-àireamhan a leanas:

Fòn: **01463 720 395**

Facs: **01463 720 494**

**[www.northern.police.uk](http://www.northern.police.uk)**

Dealbhan le:

Eòghann Wetherspoon, EW Photo

Jim Nicholson

Keith Morrison

Ian MacRae Photography

Stewart Grant

Rare Management

Ken Amer, Orkney Photographic

Rod Huckbody, Stornoway Gazette

Seirbheisean Mheadhanan Phoilis a' Chinn a Tuath

Dealbhaichte le Cànan, an t-Eilean Sgitheanach © 2008

Clò-bhuailte le Woods of Perth

